



Plana Nàiseanta nan Eilean



2026



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

Clàr-innse

| | | | |
|--|-----------|--|-----------|
| Facal-tòiseachaidh Ministreil | 3 | Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths | 56 |
| Innis | 4 | Freagarrachadh Gnàth-shìde | 57 |
| Ro-ràdh – Còmhradh Leantainneach | 6 | Bith-iomadachd agus Bith-thèarainteachd | 59 |
| A' Ceangal Nàiseanta agus Ionadail | 9 | Mòinteach | 60 |
| An Lèirsinn againn | 11 | Coilltearachd | 61 |
| Comas-ceangail | 16 | Eaconamaidh Chearcallach | 61 |
| Aiseagan | 18 | Lùths Ath-nuadhachail agus Buannachdan | |
| Seirbheisean Adhair | 21 | Coimhearsnachd | 62 |
| Ceanglaichean Stèidhichte | 22 | Teas agus èifeachdach a thaobh lùiths | 66 |
| Còmhdhail taobh a-staigh nan Eilean agus Amalachadh | 23 | Bochdainn, Cosgais bith-beò agus Ceartas Sòisealta | 67 |
| Carbadan Dealanach | 24 | Tèarainteachd shòisealta | 68 |
| Ceangailteachd Dhidseatach | 25 | Bochdainn Chloinne | 69 |
| Taigheadas | 27 | Bochdainn Connaidh | 71 |
| Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail agus Measaidhean air Feumalachdan is Iarrtas Taigheadais | 29 | Ciorram agus Ruigsinneachd | 72 |
| A' Lìbhrigeadh Barrachd Dachaighean | 30 | Coinsiumairean Eileanach | 73 |
| Dàrna Dachaighean, Taighean Falamh agus Taighean air Mhàl airson Ùine Ghoirid | 33 | Ath-leumachd agus Deisealachd | 74 |
| Dealbhadh agus Talamh | 34 | Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar | 75 |
| Slàinte is Cùram Sòisealta | 35 | Riaghaltas Ionadail | 76 |
| Cothrom air Seirbheisean agus Leasachadh Obrachail | 36 | Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach agus Co-chomhairlean | 78 |
| Eileanan ann am Frèam-obrach Ùrachaidh nan Seirbheisean | 38 | Dàta Ionadail agus Planadh | 78 |
| A' dèiligeadh ri dàlaichean ann a bhith a' leigeil dhaoine ma sgaoil às an ospadal | 38 | Comas-coimhearsnachd agus Seilbh Coimhearsnachd | 80 |
| Fiaclaireachd | 39 | Cultar, Ealainean agus Dualchas Cànanan | 81 |
| Slàinte-inntinn | 39 | | 82 |
| Gnìomhan eadar riaghaltasan | 41 | A' sgrùdadh Lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean | 85 |
| Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean | 42 | Nòtaichean | 86 |
| Àiteachas agus Croitearachd | 45 | | |
| Eaconamaidh na Mara | 47 | | |
| Turasachd, Tachartasan agus Aoigheachd | 49 | | |
| Tasgadh | 49 | | |
| Cùram-cloinne | 51 | | |
| Foghlam | 52 | | |
| Sgilean agus Feachd-obrach | 54 | | |

Facal-tòiseachaidh Ministreil

Tha eileanan cudromach dhan fhèin-aithne againn mar nàisean agus nam pàirt bhunaiteach de dh'ìomhaigh eadar-nàiseanta na h-Alba. Leis na h-eaconamaidhean eadar-mheasgte aca, an dualchas beairteach agus na cruthan-tìre nàdarra iongantach aca, tha eileanan aig cridhe ar lèirsinn airson Alba mar àite soirbheachail airson a bhith a' fuireach, ag obair agus ag ionnsachadh.

Tha coimhearsnachdan eileanach nan dachaigh do chruinneachadh air leth de thàlant, cruthachalachd agus seasmhachd. Tha innleachdas agus fèin-sheasmhachd mar shnàithleanan sa chlà a tha a' ceangal choimhearsnachdan ris na na h-eileanan aca. Tha Achd nan Eilean (Alba) 2018 ag aithneachadh gu bheil suidheachaidhean sònraichte aig na coimhearsnachdan eileanach againn agus tha i a' toirt air ùghdarrasan poblach beachdachadh air feumalachdan choimhearsnachdan eileanach nuair a bhios iad a' coileanadh an cuid dhleastanasan.

Stèidhich a' chiad Plana Nàiseanta nan Eilean, a chaidh fhoillseachadh ann an 2019, frèam-obrach airson poileasaidh nàiseanta agus tasgadh gus taic a thoirt do mhiannan choimhearsnachdan eileanach. Chaidh gnìomhachadh air adhart ann an suidheachadh far an robh dùbhlain mhòra ann a' gabhail a-steach galar lèir-sgaoilte COVID-19, na buaidhean farsaing aig Brexit nach robhar ag iarraidh, agus suidheachadh èiginneach nan cosgaisean bith-beò. Cha ghabh cuideam gu leòr a chur air an ath-leumachd a sheall na h-eileanaich a thaobh nan cnapan-starra seo. Ach cha bu chòir dhuinn gabhail ris gur ann mar seo a bhios cùisean daonnan.

Chaidh tasgadh tar-riaghaltais mòr a dhèanamh còmhla ri lìbhrigeadh a' chiad Phlana Nàiseanta airson nan Eilean agus chur e ris an fhreagairt againn do na cuideaman a bharrachd sin. Ach, sheall an ath-sgrùdadh air a' Phlana gum feumar barrachd a dhèanamh. Tha sinn a' gabhail ris a' bheachd seo gu tur agus tha sinn air èisteachd gu faiceallach ris na draghan agus na molaidhean a chaidh a chur air adhart.

Tha na beachdan a fhuair sinn bho choimhearsnachdan is bhuidhnean eileanach air a bhith ro-chudromach ann a bhith a' cruthachadh an dàrna eagrain seo de Phlana Nàiseanta nan Eilean. Tha mi air leth taingeil do na daoine agus do na buidhnean uile a thug seachad ùine gus na beachdan aca a thoirt dhuinn.

Air a dheasachadh ann an dlùth chom-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach, bidh na gnìomhan sa Phlana seo a' cur barrachd spionnaidh ri lìbhrigeadh poileasaidhean, sheirbheisean agus tasgadh a bhios a' toirt a' chomais do choimhearsnachdan eileanach na prìomhachasan aca fhèin a leantainn. Tha am Plana ag aithneachadh gu bheil dùbhlain mhòra ann fhathast, agus tha e cuideachd a' gabhail ri cothroman cruth-atharrachail airson leasachadh eaconamach is sòisealta sna h-eileanan againn.

Is e gleidheadh agus tàladh sluaigh prìomh amas, tar-ghearrach, a' Phlana ùir seo. Tha seo a' cur an cèill lèirsinn shoilleir airson seo a chur an gnìomh agus a' daingneachadh beachd làidir Riaghaltas na h-Alba gu bheil coimhearsnachdan agus eaconamaidhean eileanach soirbheachail deatamach do shoirbheachadh na h-Alba san àm a tha an làthair agus san àm ri teachd.

'S e clach-mhìle ùr a tha sa Phlana seo anns a' chòmhradh fad-ùine againn le coimhearsnachdan eileanach, agus tha e a' daingneachadh dealas Riaghaltas na h-Alba às ùr a thaobh a bhith ag obair le, agus do dh'eileanaich, agus a' toirt seachad prògram soilleir de ghnìomhan gus eileanan a tha a' sìor fhàs nas ath-leumaiche, nas seasmhaiche agus nas soirbheachaile a thogail.



Màiri Gougeon BPA

Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fearainn agus Eileanan

Innis

Pàdraig MacAoidh– Makar na h-Alba

Gus guth làn faoileagmhor a thoirt dha na
h-eileanan sa –
na clèibh de dh'innis-mharannan 's stacan
uaibhridh

na clachan-staire agus drochaidean cuimhne,
na tasgaidhean facail, pràisichean agus
hieroglyphan gneiss,

na gleocan geòlasach, bàtaichean sgeireach agus
raointean gluasadach,
na h-imleagan sa, na puingean-deiridh sa na
h-iomallan-fairge gun chrìoch,

na nid sgairbh, na h-uirighean sa, garaidhean agus
spòran air fleod,
na pòcanan adhair, na cuachan breò agus na
comharran-stiùiridh

nan seasamh gu dìongalta an aghaidh nan sruthan,
ag ath-aithris
uisge, bùrn is sàl dhan a' ghaoith – bhiodh feum
agaibh èisteachd

ris an t-sluaisreadh aig an t-shoormal ann an
geodha
ri gugail peedie na curracaige a' sgiathadh atween
wadders

agus ris a h-uile duine a tha eòlach air an iomadh
ainm ac'

agus a chleachdas iad mar chairt-iùil airson
faighinn hame

To give full, gull-throated voice to these islands –
these woven creel archipelagos and proud stacs,

stepping stones to themselves, word-stores,
crucibles and memory bridges, these hieroglyphs
of gneiss,

geologic clocks, rocky lifeboats and omphaloi,
sand-shifting landing strips, these end points and
infinite

coastlines, cormorant ledges, holts and hovers,
floating spores, pockets of air, bioluminescent
nests

and landmarks each braced against their own
currents,
their every fresh reiteration of water tilted to the
winds –

you must listen to the sluaisreadh at the shoormal,
to the peedie calls of the curracag atween
wadders,


and to all those who tend their many names
and depend on them to navigate their ways hame


Innis Gaelic: n. island; sheltered valley protected by a wood; choice
place (Islay). Frequently anglicised as 'inch'.
v. tell, recount, relate

Scots: n. lodgings, quarters; a lodging-place; a person's residence or dwelling-place; a town-
residence; an innhouse

Facal-tòiseachaidh Ministreil

Plana Nàiseanta nan Eilean - an sgeulachd gu ruige seo...





Ro-ràdh – Còmhradh Leantainneach

Ro-ràdh – Còmhradh Leantainneach

Bha foillseachadh a’ chiad Phlana Nàiseanta nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba na chlach-mhìle chudromach anns a’ chòmhradh air poileasaidh eadar Riaghaltas na h-Alba agus coimhearsnachdan eileanach.

A’ lìbhrigeadh fear de na prìomh ullachaidhean ann an [Achd nan Eilean \(Alba\) 2018](#), chuir am Plana coimhearsnachdan eileanach aig fìor thoiseach ghnòthaichean ann a bhith a’ dèanamh phoileasaidhean nàiseanta agus bhrosnaich e barrachd co-òrdanachaidh thar-riaghaltais air poileasaidhean agus tasgaidhean a bheir buaidh orra.

Dh’fhiosraich conaltradh farsaing le coimhearsnachdan agus ùghdarrasan ionadail structar agus susbaint a’ chiad Phlana, anns an robh 13 Amasan Ro-innleachdail agus còrr is 130 gealltanasan fa leth. Bho 2021, tha Aithisgean Bliadhna air fiosrachadh a chumail ri Pàrlamaid na h-Alba agus ris a’ phoball mu adhartas le bhith ga chur an gnìomh.

Mar a tha riatanach fo Achd nan Eilean, chaidh làn ath-sgrùdadh a dhèanamh air ann an 2023. Thug co-chomhairle phoblach, anns an robh tachartasan aghaidh-ri-aghaidh, bùithtean-obrach bhiorail, agus làrach-lìn shònraichte, cothrom dhan a h-uile duine le ùidh sa Phlana beachd a thoirt seachad air a bhuidh agus a èifeachdas. Chaidh [aithisg neo-eisimeileach](#) le geàrr-chunntas de na prìomh thoraidhean fhoillseachadh sa Ghiblean 2024.

Tha an lèirmheas air dearbhadh gu bheil dùbhlain nach beag fhathast ann ged a rinneadh adhartas. Tha an dàrna Plana Nàiseanta nan Eilean a’ freagairt air fios-air-ais bhon cho-chomhairleachadh agus ag ùrachadh ar còmhradh le coimhearsnachdan agus riaghaltas ionadail gus taic a cumail ri miannan nan eilean. Tha e a’ togail air an dòigh-obrach stèidhichte air còraichean daonna a tha aig cridhe a’ chiad Phlana agus tha e a’ leantainn molaidhean Coimisean Còraichean Daonna na h-Alba¹ gus neartachadh a dhèanamh air coileanadh chòraichean air feadh sgìrean

eileanach agus dùthchail – gu sònraichte tro cheangal dìreach ri eileanaich agus dòigh-obrach lìbhrigidh nas sùbailte is nas ionadaile.

Tron Phlana seo air fad, tha sinn a’ daingneachadh ar dealais gus Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach (ICIAan) fhighe a-steach barrachd ann an cruthachadh phoileasaidh agus co-dhùnaidhean thar riaghaltais air fad. Cumaidh sinn oirnn ag obair leis na h-ùghdarrasan buntainneach gus dèanamh cinnteach gu bheil a’ cur Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach an sàs gu cunbhalach agus gu follaiseach, a’ cuideachadh le bhith a’ cruthachadh phoileasaidhean a tha a rèir beatha eileanach agus a’ brosnachadh tuigse nas doimhne air suidheachadh nan eilean.

Tha am Plana seo cuideachd a’ co-thaobhadh gu dlùth ris na ceithir prìomhachasan aig Riaghaltas na h-Alba – a’ dèiligeadh ri bochdainn chloinne, a’ toirt fàs air an eaconamaidh, a’ luathachadh gnìomh airson na gnàth-shìde agus a’ leasachadh seirbheisean poblach – a’ dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan agus cothroman nan eilean air an riochdachadh gu soilleir ann am frèamaichean lìbhrigidh nàiseanta.

Tha com-pàirteachadh dìreach leis na h-eileanaich fhèin, leis an eòlas beatha aca air a bhith aig cridhe na dòigh-obrach againn. Chùm sinn tachartasan aghaidh-ri-aghaidh air feadh gach sgìre eileanach, a’ coinneachadh ri eileanaich ann an tallachan baile agus ionadan coimhearsnachd, agus a’ cumail seiseanan air-loidhne gus dèanamh cinnteach gum biodh com-pàirteachadh agus riochdachadh cho farsaing ’s a ghabhas.

Tha na h-ùghdarrasan ionadail air a bhith nan com-pàirtichean dlùth is cuideachail air feadh cruthachadh a’ Phlana. Tha a’ chomhairle aca agus na chuir iad ris a’ phròiseas, a bharrachd air fios-air-ais bhon choimhearsnachd, air cuideachadh le bhith a’ cumadh phrìomhachasan agus ghnìomhan. Tha sinn cuideachd air a bhith ag obair le farsaingeachd de bhuidhnean poblach – a’ gabhail a-steach lomairt na Gàidhealtachd agus

Ro-ràdh – Còmhradh Leantainneach

nan Eilean, Oighreachd a' Chrùin Alba, NàdarAlba agus Luchd-cleachdaidh Alba – agus leanaidh sinn oirnn leis an dòigh-obrach ioma-bhuidhneach fhad 's a bhios sinn a' cur a' phlana an gnìomh.

Clàr 1 – Geàrr-chunntas air dh'iarr Sibh, Rinn sinn

| Dh'iarr sibh | Rinn sinn |
|--|--|
| Bha cus ghealltanasan agus Amasan Ro-innleachdail sa chiad Phlana Nàiseanta nan Eilean. | Tha sinn air àireamh nan Amasan Ro-innleachdail a lùghdachadh bho 13 gu seachd. Tha nas lugha de ghealltanasan anns a' Phana seo an taca ris a' chiad eagra. |
| Bu chòir dhan Phlana ùr prìomhachas a thoirt do dh'Amasan Ro-innleachdail. | Ged a tha am Plana a' meòrachadh air dùbhlain is cothroman co-roinnte, tha e a' gabhail ris gu bheil gach eilean diofraichte agus gur ann gu h-ionadail as fheàrr a shuidhichear prìomhachasan. Mar thoradh air sin, chan eil sinn a' moladh prìomhachasan a shuidheachadh bhon mhullach a-nuas. |
| Ceanglaichean nas fheàrr agus nas soilleire eadar nàiseanta agus ionadail. | Tha sinn air obrachadh gu dlùth le ùghdarrasan ionadail gus ceanglaichean a neartachadh eadar Plana Nàiseanta nan Eilean agus planadh ionadail. Tha sinn air cuideam a bharrachd a chur air a bhith a' cruthachadh frèama nàiseanta a tha a' cur an comas fuasglaidhean ionadail. |
| Frèam-obrach sgrùdadh is measaidh nas soilleire, le cothroman cunbhalach do choimhearsnachdan fios-air-ais a thoirt seachad agus ùrachaidhean fhaighinn. | Tha fiosrachadh mu sgrùdadh, aithris agus com-pàirteachadh le luchd-ùidh aig taobh-duilleig 66. Tha am Plana a' gealltainn gum bi conaltradh nas cunbhalache ann le coimhearsnachdan eileanach mun adhartas a thathar a' dèanamh le cur an gnìomh. |
| Barrachd fiosrachaidh air cò a bhios an urra ri bhith a' lìbhrigeadh gach gealltanasan agus clàr-ama airson gnìomhachadh. | Tha am Mapa Slighe Buileachaidh a chaidh fhoillseachadh còmhla ris a' Phlana seo a' toirt seachad fiosrachadh mu na clàran-ama lìbhrigidh agus mu na com-pàirtichean a tha an sàs ann a bhith a' cur gach gealltanasan an gnìomh. |
| Cha bu chòir dhan Phlana gealltanasan a tha ann mar-thà, no a tha nan dleastanasan reachdail air an riaghaltas gus lìbhrigeadh, ath-riochdachadh. | Tha sinn air barrachd fòcais a chur air gnìomhan san àm ri teachd, eadar-theachdan cuimsichte agus air a bhith a' neartachadh an taobh eileanaich aig iomairtean leantainneach. |

Ro-ràdh – Còmhradh Leantainneach

A' coimhead air adhart, tha am Plana na dhrochaid eadar miannan nàiseanta agus suidheachaidhean ionadail – a' cumail taic ri eadar-ghluasad cothromach gu Cothromachadh-carboin, eaconamaidhean eileanach nas treasa agus coimhearsnachdan seasmhach, ath-leumach. Tha e a' freagairt ri dùbhlain eileanach a tha a' dol am miosad ann an co-theacsa atharrachadh na gnàth-shìde, ri mì-chothromachadh deamografach agus ri cosgaisean bith-beò, agus tha e cuideachd ag aithneachadh an ùr-ghnàthachaidh, na cruthachalachd agus nan neartan coitcheann a tha fhathast aig cridhe beatha eileanach.

Dhaingnich a' cho-chomhairle phoblach ann an 2023 gun robh taic làidir ann airson Plana Nàiseanta nan Eilean ùr le nas lugha de dh'Amasan Ro-innleachdail agus de ghealltanasan. Chaidh a' chiad Phlana aithneachadh mar phlana coileanta agus àrd-amasach, agus mhol luchd-freagairt cho soirbheachail 's a bha e ann a bhith a' comharrachadh nam prìomh dhùbhlain a tha mu choinneamh nan eilean. Ach, thug luchd-freagairt fa-near cuideachd gun robh a sgòp farsaing – a' gabhail a-steach iomairtean leantainneach agus ùra – ga dhèanamh duilich tuigsinn dè na poileasaidhean agus na tasgaidhean a bha mar thoradh gu dìreach air a' phlana. 'S e sin ri ràdh, dè an diofar a rinn e nach biodh air tachairt às aonais a' phlana.

Sheall a' co-chomhairle gu soilleir cuideachd gu bheil tòrr de na dùbhlain a chaidh a chomharrachadh sa chiad Phlana fhathast ann, a' sealltainn gu bheil feum air gnìomh leantainneach agus seasmhach.

Mar fhreagairt air sin, tha structar nas sìmplidhe aig a' Phlana ùr seo, le àireamh nan Amasan Ro-innleachdail air an lùghdachadh bho 13 gu seachd agus le barrachd cuideim air gnìomhan san àm ri teachd far an urrainn dhan phlana luach sònraichte a chur ris. San dòigh seo, tha sinn ag amas air an àite aige a neartachadh ann a bhith a' libhrigeadh bhuannachdan adhartach, agus cuideachd a' togail air eadar-theachdan poileasaidh a tha a' dol air adhart mar-thà.

Ged a tha am Plana seo fhathast a' sealltainn eadar-eisimeileachd thar poileasaidhean is thasgaidhean a tha a' toirt buaidh air na h-eileanan, tha e a' gabhail a-steach sreath de ghnìomhan cuimsichte a tha practaigeach agus buntainneach gu dìreach ri dùbhlain is cothroman nan eileanan againn.

Mar a tha air a mhìneachadh anns a' Mhapa Slighe Buileachaidh, tha clàr-ama libhrigidh agus liosta de chom-pàirtichean libhrigidh an cois gach gealltanais, a' cur ri follaiseachd agus a' soilleireachadh dhleastanasan mar a chaidh iarraidh ann am fios-air-ais bhon cho-chomhairleachadh.

A' Ceangal Nàiseanta agus Ionadail

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil gach eilean eadar-dhealaichte, le a mheasgachadh sònraichte fhèin de chothroman, dùbhlain agus miannan. Ged a tha am Plana seo a' toirt seachad frèam-obrach nàiseanta ùraichte a tha buntainneach do gach sgìre eileanach, tha e a' seachnadh a bhith a' cleachdadh an aon dòigh-obrach sa h-uile suidheachadh, agus tha e a' gabhail ri dòighean-obrach stèidhichte air àite.

Tha sinn air cuideam làidir a chur air a bhith a' seachnadh aithrisean òrdachail bho mhullach a-nuas. An àite sin, tha na gealltanasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo air an dealbhadh gus taic nàiseanta a thoirt do cheuman a thèid a dheasachadh agus a libhrigeadh gu h-ionadail, ann an dòighean a tha brìghmhor agus furasta do na coimhearsnachdan buntainneach a thuigsinn.

Air na h-adhbharan ceudna, chan eil sinn air na h-Amasan Ro-innleachdail a chur ann an òrdugh prìomhachais. Ged a sheall a' cho-chomhairle gu bheil cuid de dhùbhlain agus mhiannan sa chumantas aig iomadh àite, tha sinn den bheachd gum biodh dòigh-obrach theann agus bhon mheadhan a' dol an aghaidh a' phrionnsapail gur e coimhearsnachdan as fheàrr a tha comasach air prìomhachasan ionadail a stèidheachadh.

Ro-ràdh – Còmhradh Leantainneach

Thug fios-air-ais a fhuairleadh sa co-chomhairleachadh oirnn cuideachd beachdachadh air mar a tha am Plana a' freagairt ri, agus a' toirt taic do, phlanaichean agus ro-innleachdan a chaidh ullachadh gu h-ionadail. Leis cho diofraichte 's a tha na n-eileanan agus leis na h-eadar-dhealachaidhean ionadail ann an dòighean-obrach dealbhaidh, tha e air a bhith dùbhlach aon dòigh-obrach a chomharrachadh a tha a' riochdachadh gu h-iomlan rèiteachaidhean agus briathrachas ionadail. Nochd draghan cuideachd mu bhith a' cruthachadh rangachd eadar Plana Nàiseanta nan Eilean agus iomairtean ionadail, a bhiodh a' dol an aghaidh feallsanachd na sgrìobhainn seo.

An àite sin, tha sinn air conaltradh dìreach a dhèanamh leis gach comhairle – agus cumaidh sinn oirnn a' dèanamh sin tron ghnìomhachadh-gus dèanamh cinnteach gu bheil amalachadh nas treasa ann eadar am Plana seo agus frèamaichean planaidh ionadail, gu h-àraidh tro dhòighean-obrach stèidhichte leithid com-pàirteachasan dealbhaidh coimhearsnachd. Bidh cothrom air sùbailteachd a bharrachd ann an lìbhrigeadh ionadail mar thoradh air seo, a' toirt taic do dhòigh-obrach nas sònraichte gus na ceanglaichean eadar an sgrìobhainn seo agus na planaichean a tha air an deasachadh gu h-ionadail a neartachadh.

A bharrachd air sin, tron Phlana seo tha sinn air gealltainn taic a thoirt do choimhearsnachdan eileanach gus pàirt a ghabhail ann am pròiseasan dealbhaidh, a' brosnachadh dòigh-obrach bhon bhonn a-nuas agus gan cumhachdachadh gus an àm ri teachd a chumadh gu gnìomhach tro innealan leithid Planaichean Àite Ionadail agus Planaichean Gnìomha Coimhearsnachd.

An Lèirsinn againn

Am prìomh amas againn: Glèidheadh agus Tàladh Sluaigh

Is e glèidheadh is tàladh sluaigh prìomh amas a' Phlana Nàiseanta ùir seo airson nan Eilean.

Fhuair an aithris-rùin seo taic làidir bho choimhearsnachdan, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach anns a' cho-chomhairleachadh. Tha e a' cur air adhart lèirsinn soilleir, agus còmhla, tha na gnìomhan agus na tasgaidhean sa Phlana a' cumail taic ris an lèirsinn. Le bhith a' cur ìrean sluaigh aig cridhe a' ghnòthaich, tha sinn a' daingneachadh rùn Riaghaltas na h-Alba gus seasmhachd fad-ùine nan eileanan uile a chumail suas.

Tha an anailis a tha ann am Bogsa Fiosrachaidh 1 a' toirt seachad geàrr-chunntas air na dùbhlain dheamografach a tha mu choinneamh eileanan na h-Alba. Fon staitistearachd seo, tha sgeulachdan nach gabh a mhìneachadh tro àireamhan a-mhàin. Ann an eileanan beaga gu sònraichte, bidh daoine tric a' libhrigeadh grunn diofar dhleastanasan coimhearsnachd. Mar sin, ma chaillear fiu 's aon neach a-mhàin – gun luaidh air teaghlach slàn – dh'fhaodadh seo buaidh mhòr a thoirt air seirbheisean ionadail agus air seasmhachd coimhearsnachd.

Tha am Plana seo dhaibhsan uile a tha a' fuireach ann an eileanan na h-Alba, no a dh'fhaodadh roghnachadh imrich a dhèanamh do dh'eileanan na h-Alba. Tha e ag aithneachadh gu bheil e an urra ri gach ginealach a bhith a' cumail suas choimhearsnachdan beòthail is soirbheachail. Tha pàirt gu sònraichte cudromach aig eileanaich nas sine – gu tric air stèidh shaor-thoileach – ann a bhith a' brosnachadh leasachadh coimhearsnachd, a' libhrigeadh sheirbheisean ionadail, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil guth an eilein aca air a chluinntinn.

A rèir fios-air-ais bhon cho-chomhairle, tha am Plana seo a' cur barrachd cuideim air daoine òga agus air an t-sluagh a tha gnìomhach gu h-eaconamach, oir tha iad ro-chudromach

airson dèanamh cinnteach gum bi pròifilean deamografach nas cothromaiche ann agus gus dèanamh cinnteach gum bi eaconamaidhean is seirbheisean nan eilean tèarainte san fhad-ùine. Tha treandan brosnachail ann air an gabh togail. A rèir Suirbhìdh Eileanan na h-Alba 2023 bha 79% de luchd-freagairt òga (eadar 18-35 bliadhna a dh'aois) an dùil fuireach san eilean aca – suas bho 71% ann an 2020. A bharrachd air seo, bha 41% den luchd-freagairt air imrich a dhèanamh dhan eilean aca airson a' chiad turais, gu tric ag ainmeachadh càileachd-beatha agus cothrom eaconamach mar phrìomh adhbharan.

Chan eil am Plana seo a' toirt a-steach targaidean nàiseanta airson fàs sluaigh sna h-eileanan againn, agus chan eil e a' suidheachadh chlachan-mìle stèidhichte airson àite sònraichte sam bith. Bu chòir do gach coimhearsnachd eileanach co-dhùnadh air astar an atharrachaidh sa choimhearsnachd sin dhaibh fhèin. Tha dealas gus dèanamh cinnteach gum faigh muinntir nan eilean cothrom air na seirbheisean agus na cothroman a dh'fheumas iad aig cridhe ar dòigh-obrach aig gach ìre de am beatha, ga dhèanamh nas fhasa dhaibhsan a tha airson fuireach sna h-eileanan. Aig an aon àm, tha sinn ag amas air eileanan na h-Alba a dhèanamh nas tarraingiche buileach airson a bhith a' fuireach, ag obair agus ag ionnsachadh, dhaibhsan a tha a' beachdachadh air imrich a dhèanamh no tilleadh ann.

Tha [Plana Gnìomh Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh](#) (2024) a' cur air adhart dòigh-obrach ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba gus taic a thoirt do sgìrean far a bheil crìonadh sluaigh a' toirt buaidh. Tha e a' gealltainn gun obraichear le com-pàirtichean roinneil is ionadail gus fuasglaidhean seasmhach, air an stiùireadh gu h-ionadail, a libhrigeadh – rud a tha a rèir feumalachdan deamografach eadar-dhealaichte nan coimhearsnachdan. Bho chaidh am Plana Gnìomh air Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh fhoillseachadh, chaidh prògram de dh'eadar-theachdan a chur an gnìomh ann an diofar eileanan le crìonadh sluaigh. Tha leasan bho phròiseactan a chaidh a libhrigeadh ann an àiteachan eile an Alba gan

An Lèirsinn againn

gu feum cuideachd agus, far a bheil e iomchaidh, gan co-roinn le coimhearsnachdan eileanach gus na h-ìomairtean ionadail aca fhiosrachadh. Tha an t-eagran seo de Phlana Nàiseanta nan Eilean a' stiùireadh oidhirpean a bharrachd a dh'ionnsaigh nan amasan sa Phlana Gnìomh gus Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh agus mar a chaidh a chur an cèill le coimhearsnachdan nan eilean a choileanadh.

Treandan Deamografach ann an Eileanan na h-Alba

Tha àireamh-shluaigh iomlan eileanan na h-Alba air fuireach aig ìre gu math seasmhach thar nan 20 bliadhna mu dheireadh. Tha dàta Cunntas-sluaigh 2022 a' sealltainn gun robh àireamh luchd-còmhnaidh nan eilean beagan nas ìsle na 103,000 – timcheall air 2% de shluagh na h-Alba. Tha seo beagan nas ìsle na 2011 (103,700) ach nas àirde na 2001 (99,700).

Ach ged a tha cùisean gu ìre mhath seasmhach aig ìre nàiseanta, tha dealbh measgaichte ann le diofar mòr eadar agus taobh a-staigh sgìrean eileanach. An coimeas ri 2011, chlàraich Na h-Eileanan Siar an crìonadh sluaigh as motha aig comhairle sam bith ann an Alba (-5.5%), agus chlàraich Arcaibh àrdachadh de 3%. Ann an Arcaibh, bha fàs sluaigh air tìr-mòr agus na h-eileanan ceangailte, ach chaill na h-eileanan a-muigh 5.2% den luchd-còmhnaidh aca². Fiù 's taobh a-staigh nan eileanan a-muigh, bha eadar-dhealachaidhean mòra ann – mar eisimpleir, dh'fhàs slugh Papa Westray eadar 2001 agus 2022. Tha na h-eadar-dhealachaidhean seo a' daingneachadh gu bheil feum air dòighean-obrach ionadail, sùbailte – rud a tha na prìomh phrionnsabal den Phlana seo.

Tha sluaighean eileanach a' fàs nas sine cuideachd. Ann an 2022, bha 26% de luchd-còmhnaidh nan eilean 65 bliadhna a dh'aois no nas sine, suas bho 21% ann an 2011 agus gu math nas àirde na tìr-mòr na h-Alba (20%). Tha mu 28% de luchd-còmhnaidh aois 16+ air an dreuchd a leigeil dhiubh, an taca ri 23% gu nàiseanta.

Tha an cuibhreann de luchd-còmhnaidh eileanach fo aois 16 fhathast a' tuiteam – bho 20% ann an 2001 agus 17% ann an 2011 gu 15% ann an 2022. Tha àireamhan nan sgoilearan air crìonadh anns na h-ùghdarrasan eileanach uile cuideachd eadar 2001 agus 2024, le tuiteam de cha mhòr 25% ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus anns na h-Eileanan Siar.³

Tha ro-mheasaidhean a' sealltainn gum bi an slugh a' fàs nas sine agus gum bi call sluaigh aois-obrach nas motha ann an eileanan na ann am mòran sgìrean eile de dh'Alba. Thathar an dùil gum bi crìonadh no fàs sluaigh fo ìrean chuibheasach na h-Alba aig a h-uile ùghdarras ionadail eileanach ro mheadhan 2032⁴, a' fàgail gum bi cunnartan ann do dh'eaconamaidhean ionadail agus seirbheisean poblach.

Tha ìrean breith ann an ùghdarrasan ionadail eileanach beagan nas àirde na cuibheasachd na h-Alba⁵, ach thathar fhathast an dùil gun tuit an àireamh sa chiad de luchd-còmhnaidh fo aois 15 eadar meadhan 2022 agus meadhan 2032 (bho -13% ann an Arcaibh gu -21% anns na h-Eileanan Siar). Aig an aon àm, thathar an dùil gun àrdaich an uiread de luchd-còmhnaidh aig aois a' pheinnsin anns a h-uile ùghdarras eileanach.

Le dùil gum bi barrachd bhàsan ann na breithean anns na h-ùghdarrasan ionadail eileanach uile, bidh in-imrich deatamach airson an slugh a chumail suas. Thathar an dùil gun gluais barrachd dhaoine a-steach dhan a h-uile comhairle eileanach na bhios a' gluasad a-mach suas gu 2032, air adhbharachadh sa mhòr-chuid le imrich bho àiteachan eile san RA.

An Lèirsinn againn

An dòigh-obrach againn Togail Beartas Coimhearsnachd

Bidh Togail Beartas Coimhearsnachd (CWB) mar phrìomh dhòigh-obrach airson a bhith a' stiùireadh cur an gnìomh a' Phlana Nàiseanta nan Eilean seo.

Tron cho-chomhairle againn, thuir coimhearsnachdan gun robh e cudromach a bhith a' neartachadh sèineachan-solair ionadail, obair chothromach a bhrosnachadh, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi buannachdan dìreach aig eileanaich bho thasgadh poblach. Tha na prìomhachasan seo a' freagairt gu dlùth ris na còig colbhan aig Togail Beartas Coimhearsnachd a tha leabaichte ann an ro-innleachd eaconamach an riaghaltais⁶.

'S e ar lèirsinn airson eileanan soirbheachail gum bi beairteas agus sunnd air am freumhachadh gu h-ionadail, gum bi sèineachan-solair air an giorrachadh, agus gum bi cothroman agus buannachdan eaconamach cho mòr 's a ghabhas ann gu h-ionadail. Le bhith a' cur ri cuairteachadh beartas am measg nan coimhearsnachdan eileanach, faodar dèiligeadh ri neo-ionannachdan ann an dòigh nas èifeachdaiche, agus gheibhear slighean ionadail agus nas treasa a-mach à bochdainn do dhaoine.

Tha cultar làidir aig eileanan na h-Alba mar tha a thaobh gnìomhachd coimhearsnachd agus leasachadh seasmhach air a stiùireadh gu h-ionadail. Tha cruinneachadh dùmhail de dh'iomairtean sòisealta annta – leis na h-àireamhan per capita as àirde ann an Alba aig

na h-Eileanan Siar, Sealtainn agus Arcaibh⁷ – agus tha timcheall air cairteal de na stòrasan uile a tha fo shealbh coimhearsnachd san dùthaich air fad sna h-eileanan. Tha 72% den fhearann air fad ann an Alba a tha leis a' choimhearsnachd anns na h-Eileanan Siar⁸. Tha mar a chaidh Eige, Giogha agus Ulbha a cheannach leis a' choimhearsnachd nan eisimpleirean suaicheanta den t-soirbheachas seo. Is urrainn seilbh air stòrasan ionadail – gnìomhachasan, fearann no toglaichean – eaconamaidhean eileanach a bhrosnachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil prothaidean air an ath-thasgadh ann an dòighean a bheir buannachd dhìreach do choimhearsnachdan.

Chaidh [Bile Togail Beartas Coimhearsnachd \(Alba\)](#) aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba sa Ghearran 2026. Nuair a thèid a chur an gnìomh, cuiridh am Bile dleasan air Ministearan na h-Alba, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach iomchaidh gus Togail Beartas Coimhearsnachd a leabachadh mar phrìomh eileamaid de leasachadh eaconamach tro riatanas gus Aithris Mhinistireil air Togail Beartas Coimhearsnachd ullachadh agus tro phlanaichean Togail Beartas Coimhearsnachd ionadail. Bha na h-Eileanan Siar agus Siorrachd Àir a Tuath – le fòcas air Arainn agus Cumaradh – am measg nan sgìrean ùghdarras ionadail le eòlas a chur ri cruthachadh a' Bhile.

Le bhith ag obair còmhla ri riaghaltas ionadail agus buidhnean poblach, stèidhichidh sinn lìbhrigeadh a' Phlana seo ann am prionnsapalan Togail Beartas Coimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean, stòrasan agus buannachdan gu daingeann ann an làmhnan muinntir nan eilean.



An Lèirsinn againn

Sgrùdadh Cùise – Taigh-òsta Dùthchail Loch Raonasa

- ▶ Ann an 2022, fhuair Comann Leas Coimhearsnachd Arainn a Tuath (NACBS) tabhartas de cha mhòr £484,000 bho Mhaoin Fearainn na h-Alba gus seann Taigh-òsta Loch Raonasa, a bha air dùnadh às dèidh galar lèir-sgaoilte COVID-19, a cheannach. Tro mheasgachadh de mhaoineachadh prìobhaideach is poblach a bharrachd, chuir Comann Leas Coimhearsnachd Arainn a Tuath crìoch air obair ùrachaidh air an togalach, a' toirt stòras ath-nuadhaichte do mhuinntir an àite.

Dh'fhosgail Taigh-òsta Dùthchail Loch Raonasa a dhorsan sa Chèitean 2023. Tha e a' toirt seachad seirbheisean aoigheachd do luchd-tadhail agus àite coimhearsnachd gus dèiligeadh ri aonaranachd, a' toirt taic do chosnadh ionadail agus sèine-solair an eilein. Thèid prothaidean a bharrachd a thasgadh a-rithist san Taigh-òsta no a chleachdadh airson cur ri pròiseactan a tha a' toirt buannachd dhan choimhearsnachd ionadail.

Structar a' Phlana seo

Tha an eagraan ùraichte seo de Phlana Nàiseanta nan Eilean stèidhichte air seachd Amasan Ro-innleachdail a tha a rèir an dà chuid an fhianais a chruinnich sinn agus na prìomhachasan a chomharraich coimhearsnachdan mar an fheadhainn as cudromaiche dhaibh.

Tha an aon structar cunbhalach aig gach caibideil:

- ▶ sealladh farsaing air a' chùis agus carson a tha e cudromach do dh'eileanan;
- ▶ prìomh fhianais, a' gabhail a-steach gluasadan fàbharach agus dùbhlain leantainneach;
- ▶ geàrr-chunntas air gnìomhachd làithreach Rìaghaltas na h-Alba; agus
- ▶ gealltanasan a thathar a' toirt air adhart tron Phlana seo. Gheibhear a h-uile gealltanas anns a' Mapa Slighe Buileachaidh anns a bheil clàran-ama agus com-pàirtichean lìbhrigidh.



An Lèirsinn againn

Glèidheadh agus Tàladh Sluaigh

Gus taic a thoirt do dhaoine gus fuireach, obair agus soirbheachadh ann an eileanan na h-Alba le bhith a' comasachadh fhuasglaidhean ionadail airson glèidheadh agus tàladh sluaigh.



Comas-ceangail

Gus còmhdhail earbsach, air prìs reusanta, agus ceangailteachd didseatach a lìbhrigeadh, a' cur an comas ceanglaichean sòisealta is eaconamach gu, bho agus eadar eileanan.



Taigheadas

Gus am bi barrachd thaighean freagarrach is air prìs reusanta rim faighinn sna h-eileanan, a' cumail taic ri fàs eaconamach, coimhearsnachdan fad na bliadhna, seirbheisean riatanach agus seasmachd sluaigh san fhad-ùine.



Slàinte is Cùram Sòisealta

Gus piseach a thoirt air ruigsinneachd air slàinte is cùram ann an eileanan le bhith a' neartachadh sheirbheisean ionadail, a' cur cùram didseatach an sàs far a bheil sin iomchaidh, agus a' toirt barrachd buaidh air co-dhùnidhean do choimhearsnachdan eileanach.



Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

Gus eaconamaidhean eileanach seasmach fhàs tro thasgadh cuimsichte, tro thaic do ghnìomhachasan ionadail, agus tro chothroman foghlaim is trèanaidh a bheir cothrom do dh'eileanaich ionnsachadh agus obrachadh gu h-ionadail.



Gnàth-shìde, Nàdar agus Cumhachd

Gus an gluasad gu cothromachadh-carboin sna h-eileanan a luathachadh le bhith a' toirt taic do dh'fhuasglaidhean ath-nuadhachail agus stèidhichte air nàdar, a' dèanamh cinnteach gu bheil seilbh ionadail ann agus a' faighinn buannachdan iomchaidh do choimhearsnachdan eileanach agus aig an aon àm a' togail ath-leumachd san fhad-ùine.



Bochdainn agus Ceartas Sòisealta

Gus bochdainn agus neo-ionannachd a lùghdachadh ann an eileanan le bhith a' dèiligeadh ri cosgaisean bith-beò nas àirde, a' dèiligeadh ri dùbhlain connaidh, agus a' toirt piseach air ruigsinneachd air seirbheisean agus cothroman.



Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

Gus coimhearsnachdan eileanach a neartachadh le bhith a' tasgadh ann an ceannardas ionadail, le bhith a' togail comas coimhearsnachd, agus le bhith a' toirt taic do chultaran, cànanan agus dualchas nan eilean.



Comas-ceangail

Comas-ceangail

Tha còmh-dhail agus ceanglaichean didseatach bunaiteach do bheatha shòisealta, eaconamach agus chultarail eileanan na h-Alba. Bidh iad a' cuideachadh le bhith a' lasachadh dhùbhlain astar agus a' cur ri co-ionannachd ruigsinneachd do mhuinntir nan eilean.

Tha measgachadh de sheirbheisean aiseig, adhair agus ceanglaichean stèidhichte a' toirt seachad ceanglaichean còmh-dhail gu agus bho eileanan na h-Alba. Tha na seirbheisean seo riatanach do mhuinntir an eilein agus do na h-eaconamaidhean aca, a' cumail taic ri ruigsinneachd dà-shligheach air seirbheisean poblach, bathar, obraichean agus margaidhean, agus a' leigeil le daoine goireasan nach eil rim faighinn gu h-ionadail a ruigsinn.

Tha siostam còmh-dhail earbsach, amalaichte riatanach gus sluagh nan eilean a chumail suas agus fhàs. Airson “eileanan far eileanan” – an fheadhainn far a bheil iomadh diofar ìrean ann gus tìr-mòr na h-Alba a ruigsinn – tha na dùbhlain nas iom-fhillte buileach, le cosgaisean nas àirde, turasan nas fhaide, agus nas lugha de roghainnean eile nuair a bhios buaireadh ann.

Tha eileanaich aithnichte airson an seasmhachd agus an comas planadh air adhart. Ach, faodaidh buaidh mhòr a bhith aig brisidhean fada air seirbheisean còmh-dhail. Tha bathar riatanach eadar biadh is cungaidhean-leighis agus connadh is bathar so-mhilleadh – gu sònraichte so-leònte, a' toirt buaidh air teaghlach, gnìomhachasan agus coimhearsnachdan le chèile. Thathar an dùil gum bi fìor dhroch shìde ann nas trice mar thoradh air atharrachadh na gnàth-shìde Mar thoradh air seo, bidh cuideam a bharrachd ann air a' chomas seirbheisean earbsach a chumail suas sna bliadhnaichean ri teachd. Tha mòran den bhun-structair còmh-dhail làithreach a' fàs sean cuideachd agus tha tasgaidhean mòra gan dèanamh gus cur ri ath-leumachd agus èifeachdas thar lìonraidhean.

Air fhoillseachadh sa Chèitean 2025, tha an [Dòigh-obrach Ro-innleachdail](#) aig Plana Ceangailteachd nan Eilean a' cur an cèill lèirsinn Riaghaltas na

h-Alba airson seirbheisean aiseig a tha sàbhailte, earbsach, air prìs reusanta agus in-ghabhaltach. Còmhla ri sin, tha [Plana nan Soithichean agus nam Port](#) a' toirt seachad mapa-rathaid tasgaidh fad-ùine airson ùrachadh air a' chabhlach agus gus bun-structair nam port a leasachadh airson lìonraidhean Chluaidh is Innse Gall agus Seirbheisean Aiseig nan Eileanan a Tuath. Tha [Aithris Seirbheisean-adhair](#) Riaghaltas na h-Alba (2024) ag aithneachadh cho cudromach 's a tha seirbheisean adhair ann a bhith a' ceangal choimhearsnachdan eileanach ri tìr-mòr, a' fosgladh chothroman siubhail air adhart taobh a-staigh Alba, air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tha na h-earrannan sa Phlana seo a thaobh còmh-dhail a' togail air na gealltanasan a tha air am mìneachadh anns na sgrìobhainnean gu h-àrd, a' brosnachadh co-òrdanachadh a bharrachd agus a' cur air adhart àrd-amas co-roinnte airson coimhearsnachdan eileanach soirbheachail, seasmhach agus le deagh cheanglaichean. Le barrachd sheirbheisean poblach is prìobhaideach rim faighinn air-loidhne, faodaidh ceanglaichean didseatach am feum air siubhal a lùghdachadh agus cur ri cothromachd ruigsinneachd do mhuinntir nan eilean. Tha ceangailteachd dhidseatach luath is earbsach cuideachd na dràibhear airson fàs eaconamach, a' fosgladh mhargaidhean ùra do ghnìomhachasan de gach meud agus a' toirt taic do chothroman fa leth airson obair air astar.

Ged a tha uallach airson tele-chonaltradh glèidhte aig Riaghaltas na RA, tha tasgaidhean leantainneach Riaghaltas na h-Alba ann am bun-structair didseatach air cur ri leasachaidhean mòra ann an còmh-dhach bann-leathann agus fòn-làimhe ann am mòran sgìrean eileanach. Tha seo ri fhaicinn anns na beachdan a fhuair bho luchd-freagairt Suirbhìdh Eileanan na h-Alba 2023 a bha fàbharach gu ìre mhòr⁹. Ach, tha beàrnann agus “not-spots” ann fhathast, a tha a' sealltainn gu bheil feum air oidhirp leantainneach gus bun-structair a leudachadh agus ruigsinneachd dhidseatach a leasachadh barrachd. Tha eòlas,

Comas-ceangail

eòlas beatha agus prìomhachasan nan eileanach ro-chudromach airson ceangailteachd èifeachdach a lìbhrigeadh – aig muir, san adhar, air an rathad no air-loidhne.

Aiseagan

'S e Plana Ceangailteachd nan Eilean prìomh sgrìobhainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba air ceanglaichean còmhhdail eileanach, le prìomh fhòcas air a bhith a' lìbhrigeadh seirbheisean aiseig earbsach is seasmhach thar lìonraidhean aiseag Chluaidh is Innse Gall agus nan Eileanan a Tuath.

Tha Clàr 3 a' toirt seachad sealladh farsaing air an tasgaidhean a tha san amharc ann an ùrachadh cabhlach aiseig an Riaghaltais, le fiosrachadh a bharrachd ri fhaighinn ann am [Plana nan Soithichean agus nam Port](#). Tha sia soithichean mòra ùra airson lìonra Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall gan lìbhrigeadh, leis an MV Gleann Shannaig a' tòiseachadh ann an seirbheis air slighe Arainn san Fhaoilleach 2025. Tro Stòras Mara Cailleannach Eta (CMAL), tha obair cuideachd a' dol air adhart air seachd soithichean beaga làn-dealanach ùra, a thathar an dùil toirt a-steach bho 2027 air adhart.

Airson lìonra Seirbheis Aiseagan nan Eilean a Tuath, tha solar dà shoitheach "freight flex" ùr a-nis a' dol air adhart airson a dhol an àite an MV Helliar agus an MV Hildasay, a' neartachadh comas agus earbsachd airson bathar agus luchd-siubhail. Còmhla, cuiridh na tasgaidhean seo aiseagan ùra an àite còrr is trian de na 40 soitheach a tha a' frithealadh slighean Chluaidh is Innse Gall agus nan Eilean a Tuath aig an àm seo.

Tha am Plana Nàiseanta seo airson nan Eilean stèidhichte air aithne shoilleir gu bheil gach eilean air leth. Mar sin, tha feumalachdan a thaobh còmhhdail eadar-dhealaichte eadar diofar eileanan, agus aig diofar amannan. Tro Phlana Ceangailteachd nan Eilean, tha sinn air gealltainn Measadh Feumalachdan Coimhearsnachd a dhèanamh airson gach slighe ann an lìonraidhean Chluaidh is Innse Gall agus nan Eilean a Tuath. 'S

e an rùn againn gun tèid an ùrachadh a h-uile còig bliadhna gus am bi tuigse ùraichte daonnan againn de dh'fheumalachdan còmhhdail ionadail agus air na roghainnean gus dèiligeadh riutha.

Tha dùbhlain den aon seòrsa mu choinneamh ùghdarrasan ionadail eileanach ann a bhith ag ùrachadh an cabhlaichean aiseag agus bun-structair. Ged a tha e an urra ri gach comhairle argamaidean tasgaidh a chur air adhart agus maoineachadh fhaighinn, tha Ministearan na h-Alba air taic chuimsichte a thoirt seachad far a bheil sin comasach. Tha seo air gabhail a-steach a bhith a' stèidheachadh Buidhnean-obrach nan Aiseagan ann an com-pàirteachas le Comhairle Arcaibh agus Comhairle Shealtainn. Ann an 2025-26, fhuair an dà ùghdarras ionadail cuibhreann aon-turais de £10 millean gus taic a thoirt do phròiseactan ceangail eadar-eileanach, a bharrachd air maoineachadh a chaidh a thoirt seachad tron Rèiteachadh Riaghaltas Ionadail. Ann am pròiseact eile, chaidh £3 millean a thoirt do Chomhairle Arcaibh gus dà aiseag dealanach a phileatadh agus gus a' chùis ghnìomhachais a thoirt air adhart airson an cabhlach eadar-eileanach aca ùrachadh.

Bheir sinn comhairle agus taic phractaigeach do dh'ùghdarrasan ionadail gus an cuideachadh le bhith a' toirt air adhart am planaichean airson cabhlach ùr a chur an sàs.

Bha fios-air-ais bho cho-chomhairleachadh airson a' Phlana seo soilleir: a bharrachd air a bhith ag ùrachadh bun-structair, tha eileanaich ag iarraidh guth nas treasa ann a bhith a' cruthachadh sheirbheisean còmhhdail. Gu sònraichte, dh'iarr luchd-freagairt gum biodh barrachd riochdairean eileanach nam ball de bhuidhnean aiseig phoblach. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh ri seo, agus tha Ministearan air aontachadh gum feum am pròiseas gus buill bùird ùra barrachd cuideim a chur air a bhith a' tàladh thagraichean sgileil is eòlach bho choimhearsnachdan eileanach.

Comas-ceangail

Tha an cùmhnannt ùr airson Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall a chaidh a thoirt seachad gu dìreach do ChalMac, agus a bhios an gnìomh bhon Dàmhair 2025 a-mach, a' toirt seachad cothrom gun samhail airson coimhearsnachdan a chur aig cridhe libhrigeadh sheirbheisean. Fon chùmhnannt ùr, bidh ròl cudromach aig Bòrd Coimhearsnachd nan Aiseagan – air a stiùireadh le CalMac agus air a dhèanamh suas de mhuinntir nan eilean bho air feadh lìonra Seirbheisean Aiseagan Chluaidh is Innse Gall – ann a bhith a' riochdachadh choimhearsnachdan agus a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean ro-innleachdail.

Clàr 3 – Sealladh farsaing air a' phrògram leantainneach airson ùrachadh nan aiseagan*

| Soitheach | Slighe(an) |
|--|--|
| MV Eilean Ìle | Ìle (a' gabhail a-steach Colbhasa) |
| MV Loch na Dàile | Ìle (a' gabhail a-steach Colbhasa) |
| MV Loch Mòr | Cuan na Hearadh |
| MV Claidheamh Mòr | Cuan na Hearadh |
| MV Gleann Ruasaidh | Arainn |
| A' chiad ìre de Phrògram Ath-nuadhachaidh nan Soithichean Beaga (seachd soithichean) | Caol an t-Snàimh - An Rubha Bòdach |
| | Sgonnsair - Ratharsair |
| | Eilean Ì - Fionnphort |
| | Loch Àlainn - Finnsinis |
| | Tairbeart Loch Fìne - Port a' Mhadaidh |
| | Tobair Mhòire - Cille Chòmhair |
| | Taigh an Lòin - Giogha |
| | An Leargaidh - Cumaradh |
| An t-Òban - Lìos Mòr** | |
| An dàrna ìre de Phrògram Ath-nuadhachaidh nan Soithichean Beaga | Barraigh-Èirisgeigh Beàrnaraigh - an t-Òb |
| Aiseag ùr an àite Tighearna nan Eilean | Malaig - Loch Baghasdail |
| Aiseag(an) ùr(a) an àite MV an t-Eilean Muileach | An t-Òban - Creag an Iubhair |
| Aiseagan "Freight Flex" nan Eilean a Tuath - Dà shoitheach | Lerwick-Kirkwall-Obar Dheathain |

* Tha co-dhùnaidhean mu phlanaichean cleachdaidh, agus aiseagan a ghluasad gu slighean eile nuair a chuirear aiseagan ùra nan àite, agus gus cuidhteas fhaighinn de sheann shoithichean fhathast fo sgrùdadh.

** Thathar an dùil gun tèid na slighean seo a fhrithéaladh le soithichean a thèid ath-shuidheachadh bho shlighean eile air an lìonra nuair a thèid soithichean ùra a chur ann an seirbheis.

Comas-ceangail

Airson lìonra Seirbheisean Aiseagan nan Eileanan a Tuath, dhùin co-chomhairle phoblach air an ath chùmhnannt (NIFS4) san Dàmhair 2025, agus cuidichidh na co-dhùnaidhean le bhith a' cruthachadh a' chùmhnannt a tha ri thighinn. Tha am pròiseas seo a' daingneachadh ar dealas leantainneach a thaobh a bhith a' toirt seachad seirbheisean aiseig fo chùmhnannt Seirbheisean Aiseig Eileanan a' Chinn a Tuath.

► Obraichidh sinn le buidhnean poblach a tha a' libhrigeadh seirbheisean aiseig agus bun-structair gus piseach agus meudachadh a thoirt air ruigsinneachd iomairtean fastaidh nam Bòrd agus gus slatan-tomhais còmhnaidh a neartachadh airson dreuchdan san àm ri teachd. Fo chùmhnannt ùr Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall, obraichidh sinn le Bòrd Coimhearsnachd nan Aiseagan gus a dhreuchd agus a ghuth a leudachadh.

Tha ruigsinneachd na phrìomhachas air feadh lìonra na còmhdhail, a' dol nas fhaide na dìreach gèilleadh reachdail bunaiteach. Bheir Bun-inbhe Ruigsinneachd ùr nan Aiseagan stiùireadh air riatanasan ruigsinneachd corporra is inntinn airson seirbheisean aiseig, a' gabhail a-steach dealbhadh shoithichean is phort. Cuidichidh e cuideachd le bhith a' cumadh amasan Maoin ùr Ruigsinneachd Còmhdhail nan Eilean, a chumas taic ri leasachaidhean air feadh bun-structair nan aiseagan agus nan seirbheisean adhair.

► Foillsichidh sinn Bun-inbhe Ruigsinneachd nan Aiseagan ann an 2026 agus fosglaidh sinn Maoin Ruigsinneachd Còmhdhail nan Eilean ùr a bhios a' gabhail a-steach an dà chuid bun-structair airson aiseagan agus airson seirbheisean adhair.

Tha toirt a-steach Cosgais Co-ionann ri Rathad (RET) air siubhal air aiseagan a dhèanamh nas saoire sa mhòr-chuid de lìonra Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall. Sheall measadh air cur air bhog RET gun do thuit prìsean cuibheasach mu 34% do luchd-siubhail agus 40% do chàraichean, a' sàbhaladh timcheall air £25 millean sa bhliadhna do luchd-siubhail aiseig.

A rèir amasan a' Phlana seo, tha sinn air ceumannan practaigeach a ghabhail mar-thà gus taic a thoirt do dh'òigridh eileanaich agus an teaghlach. Bhon Ògmhios 2025, leudaich sinn ion-roghnachd airson sgeama eàrlasan lasachaidh aiseig gus am faigh a h-uile neach-còmhnaidh eileanach eadar 16 agus 21 bliadhna a dh'aois ceithir tursan an-asgaidh gach bliadhna eadar an t-eilean aca agus tìr-mòr na h-Alba. Dh'àrdaich an t-atharrachadh seo an àireamh de dhaoine a tha ion-roghnach air cairt eileanach gu timcheall air 30,000.¹⁰

Anns a' Ghiblean 2025, thug sinn siubhal aiseig eadar-eileanach an-asgaidh a-steach do luchd-còmhnaidh fo aois 22 ann an Arcaibh, Sealtainn agus Na h-Eileanan Siar, ga dhèanamh nas fhasa do dhaoine òga cothrom fhaighinn air foghlam, trèanadh, cosnadh agus cothroman sòisealta.

► Nì sinn sgrùdadh agus measadh air ìre cleachdaidh agus air buaidh sgeamaichean siubhail lasaichte nan aiseagan air daoine fo aois 22, agus beachdaichidh sinn air leasachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann.

Tha bathar mara fhathast aig cridhe sèineachan-solair eileanach, a' cur an comas gluasad bathar is sheirbheisean gu, bho agus eadar eileanan. Bidh a' mhòr-chuid de bhathar cunbhalach air a ghiùlan le carbadan rathaid coimeirsealta air aiseagan a tha a' faighinn subsadaidh, agus tha sin a' ciallachadh gum bi àite air an deic gann aig amannan trang. Tha solar shoithichean ùra air na feumalachdan sin a thoirt fa-near. A bharrachd air sin, far a bheil e comasach agus air prìs iomchaidh, thèid seòlaidhean a bharrachd a thoirt seachad gus

Comas-ceangail

cuideachadh aig àm nuair a tha cùisean gu sònraichte trang – mar eisimpleir, nuair a thathar a’ reic sprèidh.

Ann an 2025-26, tha sinn air £4.4 millean a riarachadh tro lomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (HIE) gus gnìomhachasan eileanach a chuideachadh gus ath-shlànachadh bho bhriseadh seirbheis, leis an taic a’ cur fòcas air roinnean a tha gu sònraichte so-leònte - leithid turasachd agus còmhdhail bathar so-mhillidh, a’ gabhail a-steach biadh mara.

A’ coimhead air adhart, feumar beachdachadh air comas-lìbhrigidh bathair mara san fhad ùine airson maith nan cothroman eaconamach a tha a’ tighinn am bàrr ann an sgìrean eileanach – bho phròiseactan lùths ath-nuadhachail agus gnìomhachas a’ bhìdh is na dighe gu leudachadh roinnean tuathanachais-uisge agus fànais. Ann an cuid de dh’eisimpleirean, bidh àrdachaidhean ann an iarrrtas co-cheangailte ri leasachaidhean ùra nas àirde na comas-lìbhrigidh nan seirbheisean aiseig àbhaisteach.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil faraidhean le subsadaidh do charbadan coimeirsealta cudromach do dh’eaconamaidhean eileanach, far a bheil na gnìomhachasan sa mhòr-chuid air an dèanamh suas de gnìomhachasan beaga is meanbh-iomairtean. Aig an àm seo, tha na subsadaidhean seo rim faighinn do gach gnìomhachas, ge b’ e dè am meud, an tionndadh no a’ phrothaid.

A rèir mholaidhean bho Chomataidh Lùths, Cothromachadh-carboin is Còmhdhail Pàrlamaid na h-Alba¹¹, fo Phlana Ceangailteachd nan Eilean feumaidh sinn ath-sgrùdadh a dhèanamh air àite nan seirbheisean aiseig le subsadaidh san àm ri teachd ann a bhith a’ toirt seachad comas-giùlain bathair – gu h-àraidh far a bheil iad a’ toirt taic do thasgadh prothaideach. Nì an t-ath-sgrùdadh seo sgrùdadh air mar as urrainnear subsadaidhean a chumseachadh nas fheàrr gus cur ri luach an airgid, seasmhachd sheirbheisean a neartachadh, agus gus dèanamh cinnteach

gum bi maoinachadh poblach a’ lìbhrigeadh na buannachd as motha do gnìomhachasan is choimhearsnachdan eileanach.

Coimheadaidh sinn air roghainnean gus taic a thoirt do gnìomhachasan eileanach, a’ gabhail a-steach roghainnean eile an àite nan subsadaidhean a th’ ann an-dràsta airson faraidhean bathair aiseig, gus dòighean-obrach a chomharrachadh a bheir seachad luach an airgid nas fheàrr agus a fhreagras nas fheàrr air feumalachdan gnìomhachasan, agus sinn fhathast mothachail air na cosgaisean nas àirde a tha an lùib a bhith ri gnìomhachas sna h-eileanan.

Seirbheisean Adhair

Tha ceanglaichean adhair a’ toirt ruigsinneachd luath do dh’eileanaich air cùram slàinte, foghlam agus cothroman gnìomhachais, agus ceanglaidh iad eileanaich ris an t-saoghal fharsaing. Airson cuid de dh’eileanan, tha ceanglaichean itealain cho cudromach ri seirbheisean aiseig ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil choimhearsnachdan ceangailte agus seasmhach.

Tha [Aithris Seirbheisean-adhair](#) Riaghaltas na h-Alba a’ cur air adhart gnìomhan gus èifeachdas obrachaidhean puirt-adhair a leasachadh agus seirbheisean adhair a neartachadh air feadh sgìre na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha e cuideachd a’ gealltainn gun dèanar sgrùdadh air na buannachdan àrainneachdail, sòisealta agus eaconamach a tha an lùib teicneòlasan adhair a tha a’ tighinn am bàrr, a’ gabhail a-steach soithichean-adhair haidridean agus dealanach, a thathar an dùil a thèid a chleachdadh an toiseach air slighean air a’ Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.

Ged a tha a’ mhòr-chuid de sheirbheisean adhair ag obair air stèidh choimeirsealta, tha Riaghaltas na h-Alba fhathast a’ toirt taic-airgid do na slighean eadar Glaschu agus Tiriodh agus Barraigh agus iad ag aithneachadh gu bheil iad

Comas-ceangail

ro-chudromach do choimhearsnachdan ionadail. Bidh ùghdarrasan ionadail a' toirt seachad maoinachadh fa leth airson slighean sònraichte taobh a-staigh na sgìrean aca tro Dhleastanasan Seirbheis Phoblaich. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' leantainn air adhart a' lìbhrigeadh an Sgeama Lasachaidh Adhair (ADS), a' toirt seachad prìsean tòrr nas ìsle do luchd-còmhnaidh Arcaibh, Sealtainn, nan Eileanan Siar, Cholbhasa, Ìle agus Diùra. Ann an 2024-2035 chaidh còrr is £13.5 millean a thasgadh san sgeama.

Tha co-dhùnaidhean bho Shuirbhidh Eileanan na h-Alba 2023 a' sealltainn gu bheil draghan ann fhathast mu fharaidhean adhair airson slighean eadar eileanach agus ceanglaichean ri tìr-mòr. Tha an Aithris air Seirbheisean-adhair a' gealltainn ath-sgrùdadh a dhèanamh air an Sgeama Lasachaidh Adhair gus dèanamh cinnteach gu bheil e cothromach, èifeachdach agus a' tabhann luach an airgid.

Tha tasgadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba ann an 2025-26 a' cuideachadh gus siubhal adhair a dhèanamh nas ruigsinniche. Tha seo a' gabhail a-steach maoinachadh airson treas itealan ann an Arcaibh agus cleachdadh itealain nas motha air an t-slighe eadar Steòrnabhagh agus Beinn na Faoghla gus dèiligeadh ri cuideaman còmhdhail a thaobh cùram slàinte.

► Obraichidh sinn le Riaghaltas na RA gus saoradh fhaighinn bhon Chìs Imeachd Adhair airson na Gàidhealtachd agus nan Eileanan a chur an gnìomh a dh'ionas ceanglaichean agus a tha a' gèilleadh ri reachdas smachd subsadaidh Riaghaltas na RA. Nì sinn co-chomhairleachadh le coimhearsnachdan eileanach agus luchd-ùidh gus leasachadh poileasaidh fhiosrachadh fhad 's a bhios sinn a' gluasad a dh'ionnsaigh a chur an gnìomh.

Ceanglaichean Stèidhichte

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh an àite chruth-atharrachail as urrainn a bhith aig ceanglaichean stèidhichte – tunailean, drochaidean agus cabhsairean – ann a bhith a' leasachadh cheanglaichean eileanach. Le bhith a' toirt air falbh cuingealachaidhean na sìde, a' cur ri comas-giùlain, agus a' lùghdachadh àm siubhail, is urrainn ceanglaichean stèidhichte buannachdan maireannach a thoirt do choimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail.

Taobh a-staigh lìonraidhean seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall agus Seirbheisean Aiseig nan Eilean a Tuath, tha an dàrna [Lèirmheas air Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail](#) (STPR2) air measadh a bharrachd a mholadh a thaobh trì ceanglaichean a dh'fhaodadh a bhith ann:

- Caolas na Hearadh - a' ceangal Uibhist agus Leòdhas is na Hearadh
- Caolas Bharraigh - a' ceangal Bharraigh agus Uibhist
- Muile agus tìr-mòr na h-Alba

Le bhith ag obair gu dlùth le coimhearsnachdan eileanach, ùghdarrasan ionadail agus com-pàirtichean, bheir sinn air adhart measaidhean mionaideach airson nan trì molaidhean airson ceanglaichean stèidhichte a tha air an ainmeachadh ann an STPR2.

Tha com-pàirteachadh leis a' phoball airson a' Phlana Nàiseanta ùir seo airson nan Eilean air sealltainn gu bheil diofar bheachdan ann mu cheanglaichean stèidhichte ùra. Ged a tha cuid gam faicinn mar chothroman cruth-atharrachail, b' fheàrr le cuid eile prìomhachas a thoirt do thasgadh ann am modhan còmhdhail a tha ann mar-thà. Mar sin, bidh beachd muinntir nan eilean fhathast aig cridhe ar n-obrach san raon seo.

Comas-ceangail

Tha ceanglaichean stèidhichte a dh'fhaodadh a bhith ann taobh a-muigh lionraidhean Aiseagan Chluaidh is Innse Gall agus Seirbheis Aiseagan nan Eileanan a Tuath an urra ri ùghdarrasan ionadail. Mar eisimpleir, tha Prògram Ceangail Còmhdhail Eadar-eileanach Comhairle Shealtainn a' beachdachadh air so-dhèantachd cheanglaichean ùra ri Bressay, Unst, Whalsay agus Yell taobh a-staigh cùis-ghnìomhachais Ro-innleachd an Lìonra aca.

Tha seasamh de thaic phragmatach aig Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn ag aithneachadh nan cosgaisean mòra ro-làimh a tha an lùib seo ach tha sinn cuideachd ag aithneachadh nam buannachdan mòra a dh'fhaodadh a bhith ann tro barrachd bun-structair airson ceanglaichean stèidhichte.

▶ Bheir sinn taic do rannsachadh nan ùghdarrasan ionadail air modailean maoinachaidh agus broснаichidh sinn cothroman tasgaidh ann am pròiseactan airson ceanglaichean stèidhichte.

Còmhdhail taobh a-staigh nan Eilean agus Amalachadh

Chomharraich conaltradh poblach airson a' Phlana seo gu bheil còmhdhail poblach anns na h-eileanan fhèin fhathast gann ann an iomadh sgìre. Tha seo a' fàgail gu bheil tòrr luchd-còmhnaidh eileanach an urra ri carbadan prìobhaideach agus tha e a' cur bacadh air cothrom nan eileanach òga air tachartasan sòisealta agus cothroman obrach¹².

Ged a tha an suidheachadh eadar-dhealaichte eadar diofar eileanan, agus sinn a' tuigsinn gur e ùghdarrasan còmhdhail ionadail a tha an urra ri feumalachdan a chomharrachadh, tha cleachdadh bus iomlan fhathast fo chuibheasachd na h-Alba, agus tha amalachadh eadar diofar mhodhan còmhdhail fhathast air a chomharrachadh mar raon far a bheil leasachadh a dhìth.¹³

Tha Maoin Bun-structair Bus aig Còmhdhail Alba a' toirt seachad taic-airgid dìreach do dh'ùghdarrasan ionadail gus càileachd agus ruigsinneachd sheirbheisean bus a leasachadh, a' gabhail a-steach tro bhith a' toirt taic do dh'amalachadh le modhan còmhdhail eile. Fo mhodail ìreil ùr, thèid airgead a bharrachd a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach gus na dùbhlain deamografach is cruinn-eòlasach sònraichte a tha romhpa aithneachadh.

A' toirt seachad àrdachadh eileanach san aon dòigh, tha Maoin Bun-structair Siubhal Gnìomhach aig Còmhdhail Alba a' toirt taic do phròiseactan a tha a' dèanamh coiseachd, rothaireachd agus cuibhleachadh nas fhasa airson turasan làitheil. Ann an 2024-25, thug Maoin Bun-structair an t-Siubhail Ghnìomhach £200,000 do Chomhairle Arcaibh airson pròiseact Slighe Costa Bàgh Weyland ann an Kirkwall gus slighe-coise/slighe baidhsagal far-rathaid ùr a chruthachadh.

▶ Bheir sinn taic do chom-pàirtichean gus eileamaidean bun-structair seasmhach a libhrigeadh ann an Àrd-phlanaichean Siubhail Ghnìomhach Steòrnabhaigh, Tairbeart (Na Hearadh), Loch nam Madadh, Loch Baghasdail, Bàgh a' Chaisteil agus Kirkwall far a bheil iad sin a' freagairt air a bhith a' cumail taic ri tursan amalaichte aig puirt aiseig. Bheir sinn taic do chom-pàirtichean cuideachd gus àrd-phlanaichean còmhdhail seasmhach a libhrigeadh airson Bogha Mòr agus Tobar Mhoire.

Obraichidh sinn còmhla ri Comhairle Arcaibh agus Àrainneachd Eachdraidheil Alba gus Sgrùdadh Gluasad Stenness (slighe Maeshowe – Tursachan Stenness – Brodgar) a chrìochnachadh mar phàirt de Phrògram Làrach Dhualchas na Cruinne Arcaibh taobh a-staigh Aonta Fàis nan Eilean. Cuidichidh seo gus plana siubhail seasmhach a chruthachadh a tha mothachail air dualchas, le beachdan is ionnsachadh air an co-roinn le coimhearsnachdan eileanach eile.

Comas-ceangail

Tha e fhathast na phrìomhachas gum bi clàran-ama, tiogaidean agus faraidhean air an amalachadh nas fheàrr. Tha sinn ag obair le com-pàirtichean gus ceanglaichean ioma-mhodail aig puirt aiseig a neartachadh agus gus tiogaidean tapaidh is amalaichte a leasachadh.

Aig deireadh 2024, chuir sinn aplacaid agus làrach-lìn [Traveline Scotland](#) ùr air dòigh, a' toirt seachad fiosrachadh nas fheàrr mu fharaidhean, thiogaidean, eimiseanan carboin, agus clàran-ama. Tha obair a' dol air adhart le companaidhean aiseig gus an t-seirbheis seo a leasachadh tuilleadh, a' gabhail a-steach goireasan nas fheàrr do luchd-siubhail agus dàta fìor-ùine mu far a bheil seirbhisean còmhdhail gus taic a chumail ri planadh thursan. Anns an aon bhliadhna, ghluais lasachaidhean aiseig ann an Arcaibh agus Sealtainn bho eàrlas pàipeir gu àrd-ùrlar tapaidh, a' dèanamh thiogaidean nas fhasa cleachdadh agus a' ciallachadh nach bi trioblaidean ann le pasaichean cailte no millte tuilleadh. Tha obair a' dol adhart gus seo a thoirt a-staigh sna h-Eileanan Siar cuideachd.

Còmhla, nì na tasgaidhean agus na h-iomairtean seo nas fhasa e do mhuintir nan eilean turasan a phlanadh, barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus còmhdhail phoblach agus siubhal gnìomhach a thaghadh, agus cuideachadh gus eisimeileachd air carbadan prìobhaideach a lùghdachadh.

▶ Lìbhrigidh sinn tiogaidean tapaidh, eadar-obrachail agus dàta siubhail nas fheàrr do luchd-siubhail eileanach, a' gabhail a-steach taic ri siubhal ioma-mhodhach agus lasaichte, ann an com-pàirteachas le Bòrd Comhairleachaidh Nàiseanta nan Tiogaidean Tapaidh.

Carbadan Dealanach

Tha fear de na lìonraidhean charbadan dealain (EV) as motha anns an RA aig Alba. Fhuair iomadh eilean buannachd bhon leudachadh seo, le buidhnean coimhearsnachd cuideachd a' stàladh teàirrdsear mar phàirt de dh'oidhirpean dì-charbonachaidh nas fharsainghe.

Anns an Lùnastal 2025, dh'ainmich sinn £3 millean a bharrachd gus comhairlean ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, Arcaibh, Sealtainn agus Na h-Eileanan Siar a chuideachadh gus co-obrachadh leis an roinn prìobhaideach gus na lìonraidhean teàirrdsidh charbadan dealanach poblach aca a leudachadh. Agus sinn a' tuigsinn gu bheil e nas duilghe tasgadh prìobhaideach fhaighinn ann an sgìrean le meudan trafaig nas ìsle agus cosgaisean nas àirde gus ceangal ris a' ghriod, chaidh £4.5 millean a bharrachd a thoirt seachad tron Mhaoin Bun-structair Dùthchail is Eileanach gus taic a thoirt do ghnìomhachasan dùthchail is eileanach, uachdarain agus luchd-obrachaidh puingean teàirrdsidh.

Tha an loidhne-phioba, a tha a' fàs, de phròiseactan lùths ath-nuadhachail a tha ann an coimhearsnachdan eileanach, agus a tha gu tric fo an sealbh, a' cruthachadh chothroman gus leudachadh a bharrachd a thoirt air bun-structair teàirrdsidh nan carbadan dealanach.

▶ Bheir sinn taic do leudachadh lìonraidhean poblach airson charbadan dealain a theàirrdseadh, a' toirt seachad bun-structair earbsach is ruigsinneach anns na h-àiteachan ceart do luchd-tadhail agus do luchd-còmhnaidh.

Comas-ceangail

Ceangailteachd Dhidseatach

An-diugh, tha cothrom aig a' mhòr-chuid de thogalaichean anns na h-ùghdarrasan ionadail eileanach air bann-leathann luath, le figearan eadar 84% ann an Arcaibh gu cha mhòr 100% ann an Siorrachd Àir a Tuath airson ruigsinneachd air bann-leathann fìor luath stèidhichte¹⁴. An coimeas ri sin, ann an 2014 cha robh cothrom aig ach 4% de thogalaichean ann an Earra-Ghàidheal agus Bòd air, agus cha robh e idir ri fhaighinn ann an Arcaibh, Sealtainn no Na h-Eileanan Siar¹⁵.

Chaidh tòrr den adhartas seo a libhrigeadh tro phrògraman Riaghaltas na h-Alba – eadar seann phrògram Bann-leathann Fìor Luath aig Alba Dhidseatach (Digital Scotland Superfast Broadband - DSSB) agus am prògraim làithreach Reaching 100% (R100). Tha Sgeama Eàrlais Bann-leathann na h-Alba a' dol còmhla ri R100 le bhith a' tabhann shubsadaidhean de suas ri £5,000 airson togalaichean nach eil mar phàirt de phlanaichean togail R100 coimeirsealta fo chùmhnannt. Aig deireadh na Samhna 2025, chaidh còrr is 8,000 ceangal a libhrigeadh ann an 42 eileanan tro mheasgachadh de chùmhnanntan R100 agus taic Sgeama Eàrlais Bann-leathann na h-Alba R100.

Gu ruige seo, tha prògram R100 air 16 càballan fon mhuir a chur ann le faid de mu 224 cilemeatair uile gu lèir. Bheir seo comas do chòrr is 12,000 togalach ann an 15 eileanan¹⁶ a bhith ceangailte ri bann-leathann làn fibre

A bharrachd air seo, tha prìomh àite aig Riaghaltas na h-Alba ann a bhith a' libhrigeadh solarachaidhean Pròiseact Gigabit ann an Alba, a' cleachdadh maoinachadh bho Riaghaltas na RA. Tha seo a' cruthachadh chothroman gus libhrigeadh R100 agus Pròiseact Gigabit a chothaobhadh, a' cur ri èifeachdas agus còmhachadh do choimhearsnachdan eileanach.

A dh'aindeoin an adhartais sin, tha dùbhlain ann fhathast, agus tha ceangal eadar-lìn slaodach no neo-earbsach fhathast aig cuid de thogalaichean eileanach. Ann an Suirbhidh Eileanan na h-Alba 2023, bha luchd-còmhnaidh nan eileanan a-muigh

ann an Arcaibh agus Sealtainn am measg an fheadhainn as dualtaiche a bhith mì-riaraichte leis an t-seirbheis eadar-lìn aca.

Nì sinn eacarsaich mapaidh gus sùil a chumail air libhrigeadh bann-leathann, gus beàrnan a chomharrachadh ann an còmhach comasach air gigabit, agus gus còmhraidhean le a' ghnìomhachas agus le Riaghaltas na RA fhiosrachadh mu thasgaidhean san àm ri teachd ann an ceangailteachd didseatach sna h-eileanan.

Bidh sinn ag amas air libhrigeadh nan cùmhnanntan Ruigsinn 100% (R100) a chothaobhadh ri cùmhnanntan Pròiseact Gigabit gus an còmhach eileanach a mheudachadh. As t-Earrach 2026, foillsichidh sinn toradh obair solair roinneil Pròiseact Gigabit gus bann-leathann comasach air gigabit a leudachadh gu còrr is 13,000 togalach ion-roghnach air feadh Arcaibh agus Sealtainn.

Tha Riaghaltas na h-Alba air còmhach fònaichean-làimh nan eilean a neartachadh tron phrògram In-lìonaidh (S4GI), a tha air duaisean a choisinn, a tha air 17 crann-gaoithe ùra a libhrigeadh ann an 11 eileanan – nam measg Bruray (Skerries), Uibhist a Tuath agus Stronsay. Tha obair a' dol air adhart gus àireamh nan companaidhean fòn-làimh a tha a' cleachdadh làraichean S4GI a mheudachadh, a' toirt barrachd roghainn agus seasmhachd do luchd-còmhnaidh is gnìomhachasan eileanach leis na solaraichean seirbheis aca.

Sgrùdadh Cùise – Lìbhrigeadh S4G ann an Àird Lusa (Diùra)

Fhuair am measadh air Prògram In-lìonadh 4G na h-Alba a-mach gun do bhrosnaich ceanglaichean nas fheàrr sunnd coimhearsnachd tro cheangailteachd, sàbhailteachd agus ath-leumachd nas fheàrr.

Tha lìbhrigeadh a' bhun-structair seo gu tric dùbhlach a thaobh loidsistigs. Gus crann ùr a thogail ann an Àird Lusa (Diùra) bha aig an sgioba-togail ri rathaidean cugallach a chleachdadh agus slighe ùr a chruthachadh chun na làraich. A bharrachd air stuthan a chaidh a thoirt a-null à Ìle, chleachd cunnadairean stòrasan ionadail, a' lùghdachadh lorg carboin a' phròiseict agus a' toirt buannachd do dh'eaconamaidh an eilein.

Tha ionad-slàinte an dotair-teaghlach ionadail air siostam fòn didseatach ùr-nodha a chur air dòigh mar thoradh air na leasachaidhean seo, a' fàgail gu bheil conaltradh le euslaintich nas earbsaiche. Gu cudromach, tha an crann a-nis a' toirt seachad siognail aig pad nan heileacoptair a thathar a' cleachdadh airson a bhith a' gluasad euslaintich gu ospadalan air tìr-mòr ann an suidheachaidhean èiginneach-àite far nach robh siognail conaltraidh ann roimhe – a' ciallachadh gun urrainn dhan ionad-slàinte a bhith ann an conaltradh dìreach le ionad-smachd nan ambaileans agus sùil a chumail air gluasadan ann an fìor-àm.



Tha am prògram cuideachd air togail tràth a thoirt do dh'iomairt Shared Rural Networks aig Riaghaltas na RA, a tha ag amas air còmhach fòn-làimh a leudachadh barrachd ann an sgìrean dùthchail agus eileanach. A dh'aindeoin nan leasachaidhean sin, tha feum air leudachadh a bharrachd, agus faodaidh cuideam a bhith air comas-lìbhrigidh a' bhun-structair fòn làimh làithreach air sgàth iarrtas nas motha bho chustamairean – mar eisimpleir, nuair a bhios an àireamh as motha de luchd-tadhail ann.

Bheir sinn air adhart prògram de dheuchainnean gus cur ris an tuigse againn air teicneòlasan ion-obrachail agus modailean coimeirsealta aig a bheil comas cur ri còmhach fòn làimh ann an sgìrean gun sheirbheis no gun seirbheis gu leòr. Bidh seo a' gabhail a-steach deuchainnean a dhèanamh air ceallan beaga a chleachdadh mar dhòigh gus dèiligeadh ri beàrnan còmhdaich.

Ach, chan eil bun-structair leasaichte gu leòr leis fhèin. Gus am bi buannachd aig a h-uile eileanach, feumar tasgadh a dhèanamh ann an litearrachd dhidseatach a bharrachd air ceanglaichean nas fheàrr, a' cuideachadh dhaoine aig nach eil an uiread de mhisneachd ann an teicneòlas gus na sgilean a dh'fheumas iad a thogail. Le bhith a' cur ri misneachd dhidseatach, is urrainn dhuinn cothroman eaconamach ùra a thoirt seachad, ruigsinneachd air seirbheisean poblach a leasachadh, agus aonaranachd shòisealta a lùghdachadh.

Sgaoilidh sinn a-mach trèanadh sgilean didseatach ann an coimhearsnachdan eileanach, a' tòiseachadh le prògram pìleat a tha gu sònraichte ag amas air roinnean an àiteachais agus na croitearachd gus misneachd a thogail ann a bhith a' cleachdadh portal nam pàighidhean dùthchail.



Taigheadas

Taigheadas

Tro na còmhraidhean a thug buaidh air cruthachadh a' Phlana seo, tha taigheadas air prìs ruigsinneach air tighinn am bàrr mar fhear de na prìomhachasan as cudromaiche aig coimhearsnachdan eileanach, gu h-àraidh am measg luchd-còmhnaidh òga¹⁷. Tha seo coltach ri toraidhean Suirbhìdh Eileanan na h-Alba 2023, a thog draghan mu ruigsinneachd, prìsean agus measgachadh thaighean sna h-eileanan. Tha seo cuideachd air aon de na prìomh chuspairean air an tug aithisg Coimisean Còraichean Daonna na h-Alba iomradh san aithisg aca air beatha air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan¹⁸.

Tha solar taigheadais a tha air a dhealbhadh gu math na bhunait airson ar n-amas gus gleidheadh is tàladh sluaigh a bhrosnachadh ann an eileanan na h-Alba.

Bidh Riaghaltas na h-Alba ag obair gu dlùth le ùghdarrasan ionadail gus taic a chumail ris na riatanasan reachdail aca, a' gabhail a-steach a bhith ag ullachadh Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail, agus tha sinn air stiùireadh a dhèanamh a tha a' brosnachadh com-pàirteachadh coimhearsnachd farsaing gus dèanamh cinnteach gum bi na builean as fheàrr ann nuair a thathar a' cruthachadh no a' leasachadh àiteachan.

Tha sinn a' tuigsinn gu h-iomlan a' bhuidh a tha aig cuideam taigheadais air coimhearsnachdan eileanach, agus tha mòran dhiubh sin gu math draghail mun ath-leumachd aca an-dràsta agus san àm ri teachd. Tha an èiginn taigheadais nàiseanta a dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba sa Chèitean 2024 a' sealltainn an dùbhlain, agus a' gabhail a-steach nan duilgheadasan, a tha mu choinneamh tòrr de na h-eileanan againn.

Tha am [Plana Gnìomh Taigheadais Dùthchail is Eileanach](#) againn (2023) ag aithneachadh gu bheil libhrigeadh thaighean ann an eileanan gu tric nas iom-fhillte agus nas cosgaile na tha e ann an ceàrnaidhean eile de dh'Alba agus tha e a' cur cuideam air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig fiù 's beagan thaighean den t-seòrsa cheart, anns na h-àiteachan ceart, thar ghinealaichean ann a

bhith a' cumail taic ri seasmhachd fhad-ùine. 'S e fear de na prìomh amasan ann am [Plana Gnìomh Èiginn an Taigheadais](#) (HEAP, 2025) a bhith a' cumail taic ri libhrigeadh barrachd dachaighean ann an sgìrean dùthchail is eileanach.

Tha am Plana Gnìomh Taigheadais Dùthchail is Eileanach mar bhunait do mhiann Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gun tèid co-dhiù 10% den targaid de 110,000 thaighean air prìs ruigsinneach a libhrigeadh ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach ro 2032. Tha tasgaidhean stèidhichte air àite agus co-obrachadh farsaing le com-pàirtichean eileanach - eadar ùghdarrasan ionadail agus Uachdarain Fearainn Sòisealta Clàraichte agus urrasan leasachaidh. Eadar an Giblean 2016 agus am Màrt 2025, tha sinn air tasgadh ann an libhrigeadh 1,448 thaighean air prìs ruigsinneach air feadh choimhearsnachdan eileanach.

Tha togail thaighean ùra fhathast ro-chudromach, ach ma nithear am feum as fheàrr den stoc taigheadais a th' ann mar-thà, is urrainn pàirt mhòr a bhith aig seo ann a bhith a' dèiligeadh ri cuideam air taigheadas. Tha sinn ag obair le com-pàirtichean gus barrachd thaighean falamh a chur gu feum a-rithist, agus tha sinn air ceumannan a ghabhail gus ùghdarrasan ionadail a chuideachadh gus an cothromachadh ceart fhaighinn eadar dàrna dachaighean, taighean màl geàrr-ùine agus taigheadas maireannach.

Is urrainn tasgaidhean ann an taigheadas buaidhean iomadachaidh mòra a chruthachadh, agus tha dùil gum fàs an t-iarrtas barrachd nuair a bhios na h-eileanan againn a' dràibheadh air adhart leudachadh ann an roinnean eaconamach leithid lùths ath-nuadhachail agus tuathanachas-uisge. Tron eagan seo de Phlana Nàiseanta nan Eilean, togaidh sinn air oidhirpean leantainneach gus piseach a thoirt air ruigsinneachd air taigheadas air prìs ruigsinneach sna h-eileanan, a' cur barrachd spionnadh ri bhith a' cur air adhart nan amasan a tha air an suidheachadh anns a' Phlana Ghnìomh Taigheadais Dùthchail is Eileanach, ann am Plana Gnìomh Èiginn an

Taigheadas

Taigheadais agus sa phlana fhad-ùine againn [Ro-innleachd Taigheadais gu 2040](#). Bheir seo barrachd roghainn do luchd-còmhnaidh a bhith a' fuireach san eilean, agus brosnachaidh e feadhainn eile gluasad dhan eilean aca no tilleadh thuige. Cuidichidh e gnìomhachasan cuideachd le bhith a' tàladh agus a' cumail luchd-obrach, agus a bharrachd air sin, cuidichidh e prìomh luchd-obrach ann a bhith a' lorg taigheadas no àite-fuirich math agus tèarainte.

Prìomh Staitistearachd Taigheadais nan Eilean

59,411 – Àireamh iomlan nan àiteachan-còmhnaidh ann an eileanan na h-Alba, 2% de na h-àiteachan-còmhnaidh air fad ann an Alba¹⁹.

£180,000 – Prìs mheadhanach airson àite-còmhnaidh ann an 2024-25, le prìsean eadar àireamh mheadhanach de £138,000 anns na h-eileanan a-muigh ann an Sealtainn agus £240,000 ann an eileanan ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd²⁰.

+30% – Àrdachadh ann am prìsean meadhanach nan taighean ann an eileanan eadar 2018 agus 2023, an taca ri +23% thairis air an aon ùine ann an tìr-mòr na h-Alba²¹.

1,295 – Taighean air prìs reusanta air an lìbhrigeadh ann an eileanan eadar an Giblean 2016 agus am Màrt 2024 le £146 millean de thaic bho Phrògram Solair Taigheadais air Prìs Reusanta aig Riaghaltas na h-Alba.

17% – Àireamh sa cheud de dhàrna dachaighean ann an Alba a tha suidhichte ann an eileanan.

4,041 – Àireamh iomlan nan taighean falamh.

Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail agus Measaidhean air Feumalachdan is Iarrtas Taigheadais

Feumaidh ùghdarrasan ionadail na h-Alba Ro-innleachd Taigheadais Ionadail ullachadh a h-uile còig bliadhna gus na prìomhachasan agus na planaichean aca airson lìbhrigeadh taigheadais agus seirbheisean co-cheangailte riutha a mhìneachadh. Tha co-chomhairleachadh na phrìomh phàirt den phròiseas seo, agus thathar an dùil gun dèan ùghdarrasan ionadail co-chomhairleachadh farsaing le coimhearsnachdan agus com-pàirtichean gus susbaint agus builean na Ro-innleachd Taigheadais Ionadail aca fhiosrachadh.

Mar sgrìobhainn reachdail, bu chòir an Ro-innleachd Taigheadais Ionadail a dheasachadh a rèir stiùireadh Riaghaltas na h-Alba, a' dèanamh cinnteach gu bheil na feumalachdan sònraichte aig coimhearsnachdan eadar-mheasgte air an riochdachadh gu ceart.

Tha Measadh air Feumalachdan is Iarrtas Taigheadais na phàirt chudromach den phròiseas airson Ro-innleachd Taigheadais Ionadail agus tha a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail le bhith a' cruinneachadh fianais a tha làidir agus buntainneach dhan sgìre – a' gabhail a-steach àite, seòrsa, meud agus seòrsaichean gabhaltais an taigheadas a tha a dhìth gus dèiligeadh ri feumalachdan taigheadais aig an àm seo agus san àm ri teachd. Tha luchd-ùidh eileanach air draghan a thogail nach eil Measaidhean air Feumalachdan is Iarrtas Taigheadais a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach gu leòr gus na riatanasan sònraichte aig àiteachan a ghlacadh.

Tha [stiùireadh](#) Measadh air Feumalachdan is Iarrtas Taigheadais ag aithneachadh gur dòcha gu bheil duilgheadasan ann le dàta mar thoradh air àireamhan-sluaigh nas ìsle. Mar thoradh air seo, tha e a' ceadachadh barrachd sùbailteachd ann a bhith a' cleachdadh fianais a gheibhear gu h-ionadail. Ach, tha draghan fhathast ann mun ìre is gu bheilear a' beachdachadh air feumalachdan

Taigheadas

eileanan fa leth – no àiteachan taobh a-staigh eileanan – tron phròiseas ro-innleachd taigheadais.

Foillsichidh Riaghaltas na h-Alba stiùireadh ùraichte do dh'ùghdarrasan ionadail a thaobh Ro-innleachdan Taigheadais agus Measaidhean air Feumalachdan is Iarrtas Taigheadais.

▶ Tro stiùireadh ùraichte airson ùghdarrasan ionadail air Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail, bheir sinn a-steach riatanasan làidir a thaobh feumalachdan taigheadais sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach. A bharrachd air seo, bidh stiùireadh ùraichte air Measaidhean air Feumalachdan is Iarrtas Taigheadais a' gabhail a-steach fòcas nas treasa air feumalachdan taigheadais ionadail agus mu bhith ag obair ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan ionadail.

A' Lìbhrigeadh Barrachd Dachaighean

'S e Prògram Solair Taigheadais air Prìs Reusanta a' phrìomh dhòigh aig Riaghaltas na h-Alba air taighean air prìs ruigsinneach a lìbhrigeadh. Tha e a rèir ar Ro-innleachd Taigheadais gu 2040 agus tha "na dachaighean ceart anns na h-àiteachan ceart" air aon de na prionnsapalan bunaitich aige. Tha an Prògram Solair Taigheadais air Prìs Reusanta a' gabhail a-steach taighean air màl sòisealta, Màl Meadhan-Mhargaidh agus Seilbh Taighe air Cosgais Ìosal. Tha diofar sheòrsaichean thaighean ann, a' gabhail a-steach a bhith a' togail thaighean ùra, ag ath-sgeadachadh thoglaichean a th' ann mar-thà, a' dèanamh thaighean de thoglaichean nach robh nan taighean roimhe, agus a' ceannach an dà chuid taighean ùra agus taighean a th' ann mar-thà.

Airson a dhol còmhla ri Prògram Solair Taigheadais air Prìs Reusanta nas fharsainghe agus gus taic chuimsichte a thoirt do leasachaidhean beaga ann an sgìrean dùthchail is eileanach, stèidhich sinn Maoin Taigheadais Dhùthchail is Eileanach ann an 2016 a tha air a stiùireadh le iarrtas. Tha buidseat aig a' Mhaoine de suas ri £30 millean aig an àm seo agus tha e fosgailte do bhuidhnean coimhearsnachd, urrasan leasachaidh, sealbhadairean prìobhaideach agus luchd-leasachaidh ion-roghnach. Dh'ainmich Prògram an Riaghaltais 2025-26 gum biodh Maoin Taigheadais Dhùthchail is Eileanach fosgailte gu tagraidhean ùra gus am Màrt 2028. Tron Phlana seo, tha sinn a' daingneachadh ar dealas dhan Mhaoine, ag àrdachadh tasgadh suas gu £37 millean.

Eadar an Giblean 2016 agus am Màrt 2025, thasgaich Riaghaltas na h-Alba còrr is £172.9 millean tron Phrògram Solair Taigheadais air Prìs Reusanta gus 1,448 taigh air prìs ruigsinneach a lìbhrigeadh air feadh sgìrean eileanach. Eadar an Giblean 2016 agus am Màrt 2025, chaidh 97 taigh a thogail fon Mhaoine Taigheadais Dhùthchail is Eileanach. B' e seo 37% de na togalaichean uile a fhuair maoin eachadh tron phrògram sin.

Tha buidhnean coimhearsnachd eileanach agus tagraichean eile a dh'fhaodadh tagradh a dhèanamh dhan Mhaoine Taigheadais Dhùthchail is Eileanach air dùbhlain a chomharrachadh a thaobh chosgaisean ro-leasachaidh – na cosgaisean tòiseachaidh sin a chaidh a chosg gus measadh a dhèanamh air so-dhèantachd làrach no pròiseict mus faighear na ceadan riatanach. An toiseach, thug a' Mhaoine Taigheadais Dhùthchail is Eileanach seachad tabhartas maoin eachaidh le crìoch de £10,000 airson gach pròiseact, agus chaidh a mheudachadh nas fhaide air adhart gu £15,000 airson gach pròiseact ann an 2021. Tron Phlana seo, tha sinn a-nis a' leudachadh na taice seo a bharrachd, suas ri £20,000 gach pròiseact.

Taigheadas

Chaidh £25 millean a bharrachd bhon bhuidseat aig Prògram Solair Taigheadais air Prìs Reusanta a riarachadh dhan Mhaoin Dachaighean Dùthchail air Prìs Ruigsinneach airson Prìomh Luchd-obrach eadar an Giblean 2023 agus am Màrt 2028, a tha ag amas air dèiligeadh ri dùbhlain taigheadais a bheir buaidh air fastadh prìomh luchd-obrach ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach. Bheir a' Mhaoin comas do dh'ùghdarrasan ionadail agus uachdarain sòisealta clàraichte gus togalaichean a cheannach, agus bidh gach ùghdarras a' mìneachadh prìomh luchd-obrach cudromach a rèir phrìomhachasan ionadail. Gu ruige seo, chaidh 41 dachaigh aontachadh tron Mhaoin, agus tha 22 dhiubh sin ann an eileanan. Tha ministearan air sgrìobhadh gu na h-ùghdarrasan ionadail uile a' brosnachadh phròiseactan a bharrachd far a bheil feum comharraichte ann.

► Cuiridh sinn taic ri taighean air prìs reusanta a thoirt seachad air feadh choimhearsnachdan eileanach le bhith ag àrdachadh an tasgaidh a tha ri fhaighinn tron Mhaoin Taigheadais Dùthchail is Eileanach gu £37 millean gu Màrt 2028 agus le bhith ag àrdachadh taic comasachd gu suas ri £20,000 gach pròiseact.

Brosnaichidh sinn coimhearsnachdan gus molaidhean pròiseict a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail agus do dh'Uachdarain Fearainn Sòisealta clàraichte airson Maoin Dachaighean Dùthchail air Prìs Ruigsinneach airson Prìomh Luchd-obrach far a bheil cothroman air an comharrachadh.

Tha gealltanas ann am Plana Gnìomh Èiginn an Taigheadais gus suas ri £4.9 billean a thasgadh ann an taighean air prìs ruigsinneach air feadh na h-Alba eadar an Giblean 2026 agus am Màrt 2030, a' sealltainn gealltanas leantainneach Riaghaltas na h-Alba gus an targaid againn de 110,000 taigh air prìs ruigsinneach a choileanadh ro 2032. Cuidichidh an gealltanas maoineachaidh ioma-bliadhna againn le bhith a' brosnachadh

misneachd san roinn, le bhith a' brosnachadh tasgadh prìobhaideach agus a' toirt taic do lìbhrigidh nas luaithe, a' gabhail a-steach airson gnìomhachasan beaga is meadhanach.

A bharrachd air sin, san t-Sultain 2025 sgrìobh Ministearan na h-Alba gu ùghdarrasan dealbhaidh gus cuideam a chur air cho cudromach 's a tha co-rèireachd anns an t-siostam dealbhaidh airson luchd-togail thaighean a tha nan gnìomhachasan beaga is meadhanach. San àm ri teachd, nì sinn co-chomhairle mu cheumnan gus togail làraichean taigheadais a luathachadh, ag iarraidh bheachdan air ceumnan fiosgail is reachdail gus àireamh nan taighean a lìbhrigear a mheudachadh agus gus taic a thoirt do ghnìomhachasan beaga is meadhanach.

Tro Phrògram an Riaghaltais 2025-26, gheall sinn gun cuir sinn an gnìomh [molaidhean Buidheann-obrach Tasgaidh an Taigheadais](#) gus misneachd luchd-tasgaidh a neartachadh agus gus com-pàirteachasan measgaichte ùra a bhrosnachadh gus taic a chumail ri pròiseactan taigheadais air prìs reusanta. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair le Banca Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba gus calpa prìobhaideach a thàladh airson leasachaidhean taigheadais, le Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh rannsachadh margaidh gus an t-iarrtas airson taic le cosgaisean bun-structair a thomhas. Tha sinn cuideachd air gealltainn gun toir sinn saoradh do thogalaichean Togail airson Màl agus toglaichean Màl Meadhan-mhargaidh bho riaghailtean Smachd Màil, agus sinn aig an aon àm a' toirt cinnt maoineachaidh do dh'ùghdarrasan ionadail agus do dh'Uachdarain Fearainn Shòisealta Clàraichte thar grunn bhliadhnaichean.

Taigheadas

▶ Le ùmhlachd do chead phàrlamaideach, saoraidh sinn a h-uile leasachadh eileanach bhon Chìs Sàbhailteachd Thogalaichean Albannach a thathar a' moladh.

Obraichidh sinn gus uimhir a' mhaoineachaidh phrìobhaidich a mheudachadh gus an urrainnear lìbhrigeadh thaigheadas eileanach a chur an comas, a' toirt taic do luchd-togail thaighean a tha nan gnìomhachasan beaga is meadhanach. Bidh seo a' gabhail a-steach com-pàirteachasan dlùth le luchd-leasachaidh, buidhnean poblach agus Banca Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Obraichidh sinn le com-pàirtichean, a' gabhail a-steach Banca Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, gus loidhne-phìoba de chothroman tasgaidh a chruthachadh a bheir taic do lìbhrigeadh barrachd dhachaighean sna h-eileanan agus gus comas-lìbhrigidh a thogail. Bidh seo a' gabhail a-steach beachdachadh air an ròl aig structaran lìbhrigidh ioma-làraich.



Sgrùdadh Cùise – Com-pàirteachas Eday, Arcaibh

▶ Fhuair Com-pàirteachas Eday ochd acairean de thalamh air a bheil grunn thogalaichean, nam measg dà thaigh fhalamh, leis an amas taigheadas màil air prìs ruigsinneach a thoirt seachad. Air sgàth droch staid nan taighean agus cosgaisean ath-nuadhachaidh àrda, cho-dhùin am Bòrd gun robh iad airson na taighean a leagail agus dà bhungalo ùr-nodha, èifeachdach a thaobh lùths, a thogail a chaidh a dhealbhadh gus a bhith freagarrach dhan àrainneachd agus gus feum a dhèanamh de na seallaidhean. Chaidh £320,000 a thoirt do Chom-pàirteachas Eday tron Mhaoin Taigheadais Dhùthchail is Eileanach aig Riaghaltas na h-Alba as t-samhradh 2023. Bha taic ionmhais bho Chomhairle Arcaibh, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus iasad agus goireasan aig a' Chom-pàirteachas fhèin cuideachd sa phasgan maoineachaidh. Chaidh na taighean ùra a chrìochnachadh sa Chèitean 2025.

Ann am pròiseact eile, le taic bho Mhaoin Fearainn na h-Alba, fhuair Com-pàirteachas Eday taigh le dà sheòmair-cadail aig a bheil togalaichean a-muigh agus fearann. Tha ùrachadh iomlan a' dol air adhart gus taigh le trì seòmraichean-cadail a chruthachadh, le taic a bharrachd bhon Mhaoin Taigheadais Dhùthchail is Eileanach. Thathar an dùil gum bi e deiseil ron earrach 2026, leis an togalach cuideachd ri fhaighinn air màl fad-ùine air prìs reusanta.



Taigheadas

Dàrna Dachaighean, Taighean Falamh agus Taighean air Mhàl airson Ùine Ghoirid

Ged a tha eileanan a' dèanamh suas 2% de thaighean-còmhnaidh uile na h-Alba, tha 17% de dhàrna dachaighean na dùthcha sna h-eileanan²². Tha anailis aig ìre sòn dàta a' sealltainn gu bheil an àireamh sa chiad de dhàrna dachaighean gu math diofraichte eadar eileanan, bho nas lugha na 4% ann am mòran de thìr-mòr Shealtainn gu ìrean nas àirde de 20% ann an Colla, Tiriodh, Colbhasa, Diùra agus pàirtean de Bhòd²³.

Ma tha dùmhlachd mhòr de dhàrna dachaighean ann, lùghdaichidh seo ruigsinneachd air taigheadas maireannach agus cuiridh e prìsean am meud, ga dhèanamh nas duilghe – gu h-àraidh do dhaoine òga no dhaibhsan aig a bheil buidseat cuibhrichte – na dachaighean a dh'fheumas iad fhaighinn. Ach, tha sinn air cluinntinn cuideachd gum faodadh dàrna dachaighean agus taighean air màl geàrr-ùine a bhith cudromach dhan eaconamaidh ionadail agus gu sònraichte do roinn na h-aogheachd.

Ged a tha grunn adhbharan, gu tric adhbharan iom-fhillte, ann airson dachaighean a bhith falamh, tha dachaighean falamh gu tric a' cur ri cuideam air taigheadas agus a' lùghdachadh ruigsinneachd thaighean. Tha an àireamh sa chiad de thaighean falamh fad-ùine anns na h-eileanan nas àirde na cuibheasachd na h-Alba sa chumantas, leis an ìre as àirde de 8% anns na h-eileanan a-muigh ann an Sealtainn²⁴.



Tha sinn air innealan agus cumhachdan a bharrachd a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail gus am feum as èifeachdaiche a dhèanamh den stoc taigheadais làithreach agus gus cothromachadh fhaighinn a tha a rèir feumalachdan agus miannan coimhearsnachdan. Tha seo a' gabhail a-steach cumhachdan roghainneil do dh'ùghdarrasan ionadail gus àrdachaidhean a bharrachd a chur ri cìs na comhairle air dàrna dachaighean agus an comas raointean smachd màil geàrr-ùine a shònrachadh. Tro Achd an Taigheadais (Alba) 2025, tha sinn air ar gealltanais ann am Prògram Riaghlaidh 2025-26 a choileanadh gus a' chrìoch a thoirt air falbh air cìs comhairle a bharrachd air dàrna dachaighean agus taighean a tha falamh fad-ùine, a' fàgail gu bheil cumhachd aig ùghdarrasan ionadail ìre àbhaisteach na cìs comhairle a dhùblachadh orra.

Aig ìre nàiseanta, tha sinn air ìre Fhor-chosgais air Àite-còmhnaidh a Bharrachd a chur an àirde bho 6% gu 8%, a' cuideachadh daoine a tha a' ceannach no ag imrich airson a' chiad turas gus farpais le luchd-ceannach dàrna dachaighean agus daoine a tha a' ceannach thaighean airson cur a-mach air mhàl.

Tha an tasgadh againn de £3.7 millean ann an Com-pàirteachas Dachaighean Falamh na h-Alba air faisg air 13,000 taigh a chur gu feum a-rithist mar thaighean sàbhailte is tèarainte bho 2010. A' togail air an t-soirbheachas seo, tha sinn a' tasgadh na h-ìre as àirde riamh, £2 millean, tron Chom-pàirteachas gus ùghdarrasan ionadail a chuideachadh gus àireamh nan taighean a tha falamh fad-ùine agus a tha fo shealbh prìobhaideach a lùghdachadh.

Taigheadas

► Bidh sinn ag obair le ùghdarrasan ionadail eileanach gus sùil a chumail air mar a thèid riaghailtean màil geàrr-ùine a chur an gnìomh agus gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air iomairtean gus an àireamh de thaighean falamh a lùghdachadh, a' comharrachadh chothroman gus deagh chleachdadh a choinn.

Bheir sinn seachad maoinachadh co-ionnan tro Chom-pàirteachas Dachaighean Falamh na h-Alba gus taic a thoirt do dhreuchdan Oifigear Dachaighean Falamh taobh a-staigh Comhairle Arcaibh agus Comhairle na Gàidhealtachd. Coimheadaidh sinn air cothroman den aon seòrsa ris le ùghdarrasan ionadail eileanach eile.

Bheir sinn seachad maoinachadh a bharrachd gus an lean pròiseactan Dhachaighean Falamh agus Taigheadas Prìomh Luchd-obrach Earra-Ghàidheal is Bhòid mar phàirt de phasgan ionmhais airson iomairtean ionadail a tha ag amas air taighean falamh a chur gu feum a-rithist.

Le ùmhlachd do chead pàrlamaideach, bheir sin air falbh a' chrìoch de dh'àrdachadh 100% air ìre na cìs comhairle a ghabhas cur air dàrna taighean agus taighean a tha falamh san fhad-ùine.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd ag obair le luchd-iasaid agus le buidhnean taigheadais dùthchail gus brosnachadh gun tèid uallaichean taigheadais dùthchail (rural housing burdens a chleachdadh nas trice agus nas cunbhalaiche gus togalaichean a chumail taobh a-staigh choimhearsnachdan ionadail tro chòir a bhith ann dhaibh ceannach an toiseach mus tèid na toglaichean a chur air a' mhargaidh fhosgailte.

Dealbhadh agus Talamh

Tha sinn a' tuigsinn nan dùbhlain a tha mu choinneamh ùghdarrasan dealbhaidh a thaobh stòrasan agus tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha coileanadh làidir ann am pròiseasan dealbhaidh reachdail gus dèiligeadh ris an èiginn taigheadais agus gus cothroman eaconamach nas fharsainghe a chur an comas. Gus cuideachadh le seo, tha Ministearan na h-Alba air Ionad Planaidh Nàiseanta a stèidheachadh a tha an urra ri comas-libhrigidh a bharrachd a thoirt seachad far a bheil seo a dhìth agus gus ùghdarrasan a chuideachadh gus co-dhùnaidhean planaidh a libhrigeadh nas èifeachdaiche.

Tha obair a' dol air adhart leis na h-ùghdarrasan ionadail eileanach uile gus tuigsinn de seòrsa taic a dh'fheumas iad, leis an amas an comas-libhrigidh a neartachadh agus cothroman leasachaidh a thoirt gu buil a tha a rèir feumalachdan ionadail. Mar eisimpleir, tha sinn air maoinachadh a riarachadh airson measadh cunnart a thaobh tuitlean agus airson cruinneachadh dàta gus taic a chumail ri tasgadh agus leasachadh taigheadais ann an Kirkwall.

Tha am Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta 4 (NPF4) a' toirt taic shoilleir is làidir ri bhith a' libhrigeadh barrachd thaighean matha, seasmhach agus air prìs reusanta ann an sgìrean dùthchail agus eileanach.

► Ann an co-chomhairle le ùghdarrasan dealbhaidh agus luchd-dearbhadh bun-inbhean togail, nì sinn sgrùdadh air a bhith a' cruthachadh theamplaidean airson taighean eileanach a bhios a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach.

Ag obair còmhla ri com-pàirtichean, a' gabhail a-steach buidhnean poblach, luchd-seilbh fearainn agus Banca Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, coimheadaidh sinn air cothroman gus fearann a thoirt seachad airson a bhith a' libhrigeadh barrachd thaighean ann an eileanan.



Slàinte is Cùram Sòisealta

Slàinte is Cùram Sòisealta

San fharsaingeachd, tha ìrean àrda de shàsachadh beatha aig eileanaich²⁵ agus bidh deagh thoraidhean slàinte aca, leis an dùil-beatha fhallain as àirde ann an Alba aig Arcaibh ann an 2021-2023²⁶.

Ach chan eil an aon dealbh fàbharach seo ri fhaicinn sa h-uile coimhearsnachd eileanach againn. Tha dàta bho Chunntas-sluaigh 2022 a' sealltainn gu bheil tinneas fad-ùine air aon an às gach ceathrar de luchd-còmhnaidh nan eilean, gu bheil timcheall air aon an às gach deichnear ag aithris gu bheil ciorram corporra orra, agus gu bheil tinneas slàinte-inntinn air an aon seòrsa àireamh. Tha na figearan seo a' sealltainn cho cudromach 's a tha e siostam sùbailte is so-fhreagarrach a thogail a tha a' toirt feart air suidheachaidhean sònraichte ar n-eileanan.

Tha riarachadh le ruigsinneachd air seirbheisean slàinte aig ìre chuimseach àrd sna h-eileanan. Tha mòr-chuid mhòr de dh'eileanaich ag aontachadh gum faigh iad cothrom air dotairean-teaghlaich, fiacairean agus bùithtean-cungaidheir gu furasta²⁷. Ach, tha eadar-dhealachaidhean follaiseach ann – mar eisimpleir, eadar Tìr-mòr agus na h-eileanan a-muigh taobh a-staigh an dà chuid Arcaibh agus Sealtainn. A bharrachd air sin, tha coimhearsnachdan air draghan a nochdadh mu na h-ìrean de thaic ann an eileanan do sheann daoine, a' gabhail a-steach cùram dachaigh agus dachaighean-cùraim.

Tha dùbhlain leantainneach agus dearbhte - a' gabhail a-steach gainneadan san fheachd-obrach, sluagh a tha a' fàs nas sìne, agus cuingealachaidhean bun-structair – fhathast a' toirt buaidh air lìbhrigeadh cothromach nan seirbheisean. Mar a tha air a mhìneachadh ann an [Frèam Slàinte Sluaigh na h-Alba](#) (2025), tha ro-chasg fhathast ro-chudromach gus piseach a thoirt air builean slàinte agus airson iarrtas a lùghdachadh san àm ri teachd. Gus builean nas fheàrr a choileanadh, feumar cuideachd aghaidh a thoirt air factaran nas fharsainge a bheir buaidh air slàinte leithid taigheadas, cosnadh, foghlam agus an àrainneachd – cuspairean uile air a bheillear a' coimhead sa Phlana seo.

Plana Nàiseanta nan Eilean

Tha eileanaich air a ràdh uair is uair gu bheil feum air seirbheisean a tha freagairteach gu h-ionadail, a ghabhas cleachdadh gu didseatach, agus air an dealbhadh gus siubhal a lùghdachadh. Chaidh na prìomhachasan a chur an sàs ann am planadh poileasaidh air feadh an riaghaltais, ann am Bùird agus com-pàirteachasan, agus tha iad a-nis air an leabachadh sa Phlana Nàiseanta seo airson nan Eilean.

Tha gach gealladh air a dhealbhadh gus leasachaidhean practaigeach a lìbhrigeadh agus cuideachd a bhith a' toirt taic do chruth-atharrachadh san fhad-ùine. Còmhla, tha na gnìomhan anns a' chaibideil seo ag amas air neo-ionannachdan a lùghdachadh, modailean lìbhrigidh ionadail a neartachadh, agus air dèanamh cinnteach gum faigh coimhearsnachdan eileanach cothrom air seirbheisean de dh'àrd-inbhe ge b' e far a bheil iad a' fuireach, agus ge b' e dè na feumalachdan a th' aca.

Cothrom air Seirbheisean agus Leasachadh Obrachail

Ann an coimhearsnachdan eileanach, tha cùram slàinte mu cheangailteachd a bharrachd air seirbheisean meidigeach. Eadar leasachaidhean cuimsichte ann an còmhdaidh co-cheangailte ri slàinte agus innealan didseatach ùr-ghnàthach, tha sinn ag obair gus na cnapan-starra practaigeach a thoirt air falbh eadar eileanaich agus cùram ann an deagh àm.

Tha am [Plana Leasachaidh Obrachaidh](#) (2025) a' cur air adhart sreath de gnìomhan practaigeach, stèidhichte air àite gus piseach a thoirt air ruigsinneachd air cùram-slàinte is sòisealta. Ged a tha am Plana Leasachaidh Obrachaidh an sàs aig a h-uile Bòrd Slàinte aig an NHS, tha grunn de na gealltanasan ann gu sònraichte buntainneach do choimhearsnachdan eileanach, far a bheil dùbhlain chruinn-eòlasach agus luchd-obrach nas motha. Tha fòcas aig na gnìomhan seo air a bhith a' toirt piseach air ruigsinneachd air seirbheisean ionadail, a bhith a' lùghdachadh siubhal, agus a bhith a' toirt taic do dh'ùr-ghnàthachadh didseatach, le cuideam sònraichte air a bhith a' leasachadh cùram do

Slàinte is Cùram Sòisealta

dh'ìnbhich nas sine agus dhaibhsan le tinneasan iom-fhillte no fad-ùine.

Tha e na rùn dhuinn taic a chumail ri cruthachadh mhodailean cùraim bhiortail a chaidh a dhealbhadh le, agus do, choimhearsnachdan eileanach. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh co-chomhairlean bhidio Near Me barrachd, diagnosaigs san àite cùraim, agus teicneòlasan sgrùdaidh iomallach gus cùram sàbhailte, èifeachdach a chur an comas aig an taigh no faisg air an taigh.

Chan eil sinn a' moladh dìreach a bhith a' dèanamh atharrachaidhean beaga air seirbheisean den t-seòrsa a gheibhear air tìr-mòr ach a bhith a' dèanamh ath-dhealbhadh bunaiteach air mar a gheibhear cothrom air cùram agus mar a thèid a lìbhrigeadh ann an suidheachaidhean eileanach. Le bhith a' tasgadh ann am bun-structair didseatach, comas-lìbhrigidh feachd-obrach agus slighean amalaichte, cumaidh sinn taic ri siostam cùraim bhiortail a tha a rèir feumalachdan nan eileanach, ge b' e far a bheil iad suidhichte.



Tràth ann an 2026, bheir sinn maoinachadh do HITRANS gus Plana Gnìomha Slàinte is Còmhdhail a chruthachadh airson na Gàidhealtachd agus nan Eileanan, a' gabhail a-steach measadh air iarrrtas agus conaltradh structarail eadar solaraichean còmhdhail agus bùird slàinte.

Obraichidh sinn còmhla ri Bùird Slàinte NHS ann an sgìrean eileanach gus co-òrdanaiche siubhail a chomharrachadh fon Phlana Gnìomha Slàinte is Còmhdhail ùr, a' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan ionadail gan coileanadh agus gan co-òrdanachadh eadar na siostaman slàinte is siubhail.

Cumaidh sinn taic ri leudachadh seirbheisean Ospadal aig an Dachaigh ann an coimhearsnachdan eileanach tro leasachadh sgilean do luchd-obrach, deuchainnean san àite cùraim agus sgrùdadh air astar. Lùghdaichidh seo am feum air siubhal, cumaidh e suas eaconamaidhean ionadail, bheir e taic do shluagh a tha a' fàs nas sine, agus cuiridh e ri ruigsinneachd air cùram èiginneach agus neo-sgeidealichte.

Nì sinn cinnteach gum faigh coimhearsnachdan eileanach buannachd bho òrdughan-leighis didseatach. Cuiridh seo ri sàbhailteachd, ruigsinneachd agus riaghladh cungaidhean-leigheis do sheann daoine agus dhaibhsan le iomadh tinneas, a' cumail taic ri leantainneachd cùraim agus a' lùghdachadh eisimeileachd air siubhal fiosaigeach airson òrdughan-leigheis ath-aithriseach.

Nì sinn cinnteach gum bi fòcas sònraichte aig a' phlana gnìomh a tha an cois an Fhrèam-obrach airson Suidheachaidhean Slàinte Fad-ùine air ruigsinneachd co-ionann air cùram agus taic do choimhearsnachdan eileanach.

Eileanan ann am Frèam-obrach Ùrachaidh nan Seirbheisean

Tha [Frèam-obrach Ùrachaidh nan Seirbheisean](#) (2005) a' suidheachadh stiùireadh nàiseanta airson a bhith a' toirt cruth-atharrachadh air seirbheisean slàinte is cùram sòisealta, le fòcas air cur ri seasmhachd, lùghdachadh neo-ionannachdan slàinte, agus air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine aig cridhe a' chùraim aca.

Tha ro-chasg gu sònraichte cudromach ann an eileanan, far a bheil ruigsinneachd air seirbheisean gu tric nas cuingealaichte agus far a bheil buaidh nas motha aig droch shlàinte a ghabhadh a sheachnadh. Tha sinn a' leabachadh dhòighean-obrach ro-chasgach anns a h-uile taobh de phlanadh is lìbhrigeadh, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do dh'iomairtean sunnd a tha air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd, a' cur ri ruigsinneachd air prògraman sgrìonaidh, agus a' neartachadh cheanglaichean eadar seirbheisean slàinte agus stòrasan ionadail a bhrosnaicheas sunnd corporra, inntinn agus sòisealta.

A bharrachd air sin, tha Frèam-obrach Ùrachaidh nan Seirbheisean a' toirt seachad frèam-obrach airson conaltradh agus riaghladh sònraichte, a' gabhail a-steach taic do dheasbadaid mu Mhodailean Ùghdarrais Shingilte agus cur an gnìomh dòigh-obrach Ga Fhaighinn Ceart airson a h-Uile Duine ann an Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta eileanach.

Tha na gealltanasan a tha air an cur an cèill san earrainn seo nan cothroman gus prìomhachasan ùrachaidh atharrachadh agus an cur an sàs ann an dòighean a fhreagras air co-theacsan eileanach. Còmhla, tha na gnìomhan seo ag amas air lìbhrigeadh ionadail a neartachadh, taic a thoirt do dh'ùr-ghnàthachadh, agus dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan eileanach a' cumadh cruth-atharrachadh sheirbheisean slàinte is cùram sòisealta gu gnìomhach ann an dòighean a tha a rèir am feumalachdan agus am miannan.

Obraichidh sinn le Bùird Slàinte eileanach agus an com-pàirtichean gus prìomh sheirbheisean agus modailean lìbhrigidh aontachadh a nì cinnteach gum bi cothrom co-ionann aig muinntir nan eilean. Tha seo a' gabhail a-steach cùram a bhith air a lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan seach siubhal far an eilein a bhith a dhìth.

Nì sinn deuchainn air teicneòlasan diagnosachd ann an co-dhiù dà choimhearsnachd eileanach ro dheireadh 2026, a' cumail taic ri diagnosan a rinneadh na bu thràithe agus a' lùghdachadh an fheum air siubhal.

Mar a bhios sinn a' cruthachadh Mapa Slighe a' Bhun-chùraim ann an 2026, beachdaichidh sinn air ion-dhèantachd culaidhean-brosnachaidh sònraichte do luchd-obrach airson nan eilean.

Tràth ann an 2026, cuiridh sinn taic ri cur an gnìomh dòigh-obrach Ga Fhaighinn Ceart airson a h-Uile Duine ann an Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta eileanach, a' cuideachadh luchd-obrach le trèanadh agus gabhail ris.

A' dèiligeadh ri dàlaichean ann a bhith a' leigeil dhaoine ma sgaoil às an ospadal

Tha e na prìomhachas ann an siostam cùraim slàinte is cùram sòisealta na h-Alba a bhith a' lùghdachadh dàil ann an euslaintich a bhith air an leigeil mu sgaoil às an ospadal. Tha dòigh-obrach againn Dachaigh an Toiseach, a chaidh a chur air bhog san t-Sultain 2025 tron iomairt No Place Like Home, a' toirt prìomhachas do dh'euslaintich a bhith air an leigeil a-mach às an ospadal no gu suidheachadh dachaigheil cho luath 's a ghabhas sin dèanamh gu clionaigeach. Thathar a' cumail taic ri a gnìomhachadh tro thabhartas de £100 millean.

Slàinte is Cùram Sòisealta

Ged a tha na h-adhbharan bunaiteach airson seo eadar-dhealaichte a rèir sgìre, bidh coimhearsnachdan eileanach gu tric a' fulang bho chuideaman a bharrachd air sgàth gainnead luchd-obrach, roghainnean cùraim ceum-sìos (“step down”) cuibhrichte, agus cuingealachaidhean taigheadais. Mar thoradh air na factaran seo, dh'fhaodte gum bi e nas duilghe daoine a leigeil a-mach às an ospadal ann an deagh àm agus gu sruth èifeachdach a chumail suas thar sheirbheisean slàinte is cùram sòisealta.

► Obraichidh sinn le com-pàirtichean foghlaim is luchd-obrach gus trèanadh didseatach “Cosnaich fhad 's a bhios tu ag ionnsachadh” (EAYL) a phileatadh airson Proifeiseantaich Slàinte Co-cheangailte (AHP) ann an coimhearsnachdan eileanach. Cuidichidh seo le bhith a' cruthachadh loidhne-phìoba sheasmhach de Phroifeiseantaich Slàinte Co-cheangailte agus lùghdaichidh e eisimeileachd air luchd-obrach companaidh.

Fiaclaireachd

Tha muinntir nan eilean fhathast riarachtaichte san fharsaingeachd leis a' chothrom a th' aca air seirbheisean fiaclaireachd. Ach, tha draghan ann fhathast ann an sgìrean leithid eileanan Earra-Ghàidheal, na h-Eileanan Siar, agus na h-eileanan a-muigh ann an Arcaibh agus Sealtainn²⁸. Anns na coimhearsnachdan sin, dh'fhaodadh turas àbhaisteach dhan fhiaclair a bhith a' gabhail a-steach turas aiseig, turas fada air an rathad, no fiù 's a bhith a' cur seachad oidhche air falbh bhon dachaigh – a' cur ri cosgais, ùine agus streas an neach.

Tha an gainnead nàiseanta de dh'fhiaclairean NHS as miosa ann an sgìrean dùthchail agus eileanach, far a bheil fastadh agus gleidheadh fhiaclairean fhathast dùbhlach. Tha am Prògram Riaghlaidh againn airson 2025-26 a' gealltainn gun gabhar gnìomhan cuimsichte gus luchd-obrach fiaclaireachd an NHS a neartachadh, le tasgadh de £3 millean. Tha seo a' gabhail

a-steach àrdachadh de 7% ann an àiteachan airson oileanaich fiaclaireachd gus loidhne-phìoba de dh'fhiaclairean san àm ri teachd a dhèanamh tèarainte, agus a bhith ag obair le Bùird Slàinte NHS gus brosnachaidhean ionmhais ùraichte a chur ri chèile a tha a rèir suidheachaidhean beatha eileanach - eadar cosgaisean siubhail is taigheadais agus aonaranachd phroifeasanta.

► Tro 2026 air fad, cumaidh sinn sùil air buaidh brosnachaidhean ùraichte air ìre-cleachdaidh seirbheisean fiaclaireachd an NHS ann an coimhearsnachdan eileanach, le fòcas sònraichte air cur ri ruigsinneachd air seirbheisean fiaclaireachd coitcheann (fiaclaireachd na h-àrd-sràide). A bharrachd air seo, coimheadaidh sinn air modailean cùraim eile agus brosnachaidhean luchd-obrach gus taic a bharrachd a thoirt do dhreuchd anns an t-Seirbheis Fiaclaireachd Phoblaich ann an sgìrean eileanach, gu h-àraidh do dh'euslaintich le feumalachdan iom-fhillte.

Tràth ann an 2026, cuiridh sinn buidheann comhairleachaidh air dòigh – a' gabhail a-steach riochdairean bhon choimhearsnachd – gus coimhead air modailean eile airson a bhith a' toirt seachad seirbheisean fiaclaireachd ann an sgìrean eileanach. Beachdaichidh a' bhuidheann air roghainnean a bharrachd air modailean traidiseanta na h-àrd-sràide agus Seirbheis Fiaclaireachd Phoblach, a' gabhail a-steach structaran seilbhe eile gus taic a chumail ri seasmhachd ionmhasail.

Slàinte-inntinn

Tha spiorad coimhearsnachd làidir agus lìonraidhean dlùtha ann an eileanan na h-Alba. Ach, faodaidh dùbhlain eile a bhith mu choinneamh nan coimhearsnachdan dlùth sin leithid aonaranachd, stiogma agus ruigsinneachd cuibhrichte air seirbheisean speisealach. Tha dàta bho Chunntas-sluaigh 2022 a' sealltainn gu

Slàinte is Cùram Sòisealta

bheil suidheachadh slàinte-inntinn air faisg air aonan às gach deichnear sna h-eileanan, le ìrean a tha os cionn na cuibheasachd nàiseanta clàraichte ann an Arcaibh agus Sealtainn. Tha an sgòr sunnd inntinn beagan nas ìsle anns na h-eileanan na tha e ann an Alba gu lèir, gu sònraichte am measg daoine nas òige²⁹.

Tha e na rùn dhuinn a bhith a' toirt piseach air slàinte-inntinn air feadh nan coimhearsnachdan eileanach, le fòcas nas treasa air ro-chasg agus eadar-theachd tràth mus ruig daoine ìre èiginn. Tha sinn a' cur cuideam air an dòigh-obrach seo san [Ro-innleachd is Plana Lìbhrigidh Slàinte-inntinn is Sunnd](#) againn (2023), a tha ag aithneachadh gum feum siostam slàinte-inntinn fìor èifeachdach dèiligeadh ri feumalachdan aig gach ìre, bho bhith a' toirt piseach air sunnd inntinn agus a' neartachadh taic ann an coimhearsnachdan, gu bhith a' dèiligeadh ri stiogma slàinte-inntinn agus a' dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean speisealach rim faighinn nuair a bhios feum orra.

Bho 2020, tha tasgadh de £160 millean air taic stèidhichte sa choimhearsnachd a thoirt seachad do chloinn, do dhaoine òga agus do dh'ìnbhich air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach còrr is 970 pròiseact a tha ag amas air ìnbhich ann an sgìrean dùthchail agus eileanach. San àm ri teachd, thèid £15 millean a riarachadh gach bliadhna do dh'ùghdarrasan ionadail gus taic a thoirt do sheirbheisean do chloinn is do dhaoine òga, le £15 millean a bharrachd ri fhaighinn ann an 2026-27 airson pròiseactan a tha ag amas air ìnbhich. Gheibh ùghdarrasan eileanach an t-sùbailteachd a tha a dhìth orra gus taic a dhealbhadh agus a lìbhrigeadh a tha gu sònraichte freagarrach do dh'fheumalachdan sònraichte an coimhearsnachdan.

Bho 2021, tha sinn cuideachd air £500,000 a thoirt do Samaritans na h-Alba gus obair dian a dhèanamh gus casg a chur air daoine bho bhith a' cur làmh nam beatha fhèin air a' Ghàidhealtachd an Iar agus san Eilean Sgitheanach – sgìrean le ìrean fèin-mharbhadh nas àirde – a' gabhail a-steach trèanadh coimhearsnachd agus taic do dhaoine a tha ag obair leotha fhèin. Tha sinn cuideachd a' leantainn oirnn a' co-obrachadh gu dlùth leis an Fhòram Nàiseanta airson Slàinte-inntinn Dhùthchail is Eileanach, a tha a' toirt còmhla eòlas beatha agus eòlas ionadail gus cnapan-starra a chomharrachadh agus gu cleachdadh ùr-ghnàthach a cho-roinn.

Tro Lìonra Cùram Èiginneach Slàinte-inntinn Riaghaltas na h-Alba, tha sinn air Ath-sgrùdadh Nàiseanta air Planaichean Cùram-inntinn Èiginneach a chrìochnachadh a choimhead air cùisean a tha a' toirt buaidh air lìbhrigeadh cùram is leigheas inntinn èiginneach ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach. Tha stiùireadh Planaichean Cùram-èiginn Inntinn nàiseanta ga dheasachadh gus piseach a thoirt air cunbhalachd agus cuideachd a' toirt feart air an fheum air sùbailteachd ionadail. Togaidh an obair seo air an adhartas a rinneadh mar-thà le bhith a' cur an gnìomh Slighe Leasaichte airson Slàinte-inntinn, a choisinn duaisean, a leigeas le ionadan-fòn Poileas Alba agus Seirbheis Ambaileans na h-Alba gairmean co-cheangailte ri slàinte-inntinn a chur air adhart gu Ionad Slàinte-inntinn 111 agus chun a' Phrògram Eadar-theachd Èiginnich Ghoirid. Tha seo a' toirt taic thròcaireach aig an àm cheart do dhaoine ann an èiginn a tha a' conaltradh le seirbheisean loidhne-aghaidh anns a h-uile ceàrnaidh de dh'Alba.

Slàinte is Cùram Sòisealta

Cruthaichidh sinn goireasan ùra airson sunnd inntinn a tha freagarrach do choimhearsnachdan eileanach agus bidh iad rim faighinn air làrach-lìn Mind-to-Mind. Bidh seo a' gabhail a-steach stuthan a tha buntainneach gu cultarail, leithid goireasan a bharrachd ann an Gàidhlig, gus taic a thoirt do ruigsinneachd agus com-pàirteachadh in-ghabhalach.

Bheir sinn seachad trèanadh slàinte-inntinn ann an com-pàirteachas le daoine òga ann an coimhearsnachdan eileanach, leis an amas lìonra de churaidhean slàinte-inntinn a chruthachadh. Cuidichidh an iomairt seo le bhith a' lùghdachadh stiogma, a' cur ri taic co-leithid, agus a' cur ri seasmhachd coimhearsnachd.

Gnìomhan eadar riaghaltasan

Tha feum air obair cho-òrdanaichte thar raointean riaghaltais gus cùram slàinte is sòisealta seasmhach a lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan eileanach. Tha na gealltanasan san earrainn seo a rèir an n-àrd-amas gus tasgadh ann am bun-structair, leasachadh luchd-obrach, agus gus planadh eaconamach a cho-thaobhadh ri feumalachdan slàinte is cùraim ann an dòighean a bheir luach a bharrachd do shluagh nan eilean.

Na bu tràithe sa chaibideil seo, tha sinn a' gealltainn Plana Gnìomha Slàinte is Còmhhdail a chruthachadh gus co-òrdanachadh agus amalachadh sheirbheisean còmhhdail is slàinte a thoirt air adhart. Feumar beachdachadh air còmhhdail mar phrìomh chomasaiche airson ruigsinneachd cho-ionan air cùram, gu sònraichte ann an co-theacsa ioma-eileanach airson co-dhùnidhean air planadh is tasgadh - co-dhiù tha seo ann an taigheadas, cumhachd ath-nuadhachail no feachd-obrach.

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur stòrasan nach eilear a' cleachdadh tuilleadh, leithid dachaighean-cùraim gu feum ùr, airson lìbhrigeadh sheirbheisean no a bhith nan àiteachan-fuirich do luchd-obrach. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach a bhith a' maoineachadh slighean ionnsachaidh


airson inbhich aig aois obrach. Tha na gnìomhan seo ann gus taic a chumail ri ath-leumachd fad-ùine, comas-lìbhrigidh ionadail a neartachadh, agus modailean seirbheis nas amalaichte a chur an comas.

Thathar gu tric a' toirt iomradh air taigheadas agus cùram-chloinne mar chnapan-starra a thaobh fastadh agus gleidheadh luchd-obrach ann an sgìrean eileanach. Dh'fhaodte nach bi e comasach do luchd-obrach slàinte is cùram sòisealta gabhail ri tairgsean obrach air sgàth dìth taigheadais air prìs reusanta no ruigsinneachd air cùram-chloinne earbsach.

Gus na gealltanasan seo a lìbhrigeadh is a leasachadh barrachd, bidh feum air co-obrachadh dlùth air feadh an riaghaltais, agus conaltradh leantainneach le Bùird Slàinte eileanach, ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh coimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir prìomhachasan ionadail agus gus dèanamh cinnteach gu bheil na fuasglaidhean a chaidh a chomharrachadh so-ruigsinneach agus èifeachdach.

Thar beatha a' Phlana seo, comharraichidh sinn cothroman far an toireadh tasgadh ùr ann am bun-structair – mar eisimpleir, ann an lùths ath-nuadhachail agus taigheadas – luach a bharrachd do shlàinte agus cùram sòisealta. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh sgrùdadh air a bhith ag ath-chleachdadh thoglaichean nach eilear a' cleachdadh mar àite-còmhnaidh do luchd-obrach no airson a bhith a' toirt seachad sheirbheisean.

Obraichidh sinn thar roinnean riaghaltais gus piseach a thoirt air ruigsinneachd air slighean ionnsachaidh maoinichte do dh'inbhich aig aois-obrach ann an coimhearsnachdan eileanach, gu h-àraidh an fheadhainn a tha a' tòiseachadh air dreuchdan mar luchd-obrach taic. Tha seo a' gabhail a-steach dèiligeadh ri cnapan-starra co-cheangailte ri meud chlasaichean, ion-roghnachd maoineachaidh, agus bun-structair ionnsachaidh air astar.



Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

Tha na h-eaconamaidhean eileanach againn a' sìor fhàs eadar-mheasgte. Tha roinnean eaconamach traidiseanta leithid àiteachas³⁰ agus iasgach fhathast a' dèanamh suas cuibhreann nas àirde de ghnìomhachasan prìobhaideach agus cosnadh ionadail an comas ri Alba air fad, agus tha iad fhathast ceangailte gu domhainn ri dualchas nan eilean. A bharrachd air seo, tha an roinn phoblach fhathast air aon de na fastaichean as motha ann an sgìrean eileanach³¹. Cuideachd, tha eaconamaidh luchd-tadhail beòthail agus gnìomhachasan a tha a' fàs gu luath leithid lùths ath-nuadhachail, fànas agus tuathanachas-uisge a' dol nam prìomh dhràibhearan air fàs eaconamach agus in-thasgadh.

Ann an 2023, chuir na h-eileanan againn £3 billean ri Luach-leasaichte lomlan (GVA) na h-Alba.³² Eadar 2010 agus 2025, dh'àrdaich an dà chuid an àireamh agus an àireamh sa cheud de ghnìomhachasan le fàs luath air feadh nan ùghdarrasan ionadail eileanach uile, ged a bha ìrean eadar-dhealaichte ann³³. Tha spiorad tionnsgalach nan eileanan againn ri fhaicinn anns an àireimh àird de ghnìomhachasan beaga is de mheanbh-iomairtean a tha aig cridhe bunait ghnìomhachais nan eilean. Tha ìrean àrda de dh'fhèin-chosnadh – mar thoradh gu ìre air cho cumanta 's a tha tuathanaich is croitearan a tha a' ruith an gnìomhachasan fhèin – cuideachd na fheart sònraichte aig eaconamaidhean eileanach.

Chlàraich Suirbhidh Eileanan na h-Alba 2023 gun robh àrdachadh mòr ann an àireamh an luchd-freagairt a dh'aontaich gu bheil gnìomhachd nan gnìomhachasan san eilean aca a' fàs³⁴. Sheall e cuideachd gu bheil miann soilleir ann airson barrachd taic gus cuideachadh le leasachadh agus soirbheachadh ghnìomhachais.

Tha fàs seasmhach agus cothroman cosnaidh riatanach airson ar prìomh amas gus sluagh a chumail agus a thàladh. Aig an aon àm, tha crìonadh ann an àireamh nan daoine aig aois-obrach a' cur bacadh air fàs, ga dhèanamh nas duilghe do ghnìomhachasan a bhith a' fastadh agus do choimhearsnachdan a bhith a' lorg dhaoine leis na sgilean ceart. Air an adhbhar sin, tha am Plana seo a' toirt eaconamaidh, foghlam agus sgilean còmhla fo aon Amas Ro-innleachdail.

'S e ar n-amas dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig coimhearsnachdan eileanach air foghlam de chàileachd àrd, gum bi e comasach dhaibh dreuchdan buannachdail a bhith aca gu h-ionadail, agus gum bi cothrom aca na sgilean aca a leudachadh gus na feumalachdan aig eaconamaidh a tha a' sìor fhàs eadar-mheasgte, didseatach agus ùr-ghnàthach a choileanadh.


Sealladh Eaconamach farsaing air Eileanan na h-Alba

Toradh Eaconamach ann an 2023*


 **£3 billean**

Luach-leasaichte lomlan a Bharrachd*


£ billean gach bliadhna



Gnothachasan eileanach (clàraichte airson Cìs Luach-leasaichte agus/no PAYE) ann an 2024*

 **6,725 gnothachas**


 **72% de dh'obraichean san roinn phrìobhaidich**

 **6,340 gnothachasan beag is meadhanach**


Sluagh nan eilean ann an 2022**


 **102,936**

 **50,755**
49% den t-sluagh


 **52,181**
51% den t-sluagh


Cosnadh sna h-eileanan ann an 2022**

 **52,224 ann an cosnadh**

 **Ìre cosnaidh de 87.2%**

Daoine gnìomhach gu h-eaconamach sna h-eileanan (16+ nach eil nan oileanaich)**

 **52,053 gnìomhach gu h-eaconamach**

 **Nas àirde na cuibheasachd na h-Alba de 57%**

Stòran³⁵.

Sgrùdadh Cùise – Caladh Stafainn (An t-Eilean Sgitheanach)

Tha tasgaidhean Riaghaltas na h-Alba – a’ gabhail a-steach còrr is £409,000 tro Phrògram nan Eilean agus còrr is £1 millean tron Mhaoin Tabhartas Calpa Ath-nuadhachaidh – air comas a thoirt do dh’Urras Coimhearsnachd Stafainn leasachadh bun-structair a’ chala agus thogalaichean gnìomhachais ann an ear-thuath an Eilein Sgitheanaich a thoirt air adhart. Tha dùbhlain mòra a bhith mu choinneamh na sgìre seo leithid crìonadh-sluaigh agus dìth chothroman cosnaidh tron bhliadhna air fad. An-diugh, tha Cala Stafainn a tha fo shealbh na coimhearsnachd, a’ cumail taic ri 16 obraichean, agus tha naoi gnìomhachasan ann, bho thuathanasan-uisge agus innleadaireachd bhàtaichean gu gnìomhachdan spòrsa a-muigh do dh’òigridh na Gàidhlig agus baidhsagalan air mhàl. Tha an t-àite ùr-leasaichte air tìr a-nis na stòras ro-chudromach dhan eilean, leis gun deach inneal-giùlain teileasgopach (telehandler) fhaighinn bho chionn ghoirid, a’ neartachadh sheirbheisean stòraidh is giùlain bhàtaichean. Tha Togalach Goireasan Cala ga thogail an-dràsta – nuair a bhios e deiseil, bidh àite reic agus goireasan seòmar-ionnlaid ann, a’ neartachadh tabhartas a’ phròiseict do thogail beartas coimhearsnachd.



Àiteachas agus Croitearachd

Tha còrr is an dàrna leth de chroitean na h-Alba suidhichte ann an eileanan, agus mar sin tha croitearachd san àm ri teachd ceangailte gu dlùth ris na tha an dàn do na h-eileanan againn san àm ri teachd. Chan e dìreach dòigh air biadh a dhèanamh a th’ ann an croitearachd – bidh i a’ gleidheadh cultar eileanach, a’ cur ri bhith a’ riaghladh cruthan-tìre so-leònte agus tha comas mòr aice a bhith a’ neartachadh bith-iomadachd. A bharrachd air seo, tha an dleastanas reachdail air croitear a bhith a’ fuireach mar as àbhaist taobh a-staigh 32 cilemeatair bhon chroit aca na chuideachadh mòr ann a bhith a’ gleidheadh agus a’ tàladh sluaigh.

Gach bliadhna, bheir sinn còrr is £40 millean seachad do ghnìomhachasan croitearachd tro dhòighean maoineachaidh leithid Sgeama Thabhartasan Àiteachais na Croitearachd (CAGS), Tabhartasan Taighean-croite (CHG), Sgeama Taic nan Sgìrean Fo-leasaichte, Sgeama Pàighidh Bhunasach agus Seirbheis Comhairleachaidh nan Tuathanasan³⁶. Eadar 2015 agus deireadh an Fhaoillich 2026, chaidh còrr is £21 millean ann am maoineachadh CAGS a thoirt do 3,990 gnìomhachas croite eileanach. Bho 2007, chaidh £20.5 millean ann am maoineachadh Tabhartasan Taighean-croite a thoirt do 926 eileanaich a fhuair taic airson togail no leasachadh taighean croite.

Tha planadh leantainneachd èifeachdach ro-chudromach ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gum bi croitearachd làidir san àm ri teachd. Tha [Seirbheis Maidseadh Fearainn na h-Alba](#) a’ cur cheanglaichean an comas eadar sealbhadairean fearainn aig nach eil co-arba, an fheadhainn a tha airson an gnìomhachas fhàgail, agus luchd-inntrigidh ùr agus an fheadhainn a tha airson leudachadh. Bho 2023, tro cho-obrachadh le Coimisean na Croitearachd, tha goireas croitearachd sònraichte air a bhith aig Seirbheis Maidseadh Fearainn na h-Alba.

Tha còrr is 500 luchd-inntrigidh ùra gu croitearachd gach bliadhna. Anns a’ bhliadhna eadar an Dàmhair 2023 agus an Dàmhair 2024,

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

mar eisimpleir, chaidh 560 neach-inntrigidh ùr a chlàradh. Bha 287 dhiubh stèidhichte sna h-eileanan. Tha Coimisean na Croitearachd cuideachd air fòcas a chur air a dhòigh-obrach a thaobh dleastanasan a chur an gnìomh, a' cur cuideam sònraichte air an riatanas còmhnaidh, a chuidicheas le bhith a' cumail sluagh anns na h-eileanan. Ged is e deagh adhartas a tha seo, tha fios againn gu bheil feum air oidhirpean a bharrachd.

► Cumaidh sinn taic ri iomairt air feadh nam paraistean eileanach gus fiosrachadh a sgaoileadh mu phlanadh leantainneachd airson croitean, gus beachdan a chruinneachadh air prìomh cheistean aig croitearan agus gus obair Seirbheis Maidseadh Fearainn na h-Alba a shoilleireachadh.

Tha timcheall air 1,000 ionaltraidhean ann air feadh na h-Alba, agus tha 689 dhiubh sin suidhichte ann an eileanan. Ach, asta seo, cha robh comataidh aig ach 314 dhiubh sin san Fhaoilleach 2026.

Aig àm foillseachaidh, bha [Bile Croitearachd agus Cùirt Fearainn na h-Alba](#) a' dol tro Phàrlamaid na h-Alba. Am measg ullachaidhean eile, tha e ag amas air àite chomataidhean ionaltraidh a neartachadh agus croitearan agus na coimhearsnachdan aca a bhrosnachadh gus barrachd guth a bhith aca air mar a thathar a' cleachdadh ionaltradh coitcheann. Tha am Plana seo cuideachd a' gabhail ris an amas a bhith a' meudachadh comas fearann ionaltraidh choitcheann, a' gabhail a-steach ath-nuadhachadh bith-iomadachd agus gnìomh a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde.

► Deasaichidh sinn goireasan tràanaidh ùra do chroitearan eileanach gus taic a chumail ri riaghladh gnìomhach de dh'ionaltradh agus gus stèidheachadh chomataidhean ionaltraidh ùra a bhrosnachadh.

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a urrainn croitearachd agus luchd-dèanamh bìdh beaga a bhith ann a bhith a' cur ri ruigsinneachd air biadh ionadail, gu h-àraidh leis gu bheil coimhearsnachdan agus gnìomhachasan a' feuchainn ri bhith nas fèin-sheasmhaiche agus nas mothachaile air a' ghnàth-shìde. Ach, bidh dùbhlain nach beag ro chroitearan agus luchd-dèanamh eile, agus tha seo air a dhèanamh nas miosa le gnàth-shìde eileanach a tha nas cruaidhe na an còrr den dùthaich. Tha tasgadh ann am bunstructair leithid polytunnels agus taighean-glainne measgaichte a' cumail taic ri dèanamh bìdh fad na bliadhna a tha seasmhach a thaobh na gnàth-shìde agus a' bhios a' neartachadh tarbhachd croitearachd agus àiteachais air sgèile bheag.

► Le fòcas air tuathanachas-gàrraidh, stèidhichidh sinn agus bheir sinn taic do lìonra de luchd-dèanamh bìdh eileanach gus seasmhachd bìdh ionadail agus cothroman reic a neartachadh.

Tha boireannaich ro-chudromach airson seasmhachd àiteachas eileanach san fhad-ùine. Tha e ro-chudromach a bhith a' cur fàilte air luchd-inntrigidh ùra agus a bhith a' cur ris na sgilean aig an fheadhainn tha ag obair san roinn mar-thà gus ath-leumachd agus in-ghabhalachd gnìomhachais a thogail.

A' togail air adhartas a rinneadh gu ruige seo, gabhaidh am Plana seo gnìomh cuimsichte gus dèiligeadh ris na cnapan-starra structarail is practaigeach a tha mu choinneamh boireannaich is nigheanan ann an àiteachas is croitearachd eileanach, a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom co-ionnan aca air ceannardas, com-pàirteachadh agus soirbheachadh.

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

► Cuiridh sinn taic ri cothroman trèanaidh ùra a chaidh a dhealbhadh còmhla ri boireannaich eileanach aig a bheil ùidh ann an obair àiteachas agus bheir sinn seachad taic nas fheàrr gus boireannaich a bhrosnachadh agus a chumhachdachadh gus a bhith nan luchd-trèanaidh san roinn àiteachais ann an eileanan.

Tha taighean-spadaidh ionadail ro-chudromach ann a bhith a' cumail taic ri seasmhachd àiteachais agus croitearachd. Ach, tha taighean-spadaidh beaga ann an eileanan fo chuideam a bharrachd air sgàth cosgaisean obrachaidh a tha ag èirigh, gainnead luchd-obrach sgileil agus farpais bho luchd-giullachd nas motha air tìr-mòr. Le bhith a' cumail thaighean-spadaidh eileanach fosgailte airson an àm ri teachd – chan eilear dìreach a' gleidheadh seirbheis, thathar a' toirt taic do dh'eaconamaidhean eileanach seasmhach, a' giorrachadh sèineachan-bìdh agus a' toirt comas do chroitearan is thuathanaich luach a chruthachadh nas fhaisg air an dachaigh.

► Bheir sinn seachad taic chuimsichte a nì e comasach do thuathanasan beaga seirbheisean taigh-spadaidh a chleachdadh anns na h-eileanan againn.

Eaconamaidh na Mara

Tha eaconamaidh na mara fhathast a' toirt seachad chothroman mòra airson cosnadh agus fàs eaconamach am measg choimhearsnachdan eileanach, an dà chuid gu dìreach agus le bhith a' toirt taic do dh'fharsaingeachd de ghnìomhachasan ionadail agus sèineachan-solair eile. Ann an 2022, mar eisimpleir, chuir roinn na mara 16% den Luach-leasaichte lomlan a Bharrachd (aGVA) aig Sealtainn, le iasgach leis fhèin a' cur còrr air £88 millean ri seo³⁷.

Tha an [Lèirsinn Eaconamaidh Ghorm airson Alba](#) againn (2022) a' cur air adhart àrd-amas fad-ùine Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach

gun cleachdar stòrasan mara ann an dòigh sheasmhach a chuidicheas sinn gus dèiligeadh ris an èiginn dhùbailte bho atharrachadh na gnàth-shìde agus call bith-iomadachd agus sinn cuideachd a' leantainn oirnn a' cruthachadh soirbheachas, obraichean agus sunnd. Bho 2021, tha [Maoin Mara na h-Alba](#) againn air £5.8 millean a thoirt seachad do 63 pròiseactan stèidhichte anns na h-eileanan a tha a rèir an amais sin.

Tha Plana Nàiseanta Mara ùr (NMP2) ga sgrìobhadh an-dràsta. Bheir e seachad frèam-obrach planaidh ùraichte gus leasachadh seasmhach a bhrosnachadh ann am marannan na h-Alba agus gus còmhstri a tha ag èirigh bho bharrachd farpais a thaobh spàs agus goireasan mara a lùghdachadh. Tha na h-eileanan againn ro-chudromach do roinn an iasgaich ann an Alba, a thug iasg luach £652 millean air tìr ann an 2023 agus a chum taic ri còrr is 7,000 obraichean ann an iasgach agus giullachd³⁸. Bha còrr is an treas cuid de shoithichean Albannach uile clàraichte ann an sgìrean eileanach san Dùbhlachd 2024³⁹.

Tha cuid de dh'iasgach cladaich ann an Sealtainn (a-mach gu sia mìle mara) air an riaghladh le Buidheann Riaghlaidh Maorach Sealtainn fo Òrdugh Iasgach Riaghlaidh Shealtainn (Alba) 2012. Tha an t-Òrdugh a' comasachadh chuingealachaidhean ionadail a bharrachd air sgeama ceadachd shoithichean na RA.

Ann an 2023-24, rinn sinn co-chomhairle phoblach gus beachdan iarraidh air mar a bu chòir do Riaghaltas na h-Alba an cuibhreann de chuideam ceadachd airson iasgach mara ris an canar Cuideam Ceadachd a Bharrachd a riarachadh. A' meòrachadh air na toraidhean, tha sinn air gealltainn sgrùdadh nas mionaidiche a dhèanamh air mar a ghabhadh cuideaman ceadachd a bharrachd a neartachadh, a' lìbhrigeadh bhuannachdan nas motha faisg air na h-àiteachan far a bheil iasgach a' dol air adhart. Chan e pròiseas sìmplidh a tha seo agus feumar beachdachadh gu faiceallach air na buaidhean – a' gabhail a-steach buaidhean laghail – a tha an lùib a bhith a' tiomnadh dhleastanasan

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

riaghlaidh. Ach, tha sinn a' tuigsinn miannan nan coimhearsnachdan agus a' tuigsinn nan cothroman a thaobh togail beartas coimhearsnachd a tha an lùib Cuideaman Ceadachaidh a Bharrachd.

▶ Nì sinn sgrùdadh comais gus còmhraidhean fhiosrachadh mu bhith a' cur ri àite nan coimhearsnachdan ann an riaghladh stocan cuideaman ceadachaidh gu dìreach, a' gabhail a-steach roghainnean airson a bhith a' ruith pròiseact pileat ann an sgìre eileanach.

Ann an 2023, chuir roinn an tuathanachais-uisge £468 millean ri Luach-leasaichte Iomlan (GVA) na h-Alba⁴⁰, agus bha pàirt chudromach aig na h-eileanan againn ann an soirbheachas nan gnìomhachasan sin. Bha luach de chòrr is £723 millean aig bradan bho thuathanachasan-èisg anns an Na h-Eileanan Siar, Arcaibh agus Sealtainn ann an 2024, còrr math is an dàrna leth de luach iomlan na h-Alba⁴¹. A bharrachd air sin, ann an 2024 chuir Sealtainn 87.5% de dh'fheusgain na h-Alba air tìr airson luach de chòrr is £10.7 millean⁴².

Tha comas nach beag ann gus fàs a thoirt air an roinn an ann an dòigh a tha seasmhach agus a bhios a' suidheachadh chothroman gu h-ionadail sna h-eileanan againn. Tha sgeama ceadachaidh èifeachdach, follaiseach agus le stòrasan gu leòr ro-chudromach gus tasgaidhean a bharrachd a chur an comas. Ann an 2024-25, rinn sinn deuchainn air pròiseas ro-iarrtais ùr ann an ceithir làraichean ann an sgìrean Comhairle Shealtainn agus Comhairle na Gàidhealtachd. Bha pròiseactan pileat ag amas air dèanamh cinnteach gun tèid cuingealachaidhean agus cothroman a chomharrachadh aig ìre thràth sa phròiseas ceadachaidh, a' cur ri misneachd luchd-leasachaidh agus choimhearsnachdan ionadail. Chaidh [measadh neo-eisimeileach](#) fhoillseachadh san Iuchar 2025 agus tha obair a-nis a' dol air adhart gus aghaidh a chur air na molaidhean aice, a' leudachadh deuchainnean air a' phròiseas pileat ann an sgìrean ùghdarrasan ionadail eile.

Tha sinn cuideachd ag obair gus am pròiseas ceadachaidh airson leasachaidhean tuathanachais-uisge eadar 3-12 mìle mara a shoilleireachadh a rèir ùr-ghnàthachaidhean teicneòlais a tha a' comasachadh obair nas fhaide bhon chladaich agus ag aithneachadh nan cothroman fais a dh'fhaodadh a bhith ann airson eaconamaidhean eileanach is mara.

Às dèidh smachdan dealbhaidh a thoirt a-steach gus taic a chumail ri deamocrasaidh ionadail agus co-dhùnaidhean a thaobh leasachaidhean tuathanachais-uisge eadar 3 agus 12 mìle mara, chaidh co-chomhairle phoblach air riaghladh sgaoilidhean tuathanasan-èist a chumail eadar an t-Sultain agus an Dàmhair ann an 2022. Chaidh ar freagairt dhan cho-chomhairle fhoillseachadh sa Ghearran 2026 agus tha sinn ag obair a-nis gus na molaidhean a chur an gnìomh gus SEPA a chomharrachadh mar an riaghlaidhe airson sgaoilidhean bho thuathanasan-èisg eadar 3 gu 12 mìle mara, agus gus soillearachadh a thoirt seachad air saoraidhean a thaobh riatanasan ceadachais mara airson tuathanasan èisg is mhaorach.

▶ Obraichidh sinn le com-pàirtichean san roinn phoblach is phrìobhaidich gus dèanamh cinnteach gum bi dòigh-obrach èifeachdach a thaobh phròiseasan ceadachaidh tuathanasan èisg, gus dùblachadh a thoirt air falbh agus gus slighe a chur an comas airson leasachadh tuathanasan-uisge bho 3 gu 12 mìle mara.

Obraichidh sinn le coimhearsnachdan eileanach, ùghdarrasan ionadail agus gnìomhachasan gus cruthachadh phrionnsabalan deagh chleachdadh fhiosrachadh airson buannachdan coimhearsnachd bho leasachaidhean tuathanachais-uisge.

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

Turasachd, Tachartasan agus Aoigheachd

Tha na h-eileanan againn aig cridhe turasachd na h-Alba agus den tarraing eadar-nàiseanta aice. Bidh an t-airgead a chosgas luchd-tadhail a' brosnachadh fàs eaconamach ionadail, a' cruthachadh obraichean, agus a' neartachadh spionnadh cultarail nan coimhearsnachdan eileanach againn. Ann an 2024, chaidh còrr is 260,000 oidhche a chur seachad ann an Arcaibh agus Sealtainn a-mhàin, le luchd-tadhail a' cosg còrr is £128 millean uile gu lèir⁴³.

Còmhla ri VisitScotland agus HIE, tha sinn ag obair le gnìomhachasan agus coimhearsnachdan eileanach gus cothroman fàis a bharrachd a shireadh, ann an dòigh a tha seasmhach agus a tha a rèir suidheachaidhean agus comas ionadail. Eadar an luchar 2024 agus an t-Ògmhios 2025, tha sinn air còrr is £3.7 millean a thoirt seachad mar thaic do dh'iomairtean turasachd ann an eileanan, gu sònraichte tro phrògraman stèidhichte air àite a tha air an riaghladh le HIE.

Tha Maoin Bonn-structair na Turasachd Dhùthchail air £8 millean a thoirt seachad do 48 pròiseactan stèidhichte ann an eileanan bho 2018, a' cuideachadh le bhith a' togail £7.2 millean ann am maoinachadh a bharrachd. A bharrachd air sin, chaidh £1.5 millean a thasgadh gus taic a thoirt do 55 tachartas air feadh nan eileanan bho 2019, nam measg Tall Ships Shealtainn ann an 2023, Geamannan Eileanan Arcaibh ann an 2025 agus tachartasan cunbhalach leithid Fèis Ciùil Thiriodh agus HebCelt.

Tha fios againn gu bheil cothroman is dùbhlain sònraichte mu choinneamh gach ceann-uidhe eileanach a thaobh ceanglaichean, àiteachan-fuirich agus draghan àrainneachdail. Tha e ro-chudromach gum bi comas, sgilean agus bun-structair aig coimhearsnachdan eileanach gus buannachdan turasachd a mheudachadh agus gus fàs seasmhach a bhrosnachadh.

Libhrigidh sinn prògraman trèanaidh a tha air an dèanamh gu sònraichte gus sgilean a leasachadh agus gus comas-libhrigidh a thogail do choimhearsnachdan eileanach gus turasachd sheasmhach a stiùireadh ann an dòighean a tha a rèir an luachan agus a tha a' dèanamh cinnteach gun cumar na buannachdan eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail gu h-ionadail.

Tha puirt eileanan na h-Alba am measg nan cinn-uidhe as mòr-chòrdte airson bàtaichean-turais san RA, le Arcaibh agus Sealtainn a' cur fàilte air còrr is 213,000⁴⁴ agus 138,000⁴⁵ luchd-siubhail ann an 2024 an urra. Thàinig co-chomhairle mu bhith a' toirt a-steach Cìs air Soithichean Turas-mara gu crìch na bu thràithe am-bliadhna. Mar phàirt de seo, dh'iarr sinn fios-air-ais air Cìs Puing Inntrigidh – dòigh-obrach eile a mhol eileanaich. Bidh conaltradh le coimhearsnachdan eileanach fhathast aig cridhe gach nì fhad 's a bhios sinn a' beachdachadh air na h-ath cheumannan.

Tasgadh

Tha comas air leth mòr aig na h-eileanan againn a thaobh tasgadh eaconamach. Chomharraich an [Aithisg air Cothroman Cruth-atharrachail Roinneil air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan](#) grunn bhuidhnean de chothroman airson fàs àrd ann an sgìrean eileanach, bho Shealtainn gu Ìle. Ma thèid iad seo a thoirt gu buil, dh'fhaodadh na cothroman seo suas ri £32.5 billean a thogail ann an tasgaidhean agus còrr is 30,000 obair a bharrachd a chruthachadh ann an Arcaibh, Sealtainn agus Na h-Eileanan Siar a-mhàin, le dùil ri barrachd fàis ann an eileanan eile. Ged a tha na figearan seo stèidhichte air barailean bho mhodaladh, tha iad a' sealltainn farsaingeachd a' chothruim ma bhios na suidheachaidhean ceart ann.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair còmhla ri comhairlean, buidhnean leasachaidh agus com-pàirtichean ionadail eile gus tasgadh a thàladh do sgìrean eileanach. Tha an Ro-innleachd Tasgaidh Bun-structair againn airson 2027-2037 a' toirt

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

seachad stiùireadh ro-innleachdail airson tasgadh poblach thairis air an ath dheich bliadhna, a' gabhail a-steach targaidean gus tasgadh ann am prìomh bhun-structair a mheudachadh air feadh na h-Alba. Bidh seo a' gabhail a-steach obair le Comhairle Shealtainn, Comhairle Arcaibh agus Comhairle nan Eilean Siar gus pasgan maoinachaidh measgaichte aontachadh airson bun-structar sòisealta agus eaconamach. Tha sinn an dùil gun cuir am Modail Luathachaidh seo na ceudan de mhilleanan not de thasgadh an comas thar nan trì sgìrean, a' toirt taic do phròiseactan a tha a rèir prìomhachasan ionadail agus miannan Plana Nàiseanta nan Eilean seo.

Ged a tha maoinachadh poblach cudromach ann a bhith a' lìbhrigeadh bun-structair agus sheirbheisean am measg nan coimhearsnachdan eileanach againn, chan urrainn dha na h-amasan eaconamach a choileanadh leis fhèin. Tha e ro-chudromach tasgadh prìobhaideach a thàladh agus a bhrosnachadh, a' gabhail a-steach calpa cruinneil.

Tha e na rùn dhuinn dòigh-obrach chothromach agus in-ghabhalach a bhith againn a tha a' toirt taic do leasachadh eaconamach, agus a bheir builean maireannach do choimhearsnachdan eileanach. Gus seo a choileanadh feumar adhartas a dhèanamh aig an aon àm ann an taigheadas, cùram-chloinne, còmhaidhail agus sgilean, gus am bi an comas-lìbhrigidh agus a' cheangailteachd aig coimhearsnachdan a dh'fheumas iad gus feum a dhèanamh de chothroman ùra.

▶ Ag obair le com-pàirtichean poblach is prìobhaideach, cuiridh sinn cothroman tasgaidh bho air feadh nan eileanan a-steach do loidhne-phìoban nam pròiseactan nàiseanta againn agus cuiridh sinn pròiseactan “deiseil airson tasgadh” air bhog tron làrach-lìn Invest Scotland. Coimheadaidh sinn cuideachd air cothroman airson pròiseactan a chur còmhla gus tasgadh prìobhaideach a thàladh gu eileanan.

Tha tiomnadh stòrasan Oighreachd a' Chrùin air cothrom a chruthachadh gus tasgaidhean a mheudachadh anns na h-eileanan againn. Leis na cladaichean fada agus na stòrasan mara beartach aca, tha eileanan am measg nan sgìrean a gheibh a' bhuannachd as motha bho theachd-a-steach bho stòrasan mara aig Oighreachd a' Chrùin Alba a-mach gu 12 mìle mara. Tha iad sin air an riarachadh do chomhairlean gus taic a thoirt do phròiseactan a tha buannachdail do choimhearsnachdan sna sgìrean aca. Ann an 2024-25 a-mhàin, chaidh còrr is £9.8 millean a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach, suas bho £8.9 millean ann an 2023-24⁴⁶.

Aontaidhean Fàs Roinneil

Bho chaidh a' chiad Phlana Nàiseanta airson nan Eilean fhoillseachadh, chaidh Aonta Fàs Siorrachd Àir (2020), Aonta Fàs nan Eilean (2023) agus Aonta Fàs Dùthchail Earra-Ghàidheal is Bhòid (2025) a shoidhnigeadh agus tha iad a-nis gan lìbhrigeadh. Chaidh gach Aonta Fàs a chruthachadh le luchd-ùidh roinneil gus fàs eaconamach seasmhach a bhrosnachadh stèidhichte air prìomhachasan ionadail. Thar beatha nan Aontaidhean, tasgaidh Riaghaltas na h-Alba còrr is £67 millean ann am pròiseactan stèidhichte sna h-eileanan. Sna bliadhnaichean ri teachd, bidh na clachan-mìle cudromach a' gabhail a-steach fosgladh ionad luchd-tadhail suaicheanta Chalanais, ùrachadh Pàilleann Bhaile Bhòid, taigheadas ùr do luchd-obrach ann am Muile, leasachadh port uisge domhainn Dales Voe agus prògram tasgaidh turasachd mara airson Arainn agus Cumaradh.

A bharrachd air sin, bidh teachd-a-steach a' toirt bhuannachdan dìreach do bhuidhnean coimhearsnachd. Tha Maoin nan Coimhearsnachdan Seasmhach aig Oighreachd a' Chrùin Alba a' toirt taic do dh'ath-nuadhachadh ionadail agus leasachadh seasmhach air feadh Oighreachd a' Chrùin Alba. Bho 2020, tha a'

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

Mhaoin air còrr is £564,000 a thoirt seachad ann an tabhartasan do 20 pròiseact stèidhichte ann an eileanan.

Tha na stòrasan mara a tha fo stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba a' toirt taic do chuid de na gnìomhachasan eileanach as cudromaiche againn. Tha riatanasan ann an aontaidhean-roghainn a thaobh cumhachd na gaoithe far-costa aig Oighreachd a' Chrùin Alba airson Aithrisean Leasachaidh Sèine-solair a thoirt gu buil agus ùrachadh gus tuigse fhaighinn air miannan agus gealltanasan do shèineachan-solair na h-Alba. Tro na gnìomhan seo agus tro iomairtean san àm ri teachd, is urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gun lean an ròl cudromach a th' aig eileanan na h-Alba ann an roinnean lùths ath-nuadhachail is mara na h-Alba, le buannachdan maireannach do choimhearsnachdan ionadail.

▶ Coimheadaidh sinn air cothroman gus piseach a thoirt air mar a bhios teachd-a-steach bho Oighreachd a' Chrùin Alba a' toirt taic do bhun-structair coimhearsnachd ann an eileanan

Bidh Oighreachd a' Chrùin Alba a' bruidhinn ri luchd-leasachaidh gaoithe far-costa mu na gealltanasan aca a thaobh shèineachan-solair eileanach agus a' beachdachadh air cothroman gus tasgadh a dhèanamh ann am puirt eileanach.

Cùram-chloinne

Is urrainn leasachadh solar cùram-chloinne buaidh mhòr a thoirt air coileanadh eaconamach agus air ath-fhàs nan eileanan againn. Bidh e a' cur ri gleidheadh is tàladh sluaigh, a' toirt taic do phàrantan – agus gu sònraichte do bhoireannaich – a dhol a-steach do chosnadh is trèanadh, agus a' cur ri sunnd theaghlaichean. Tha cothrom air cùram-chloinne earbsach gu sònraichte cudromach ann an eileanan, far a bheil grunn diofar dhreuchdan eaconamach is sòisealta aig mòran dhaoine.

Chomharraich Suirbhidh Eileanan na h-Alba 2023 gun robh dùbhlain a thaobh ruigsinneachd air cùram-chloinne air feadh nan eilean. Cha robh ach trian de luchd-freagairt ag aontachadh gun robh seirbheisean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a' coileanadh nam feumalachdan obrach aca, agus thuirt faisg air dithis às gach còignear nach robh e comasach dhaibh neach-cùraim-chloinne clàraichte fhaighinn.

Bho 2021, tha Riaghaltas na h-Alba air faisg air £1 billean a thoirt seachad gach bliadhna do dh'Ùghdarrasan Ionadail air feadh na h-Alba gus 1140 uair a thìde de Thràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne (ELC) an-asgaidh a thoirt seachad do gach pàiste ion-roghnach. 'S e Alba an aon phàirt den RA a tha mar-thà a' tabhann 30 uair a thìde san t-seachdain de Thràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne maoinichte rè teirm na sgoile do gach pàiste a tha trì is ceithir bliadhna a dh'aois agus do mu chairteal de chlann a tha dà bhliadhna a dh'aois co-dhiù a tha am pàrantan ag obair no nach eil. Ach, tha sinn a' tuigsinn nach eil an taic 1140 uairean a thìde ri fhaighinn ach dhaibhsan aig a bheil cothrom air solaraiche cùram-chloinne clàraichte san eilean aca.

San [Fhrèam Lìbhrigeadh Cùram-chloinne aig Aois Sgoil](#) againn (2023), rinn sinn gealltanais gus fuasglaidhean cùram-chloinne a chruthachadh agus gus deuchainn a dhèanamh orra, a tha a' cumail taic ri seasmhachd seirbheisean cùram-chloinne ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach. Bha gealltanais anns a' Phrògram Riaghlaidh airson 2025-26 a thaobh leudachadh solar cùram-chloinne, gu h-àraidh do theaghlaichean a tha anns a' chunnart as motha bho bhochdainn. A rèir nan gealltanasan seo, tha ar pròiseact Coimhearsnachdan Early Adopter ag obair le com-pàirtichean ann an Sealtainn gus roghainnean cùram-chloinne earbsach a chruthachadh fad na bliadhna a bhios freagarrach do dh'aois sgoile – a' gabhail a-steach clubaichean bracaist, solar às dèidh na sgoile agus gnìomhachdan saor-làithean. Tha am pròiseact seo a' gabhail a-steach oidhirpean gus

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

gnìomhan a th' ann mar-thà a thoirt còmhla tro cheanglaichean còmhhdail nas fheàrr agus tha e a' coimhead air dòighean fastaidh ùra gus luchd-obrach a thàladh agus a chumail ann an dà chuid dreuchdan cùram-chloinne tràth-bhliadhnaichean agus aig aois sgoile. Tha an t-ionnsachadh a' toirt tuigse nas fheàrr dhuinn air na tha a dhìth gus seirbheisean cùram-chloinne a stèidheachadh agus a chumail suas ann an sgìrean eileanach, ceangailte ri iarrtas.

Tro iomairt cho-obrachail le Comann Ball-coise na h-Alba, tha Prògram Ùine a Bharrachd a' toirt taic do chlubaidhean is urrasan ball-coise air feadh na h-Alba gus seiseanan gnìomhachd wraparound an-asgaidh a lìbhrigeadh tron latha sgoile a bharrachd air clubaidhean saor-làithean làn-latha, ag amas air clann bun-sgoile bho theaghlaidhean le teachd-a-steach ìosal. Tha sinn air gealltainn gun obraich sinn le ùghdarrasan ionadail nan eilean gus tuigse fhaighinn air mar a bhios sinn a' lìbhrigeadh sheirbheisean 'Ùine a Bharrachd' ann an dòigh a tha buntainneach agus èifeachdach do na coimhearsnachdan aca, gu h-àraidh far nach eil cluba ball-coise stèidhichte san sgìre.

Le taic bho £1.6 millean ann an 2025-26, tha prògram fastaidh is gleidheadh airich-chloinne, a-nis a' dol air adhart ann an com-pàirteachas le Comann Luchd-cùraim Chloinne na h-Alba. Tha e a' gabhail a-steach 28 sgìrean ùghdarras ionadail, nam measg Earra-Ghàidheal agus Bòd, a' Ghàidhealtachd, Arcaibh agus Sealtainn. Tha am prògram a' tabhann tabhartas tòiseachaidh de £750 do ghnìomhachasan ùra a tha a' toirt seachad aireachadh cloinne a bharrachd air taic phractaigeach gus cuideachadh le bhith a' gleidheadh luchd-obrach a tha ann mar-thà, leis an eileamaid mu dheireadh fosgailte do na h-ùghdarrasan ionadail gu h-àrd a bharrachd air Comhairle nan Eilean Siar.

Cuiridh sinn bòrd cruinn air dòigh le prìomh chom-pàirtichean gus fianais a chruinnich iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean a chur gu feum a thaobh nan dùbhlain agus na fuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh seirbheisean cùram-chloinne a lìbhrigeadh ann an eileanan agus sgìrean dùthchail. Bidh seo ag amas air molaidhean practaigeach aontachadh airson ceuman a thèid a thoirt air adhart tro phrìomh bhuidhnean ro-innleachdail leithid Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, agus Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean.

Cuiridh sinn co-chomhairle air bhog agus bheir sinn a-steach na h-atharrachaidhean reachdail riatanach gus mìneachadh ùr a chruthachadh airson Cùram-chloinne Aois Sgoile taobh a-staigh frèam-obrach riaghlaidh. Chuireadh seo ath-sgrùdadh an comas air teisteanasan luchd-obrach, a' toirt taic do sheirbheisean gus luchd-obrach nas eadar-mheasgte a thàladh gus dèiligeadh ri dùbhlain fastaidh is gleidhidh ann an sgìrean eileanach.

Foghlam

Tha atharrachaidhean deamografach a' toirt buaidh mhòr air an àireimh de chloinn aig aois-sgoile. Mar a chaidh a thoirt fa-near na bu thràithe sa Phlana seo, tha àireamhan sgoilearan a' sìor dhol sìos aig gach ùghdarras ionadail eileanach. Ged a tha ròlaichean sgoile fallain – uaireannan ròlaichean a tha a' fàs – aig cuid de choimhearsnachdan, tha mòran choimhearsnachdan eile ann a tha draghail mu na tha an dàn do na sgoiltean ionadail aca san àm ri teachd.

Tha seasmhachd foghlaim bun-sgoile agus àrd-sgoile ann an coimhearsnachdan eileanach cuideachd an urra gu mòr ris a' chomas tidsearan fhastadh agus a ghleidheadh. Ged a tha dùbhlain fastaidh ann air feadh na h-Alba, tha iad gu tric air

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

an dèanamh nas miosa ann an suidheachaidhean eileanach, a' fàgail gum bi dreuchdan bàn fad-ùine mhòr, gum bi cuairtean sanasachd ann uair is uair agus gum bithear an eisimeil ri fuasglaidhean sealach.

Tha sinn air farsaingeachd de dh'iomairtean a chruthachadh gus daoine a brosnachadh gus obair a ghabhail ann an sgìrean dùthchail agus eileanach. Tha iad seo a' gabhail a-steach Pàigheadh Tar-sgaoileadh Roghainnean (Preference Waiver Payments), a tha a' tabhann £6,000 do thidsearan-probhaidh bun-sgoile agus £8,000 do thidsearan-probhaidh àrd-sgoile ma ghabhas iad ri sùbailteachd a thaobh dè an àite dhan tèid an cur. A bharrachd air sin, faodaidh tidsearan a bhith ion-roghnach air an dà chuid Cuibhreann nan Sgoiltean Iomallach (suas ri £3,819 sa bhliadhna) agus Cuibhreann nan Eileanan Iomallach (£2,859 sa bhliadhna).

Bheir am Plana seo taic do dh'oidhirpean gus planadh fad-ùine airson an fheachd-obrach teagaisg a neartachadh gus fuasglaidhean stèidhichte air àite a libhrigeadh a nì cinnteach gum bi foghlaim sna h-eileanan againn tèarainte san àm ri teachd.

▶ Tron Bhòrd Dearbhachd Foghlaim is Cùram-chloinne, obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le COSLA gus ceistean a thaobh co-theacsa foghlaim nan eileanan a thoirt a-steach do ro-innleachd feachd-obrach nas fharsainge.

Mar phàirt den ath-sgrùdadh air an Sgeama Inntigridh do Luchd-teagaisg, beachdaichidh sinn air ceumannan agus atharrachaidhean a bharrachd gus barrachd thidsearan ceumnaichte a bhrosnachadh gus an ùine-dearbhadh aca a thoirt seachad ann an àiteachan eileanach.

Ann am mòran eileanan, chan e ionadan ionnsachaidh a-mhàin a th' ann an sgoiltean - tha iad cuideachd nan ionadan coimhearsnachd, a' toirt seachad gnìomhachdan taobh a-muigh na sgoile, a' cumail thachartasan agus a' cruthachadh faireachdainn de dh'àite a tha ro-chudromach airson aonadh coimhearsnachd. Ged a tha riaghladh sgoiltean fhathast na dhleastanas air ùghdarrasan ionadail, tha ro-bharail fhathast aig Riaghaltas na h-Alba an aghaidh a bhith a' dùnadh sgoiltean dùthchail, tòrr dheth nan sgoiltean eileanach.

Tha Prògram Tasgadh na h-Oighreachd Ionnsachaidh againn a' cumail taic ris a' mhiann againn bun-structair sgoile riatanach a thoirt do na coimhearsnachdan eileanach againn. Mar phàirt den tasgadh £2 billean againn tro Phrògram Tasgadh na h-Oighreachd Ionnsachaidh, tha sinn air gealltainn pròiseactan a libhrigeadh ann an Sealtainn, Arcaibh, Muile agus san Eilean Sgitheanach ann an co-obrachadh leis na h-ùghdarrasan ionadail buntainneach.

A bharrachd air sin, dhaingnich am Prògram Riaghlaidh againn airson 2025-26 ar gealltanas leantainneach gus obair a thoirt air adhart air Àrainn Coimhearsnachd Bharraigh agus Bhatarsaigh.

▶ Tro Prògram Tasgaidh na h-Oighreachd Ionnsachaidh againn, thèid, pròiseactan bun-structair sgoile a libhrigeadh ann am Brae, Kirkwall, Muile agus san Ath-Leathann, ro dheireadh 2029. Ag obair còmhla ri COSLA, ùghdarrasan ionadail agus Urras na h-Alba airson an Ama ri Teachd, nì sinn sgrùdadh air mar as urrainn dhuinn leasachaidhean a bharrachd a libhrigeadh ann an oighreachd nan sgoiltean air feadh nan sgìrean eileanach.

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

Tha sgoiltean cuideachd nan ceanglaichean cudromach eadar foghlam agus cosnadh. Tha Lìonra Luchd-fastaidh aig Leasachadh an Fheachd-obrach Òig, a tha air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, gu math gnìomhach sna h-eileanan, a' toirt taic do dh'òigridh eileanaich ann an àrd-sgoiltean gus conaltradh a dhèanamh le luchd-fastaidh ionadail agus gus ionnsachadh mu cothroman dreuchdail ionadail. Tro Leasachadh an Luchd-obrach Òga, mar eisimpleir, rinn Comhairle Shealtainn agus NHS Shealtainn conaltradh bho chionn ghoirid le sgoilearan Àrd-sgoil Anderson gus dreuchdan anns na roinnean slàinte is cùram sòisealta a thaisbeanadh.

Agus tha fios nach eil foghlam a' crìochnachadh le àrd-sgoiltean. Tha làthaireachd fhiosaigeach aig ionadan foghlaim adhartach agus àrd-ìre leithid Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (UHI), Oilthigh Raibeart Ghòrdain agus Oilthigh Heriot-Watt anns na h-eileanan againn, leis na h-àrainnean aca a' cruthachadh obraichean fìor luachmhor gu h-ionadail agus a' tàladh oileanaich is luchd-obrach a-steach do choimhearsnachdan.

Tro mheasgachadh de mhaoineachadh bho Aonta Fàs nan Eilean (£1.5 millean) agus Prògram nan Eilean, tha sinn air £1.75 millean a thasgadh ann an Ionad Teicneòlais is Ùr-ghnàthachadh ùr ann an àrainn Steòrnabhagh aig OGE a Tuath, an Iar agus Innse Gall. Tha taic cuideachd air cur an comas a bhith a' toirt seachad raon de dh'uidheamachd gluasadach a ghabhas giùlan gu àiteachan eile air feadh nan Eilean Siar.

Air a stiùireadh le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus obair còmhla ri Oilthigh Raibeart Ghòrdain agus Oilthigh Heriot-Watt, tha £4.4 millean de mhaoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do phrògram TalEntEd Islands gus cothroman eaconamach fhosgladh, gus sgilean cothromachadh-carboin agus ùr-ghnàthachadh a bhrosnachadh ann an Arcaibh, Sealtainn agus sna h-Eileanan Siar.

Còmhla ri oilthighean agus colaistean air feadh na roinne nas fharsaing, tha na h-ionadan seo a' toirt nan sgilean agus an tàlant do dh'eileanan a tha a dhìth orra gus feum a dhèanamh de cothroman airson leasachadh seasmach agus togail beartas coimhearsnachd.

Nì sinn pìleat air sgeama sgoilearachd eileanach do dh'oileanaich iar-cheumnach gus aghaidh a chur air gainnead sgilean ann an roinnean prìomhachais a chaidh a chomharrachadh gu h-ionadail.

Obraichidh sinn le ionadan foghlaim adhartach is àrd-ìre gus oileanaich agus luchd-obrach eadar-nàiseanta a thàladh do na h-eileanan againn, a' gabhail a-steach tro bhith a' cur an gnìomh iomairt Destination Scotland, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil lìbhrigeadh na Ro-innleachd Foghlaim Eadar-nàiseanta againn a' gabhail làn fheart air na cothroman anns na coimhearsnachdan eileanach againn.

Sgilean agus Feachd-obrach

Tha cothroman ruigsinneach do dh'inbhidh gus ath-thrèanadh, sgilean a leasachadh no airson leasachadh dreuchdail is proifeasanta deatamach gus coimhearsnachdan eileanach a chuideachadh gus am bi iad sùbailte agus farpaiseach. Agus sinn a' gluasad a dh'ionnsaigh eaconamaidh beag-carboin agus a' feuchainn ri comas sònraichte nan eileanan againn a choileanadh, bidh leasachadh agus tàladh luchd-obrach sgileil na h-eileamaid chudromach nar soirbheachas.

Le bhith ag obair còmhla ri Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, tha sinn a' toirt seachad raon farsaing de thaic do na h-eileanan uile tro iomairtean leithid na seirbheis Fiosrachaidh, Comhairle agus Stiùireadh air Dreuchdan, prògraman preantasachd, agus taic airson daoine a tha air an cur às an dreuchd.

Eaconamaidh, Foghlam is Sgilean

Leis an lùghdachadh ris a bheil dùil san àireimh de dhaoine aig aois obrach a' toirt buaidh air an fheachd-obrach air feadh nan eilean, bidh planadh luchd-obrach agus iomairtean tàlaidh luchd-obrach deatamach gus cur ri oidhirpean gus an sluagh a chumail. 'S e oidhirp cho-obrachail a th' ann am Feachd-obrach a' Chinn a Tuath a tha a' toirt còmhla com-pàirtichean roinneil – a' gabhail a-steach SDS, HIE, agus UHI – gus planadh sgilean a cho-thaobhadh ri prìomhachasan sòisealta is eaconamach na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha taic air a dhealbhadh gus feumalachdan sònraichte gach ùghdarras ionadail a choileanadh agus gus ro-innleachdan luchd-obrach a lìbhrigeadh a bhios a' dèiligeadh ri cùisean leithid gun cothroman gu leòr air trèanadh agus a' bhuidhe aig cosnadh ràitheil.

Tha feum air dòigh-obrach cho-òrdanaichte eadar na roinnean poblach, prìobhaideach agus foghlaim gus dèiligeadh ri iarrtas luchd-obrach san àm ri teachd, prògraman leasachaidh sgilean a dhealbhadh, agus iomairtean nàiseanta is ionadail a neartachadh a bhrosnaicheas cothroman dreuchdail sna h-eileanan.

► Obraichidh sinn le ùghdarrasan ionadail eileanach gus còmhraidhean ionadail mun fheachd-obrach a chur air dòigh a bheil còmhla fastaichean, luchd-tasgaidh agus buidhnean poblach gus aontachadh air gnìomhan gus dèiligeadh ri gainnead sgilean ionadail. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach molaidhean airson tasgadh poblach-prìobhaideach co-roinnte, nam measg tro iomairt Feachd-obrach a Chinn a Tuath.

Tha deireadh saor-ghluasad às dèidh dhan RA an t-Aonadh Eòrpach fhàgail air buaidh nach beag a thoirt air an h-eileanan againn, le gainnead luchd-obrach a' toirt buaidh an dà chuid air an roinn phoblaich agus air an roinn phrìobhaideach. Ged a tha cumhachdan in-imrich glèidhte aig Riaghaltas na RA, tha sinn air molaidhean ath-leasachaidh practaigeach a chruthachadh gus dèiligeadh ri feumalachdan sònraichte sluaigh is sgilean na h-Alba. Tha seo a' gabhail a-steach Pileat air Bhìosa Dùthchail a thathar a' moladh, a chaidh a dhealbhadh gus fuasglaidhean imrich cuimsichte a thabhann do sgìrean dùthchail is eileanach aig a bheil gainnead mòr de sgilean ann an roinnean cudromach.

Ann an 2024, chuir sinn Seirbheis Imrich na h-Alba air bhog, a' toirt seachad comhairle an-asgaidh, neo-phàirteach gus daoine a chuideachadh gus an siostam in-imrich a thuigsinn agus a chleachdadh nas fheàrr. Tha an t-seirbheis a' toirt taic do dh'imrichean agus a' cuideachadh luchd-fastaidh a tha airson luchd-obrach eadar-nàiseanta fhastadh agus a chumail. Tha e cuideachd ri fhaotainn do luchd-tasgaidh a tha a' stèidheachadh no a' leudachadh ghnìomhachasan ann an Alba. Tha seiseanan comhairle aon-ri-aon an-asgaidh rim faighinn le luchd-lagha in-imrich dhaibhsan a gheibheadh buannachd bho thaic phearsanta.

► Obraichidh sinn le com-pàirtichean gus Seirbheis Imrich na h-Alba a bhrosnachadh do luchd-fastaidh is luchd-tasgaidh eileanach, a' soillearachadh na taic a tha i a' toirt dhaibhsan a tha airson a bhith an sàs ann an gnìomhan fastaidh is gleidhidh eadar-nàiseanta.



Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

Tha coimhearsnachdan eileanach air loidhne aghaidh èiginnean na gnàth-shìde agus an nàdair. Tha àrdachadh ann an ìrean na mara, tuiltean, agus stoirmean a tha a' sìor fhàs nas trice am measg nam buaidhean as fhollaisiche a tha aig gnàth-shìde a tha ag atharrachadh, le cunnartan a' sìor fhàs airson bun-structair eileanach, sèineachan-solair agus dualchas. Tha àrainnean nàdar eileanach beartach fo chuideam cuideachd, le buaidh air bith-iomadachd, sunnd agus eaconamaidhean ionadail. Aig an aon àm, tha eileanan ag ùr-ghnàthachadh agus a' greimeachadh air cothroman an lùib an eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin. Eadar lùths ath-nuadhachail agus fuasglaidhean stèidhichte air nàdar agus atharrachadh air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd, tha eileanan ann an deagh shuidheachadh airson a bhith air thùs chùisean a thaobh na gnàth-shìde agus gu buannachdan fhaighinn san fhad ùine bhon ghluasad gu eaconamaidh nas uaine.

Tha e ro-chudromach dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde aig a thùs. Ach tha e a' cheart cho cudromach taic a chumail ri coimhearsnachdan eileanach gus gabhail ris an t-suidheachadh a tha a' tighinn am bàrr mar-thà. Tha eòlas ionadail domhainn aig eileanaich, cho math ri traidisean de dh'fhuasglaidhean practaigeach, suidhichte air àite – eadar ath-nuadhachadh mòinteach, a' cleachdadh fearainn gu seasmhach agus iomairtean eaconamaidh cearcallach. Tha e ro-chudromach taic a thoirt do na h-oidhirpean sin gus coimhearsnachdan a dhìon agus gus cur ri an ath-leumachd.

Feumaidh an t-eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin a bhith cothromach agus ceart. Feumar cosgaisean agus buannachdan a cho-roinn gu cothromach, a' dèanamh cinnteach gum bi an gluasad gu lùths glan a' cur an aghaidh neo-ionannachdan làithreach seach a bhith gan dèanamh nas miosa. Tha coimhearsnachdan eileanach a' sealltainn ceannas mar-thà agus, leis an tasgadh cheart, bidh e comasach dhaibh leantainn air adhart le ùr-ghnàthachaidh a bheir buannachd do dh'Alba gu lèir.

Tha an [dreach Plana Atharrachadh Gnàth-shìde](#) againn a' mìneachadh mar a tha sinn an dùil buidseatadha carboin na h-Alba suas gu 2040 a choileanadh agus gus cur ris a' ghealladh laghail againn gus cothromachadh-carbon a ruighinn ro 2045. Tha frèam-obrach còig bliadhna ùr ann airson buidseatadh carboin, agus tha gnìomhan cuimsichte ann mar phàirt de seo gus taic a thoirt do na coimhearsnachdan eileanach againn a tha ag aithneachadh nam feumalachdan, nan dùbhlann agus nan cothroman sònraichte aca.

A bharrachd air a bhith a' lùghdachadh eimiseanan, is urrainn pròiseactan lùths uaine luach eaconamach cruth-atharrachail a lìbhrigeadh do dh'eileanan. Feumaidh coimhearsnachdan anns a bheil am bun-structair seo stèidhichte buannachdan fhollaiseach fhaicinn nam beatha làitheil agus feumar dòighean a thabhann dhaibh gus beartas ionadail a thogail. Tha lùths ath-nuadhachail leis a' choimhearsnachd a' sìor fhàs cumanta sna h-eileanan againn, a' dèanamh cumhachd glan agus teachd-a-steach a ghabhas ath-thasgadh gu h-ionadail gus beartas agus sunnd a neartachadh. Tha am Plana seo ag amas air dèanamh cinnteach gum bi buannachdan soilleir aig a' ghluasad gu cothromachadh-carboin air coimhearsnachdan eileanach, le seilbh ionadail agus toraidhean cothromach aig cridhe fhuasglaidhean uaine, stèidhichte air nàdar agus cearcallach.

Freagarrachadh Gnàth-shìde

Tha atharrachadh luath riatanach gus leas dhaoine, àiteachan agus beòshlaintean air feadh nan eileanan againn a dhìon.

Tha [Plana Freagarrachaidh Nàiseanta na h-Alba 2024-2029](#) (SNAP3) a' cur cuideam air ceannardas ionadail, le fòcas sònraichte air coimhearsnachdan a tha a' fulang leis na buaidhean as dìriche agus as cruaidhe. Tha prìomh eileamaid de lìbhrigeadh SNAP3, com-pàirteachasan roinneil "Ullaichte a thaobh na Gnàth-shìde" a' cur an comas co-obrachadh stèidhichte air àite eadar buidhnean poblach, coimhearsnachdan agus gnìomhachasan. Ann an 2025-26, gheall sinn £550,000 a bharrachd

Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

a lìbhrigeadh gus com-pàirteachasan ùra a stèidheachadh, com-pàirteachasan a th' ann mar-thà a neartachadh agus pròiseactan a chaidh a chomharrachadh gu h-ionadail a lìbhrigeadh.

► Obraichidh sinn le riaghaltas ionadail agus farsaingeachd de chom-pàirtichean eile gus lìonra nan com-pàirteachasan “Ullaichte a thaobh na Gnàth-shìde” a leudachadh gus a h-uile sgìre eileanach a ghabhail a-steach, le fòcas tùsail air na h-Eileanan Siar agus Earra-Ghàidheal is Bòd ann an 2026.

Ag aithneachadh cho mòr 's a tha an cunnart do dh'eileanan is coimhearsnachdan cladaich bho atharrachadh na gnàth-shìde, dh'fhoillsich sinn [Stiùireadh Atharrachaidh air a' Chosta](#) (2023) agus riaraidh sinn maoinachadh gus taic a thoirt do dh'iomairtean ionadail a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh Plana Freagarrachaidh Cladaich airson Tiriodh agus measaidhean buaidh gnàth-shìde airson Bàgh an Lagain ann an Ìle. Tha a' chiad [Ro-innleachd Seasmhachd Thuiltean](#) aig Alba (2024) a' toirt buaidh air oidhirpean gus coimhearsnachdan a tha seasmhach a thaobh tuiltean a chruthachadh. Tha an tasgadh againn de £38.8 millean ann an Sgeama Dion Tuiltean Cladaich Port a' Mhuilinn a' sealltainn ar dealas a thaobh a bhith ag obair le coimhearsnachdan eileanach gus lasachadh èifeachdach a thoirt air tuiltean.

Sgrùdadh Cùise - Ionad Gnàth-shìde Innse Gall

► Bho chaidh a chur air bhog san t-Samhain 2023, tha Ionad Gnàth-shìde Innse Gall air 237 buill a thoirt còmhla – nam measg buidhnean coimhearsnachd, gnìomhachasan agus daoine fa leth – gus dòigh-obrach choitcheann agus stèidhichte air àite a bhrosnachadh a thaobh gnìomh agus freagarrachadh a thaobh na gnàth-shìde. Le maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba, bidh an t-Ionad a' brosnachadh mothachadh air gnàth-shìde agus a' tabhann trèanadh gus dì-charbonachadh a luathachadh agus gus seasmhachd a mheudachadh air feadh nan Eileanan Siar, a' comharrachadh fhuasglaidhean a tha buntainneach do ghnìomhachasan agus do choimhearsnachdan ionadail.

Air a chruthachadh leis an Ionad, 's e inneal mapaidh didseatach a th' ann an Ar Sgeulachd Gnàth-shìde, a leigeas le eileanaich dealbhan, sgeulachdan agus filmichean goirid a luchdadh suas a ghlacas buaidh dhìreach atharrachadh na gnàth-shìde air na h-àiteachan ionadail aca. Tha am portal a' cuideachadh gus poileasaidh na gnàth-shìde sna h-eileanan a chumadh le bhith a' clàradh eòlasan luchd-còmhnaidh agus a' toirt dhaibh cumhachd agus cuideachadh mar mheadhan gus beachdan airson gnìomhan a cho-roinn. Tro mhaoin Beachdan gu Gnìomh, tha an t-Ionad a' toirt taic do phròiseactan air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd, a tha a' brosnachadh giùlan a tha buannachdail dhan ghnàth-shìde. Bidh seo a' cur ri bhith a' freumhachadh fhuasglaidhean gu h-ionadail, a' toirt cumhachd do luchd-còmhnaidh gnìomhan a bhrosnachadh a dhionas sunnd agus ath-leumachd nan eileanan aca.

Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

Ged a tha cunnart ann gum bi daoine de gach aois a' faireachdainn nach urrainn dhaibh dad a dhèanamh gus aghaidh a chur air dùbhlain cho mòr, tha eileanaich òga air innse dhuinn gu soilleir gu bheil iad a' faireachdainn iomagaineach mu an coimhearsnachdan san àm ri teachd.

Fhuair Pàrlamaid Chloinne na h-Alba a-mach gum faod dìth conaltraidh soilleir mu èiginn na gnàth-shìde cur ri faireachdainnean de dh'iomallachd agus mhol iad barrachd litearrachd air na ceumannan practaigeach as urrainn do dhaoine gabhail gus am buaidh air a' ghnàth-shìde a lùghdachadh⁴⁷. Tha cothrom ann gus an dòigh-obrach seo fheuchainn ann an com-pàirteachas le eileanaich òga, a' cruthachadh leasan a ghabhas a cho-roinn le an co-aoisean ann an àiteachan eile ann an Alba gus draghan a lùghdachadh agus gus an cuideachadh le bhith a' faireachdainn mar phàirt chudromach den fhuasgladh.

► Nì sinn deuchainn air goireas “Molaidhean Gnàth-shìde do Thidsearan” do choimhearsnachdan eileanach gus còmhraidhean fosgailte a bhrosnachadh mu ghnàth-shìde, gus dragh eag-eòlasach a lùghdachadh agus cumhachd a thoirt do dh'òigridh eileanach gus gnìomh a ghabhail a thaobh na gnàth-shìde.

Bith-iomadachd agus Bith-thèarainteachd

Tha eileanan nan dachaigh do mheasgachadh sònraichte de dh'àrainnean agus de ghnèithean. Tha am beartas nàdarra seo aig cridhe beatha eileanach – tha e na bhunait airson seasmhachd a thaobh na gnàth-shìde, tèarainteachd bìdh agus airson eaconamaidhean seasmhach. Mar sin bidh dìon agus ath-nuadhachadh nàdair aig cridhe nan eilean san àm ri teachd.

Tha [Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba gu 2045](#) (2024) a rèir ar dealais leantainnich airson a bhith a' dìon agus a' riaghladh co-dhiù 30% den fhearann agus de na cuantan againn airson nàdair gu h-èifeachdach ro 2030 (30 by 30). Tha

còmhdachadh diofraichte eadar diofar sgìrean eileanach, bho 30% sna h-Eileanan Siar gu 13% ann an Sealtainn⁴⁸. Air tìr, tha sinn a' cur air adhart dòigh-obrach Nature30 – modail roghainneil a tha a' toirt aithne do mhanaidsearan fearainn agus coimhearsnachdan airson a bhith a' coimhead às dèidh sgìrean a tha beartach a thaobh nàdair. Tha sinn cuideachd ag obair le ùghdarrasan ionadail gus Lìonraidhean Nàdair a thogail a cheanglas sgìrean fo dhìon agus sgìrean eile a tha beartach ann an nàdar, a' neartachadh seasmhachd àrainnean, ghnèithean agus chruthan-tìre.

Tha 37% de mharannan na h-Alba nan Sgìrean Dìon Mara mar-thà, a' cumail taic ri slàinte eag-shiostaim agus nan gnìomhachasan a tha an urra ris. Tha ainmeachadh Scapa Flow (ann an Arcaibh) agus Queen of Sweden (ann an Sealtainn) mar Sgìrean Mara Eachdraidheil Dìonta am measg nan sgìrean as ùire a chaidh a chur ris an lìonra. Nì sinn co-chomhairle phoblach air ceumannan riaghlaidh iasgach airson Sgìrean Dìon Mara cladaich agus airson aon-deug feartan mara a bu chòir prìomhachas fhaighinn. Thèid beachdachadh gu faiceallach tron phròiseas seo air buaidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith air eileanan mar thoradh air na ceumannan a thathar a' moladh.

► Cuiridh sinn air bhog prògram de chonaltraidhean cuimsichte aig NàdarAlba gus cothroman Nature30 a chomharrachadh agus a chur an gnìomh, a mheudaicheas an uiread de dh'fhearann a tha air a riaghladh airson nàdair ann an dòigh a bhios freagarrach do luchd-seilbh fearainn is coimhearsnachdan eileanach. Bidh fòcas tòiseachail aig an obair seo air fearann croitearachd.

Obraichidh sinn le ùghdarrasan ionadail, com-pàirteachasan roinneil agus coimhearsnachdan gus cruthachadh Lìonraidhean Nàdair a bhrosnachadh a tha a rèir suidheachaidh sònraichte gach coimhearsnachd eileanach.

Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

Tha na h-eileanan againn cuideachd am measg nan àiteachan as cudromaiche airson fiadh-bheatha san Roinn Eòrpa, nam measg gnèithean mara suaicheanta agus cuid de na cruinneachaidhean as ainmeile gu h-eadar-nàiseanta de dh'èin-mhara. Air sgàth dìth farpaisich agus chreachadairean nàdarra, is urrainn Gnèithean Ionnsaigheach Neo-dhùthchasach a bhith air leth millteach dhan eag-shiostaman eileanach. Tha Gnèithean Ionnsaigheach Neo-dhùthchasach cuideachd nan cunnart do stoc so-leònte agus dh'fhaodadh iad milleadh a dhèanamh air bàrr, ag adhbharachadh call do thuathanaich agus croitearan. Tro bhith a' cur ri maoinachaidh, bidh sinn a' toirt taic do sgeamaichean riaghlaidh fiadh-bheatha ionadail agus a' toirt taic do ghnèithean dùthchasach a tha ann an cunnart. Mar eisimpleir, tha iomairt Bith-thèarainteachd do dh'Alba a' toirt còmhla choimhearsnachdan, bhuidhnean agus ghnìomhachasan gus eileanan èin-mhara cudromach a dhìon bho chreachadairean leithid mionc agus radain dhubha.

Tha cuid de choimhearsnachdan air draghan a thogail mu lusan ionnsaigheach leithid ròs-chraobh, glùineach-Sheapanach agus gunnera a tha air cron a dhèanamh air eag-shiostaman eileanach. Tha gnìomhan practaigeach a' dol air adhart mar-thà gus dèiligeadh ris na gnèithean ionnsaigheach seo. Ann an Ratharsair, mar eisimpleir, tha Pròiseact Eileanan le Cothromachadh-carboin aig Riaghaltas na h-Alba air taic a thoirt do ghnìomhachd gus ròs-chraobh a thoirt air falbh bho sgìrean le prìomhachas.

Tha sinn an dùil ar Plana Gnìomha ùr airson Gnèithean Ionnsaigheach Neo-dhùthchasach fhoillseachadh sa Mhàirt 2026. Togaidh seo air dòighean-obrach a th' ann mar-thà, co-obrachadh coimhearsnachd a bhrosnachadh agus bith-thèarainteachd a neartachadh tro ghnìomhan cuimsichte.

Coimiseanaidh sinn rannsachadh gus tuigse ioma-chuimseach fhaighinn air na bagairtean a th' ann aig an àm seo agus san àm ri teachd do bhith-thèarainteachd eileanach. Fiosraichidh seo gnìomhan agus geallaidhean nas cuimsichte gus àrainneachdan agus coimhearsnachdan eileanach a dhìon.

Mòinteach

Tha fearann-mònach agus talamh fliuch aig iomadh eilean. Stòraidh fearann mòintich fallain carbon, cumaidh e taic ri bith-iomadachd agus lùghdaichidh e cunnart bho thuiltean. Ach, mura tèid an riaghladh gu h-èifeachdach, thèid na buannachdan sin a chall. Le mu 70% den fhearann mòintich againn air a thruailleadh, tha iad an-dràsta ag adhbharachadh mu 15% de dh'heimiseanan iomlan na h-Alba.

Tron phrògram ath-nuadhachaidh mòinteach againn, Peatland ACTION⁴⁹, a tha aig ìre an t-saoghail, tha sinn air pàirt a ghabhail ann an ath-nuadhachadh air 90,000 heactair de mhòinteach bho 1990, nam measg 4,498 heactair ann an eileanan. Anns an dreachd Plana Atharrachadh Gnàth-shìde againn, chuir sinn a-steach moladh gus ar prògram a leudachadh agus a leudachadh gus 400,000 heactair ath-nuadhachadh ro 2040, ag àrdachadh an amais againn. Tha dìon, riaghladh agus ath-nuadhachadh mòinteach a tha air a truailleadh na phàirt ro-chudromach de bhith a' lùghdachadh èiginn na gnàth-shìde agus an nàdair agus a bhith a' freagairt rithe.

Tha mòine air tèarainteachd lùths a thoirt do chuid de choimhearsnachdan eileanach fad ghinealaichean agus tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha i fhathast airson teasachadh dachaigheil. Tro Bhun-inbhe Mòinteach na h-Alba, co-roinnidh sinn deagh chleachdadh gus buaidhean a lùghdachadh far a bheil gearradh mònach a' leantainn airson cleachdadh dachaigheil.

Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

Bidh Peatland ACTION a' toirt seachad stiùireadh, maoinachadh agus taic theicnigeach airson ath-nuadhachadh fo stiùir na coimhearsnachd, le oifigearan stèidhichte sna h-eileanan a' togail comas-lìbhrigidh ionadail. A bharrachd air a bhith a' cruthachadh buannachdan àrainneachdail agus a' lùghdachadh eimiseanan, faodaidh ath-nuadhachadh fearainn mònach buannachdan eaconamach a thoirt do ghnìomhachasan stèidhichte air fearann – mar eisimpleir, tro chreideas carboin, ath-leumachd nas fheàrr, agus cleachdadh fearainn a dhèanamh nas eadar-mheasgte – a bharrachd air taic a thoirt do chruthachadh obraichean ionadail sgileil.

► Cuiridh sinn iomairt fiosrachaidh phoblach air dòigh agus bheir sinn trèanadh do choimhearsnachdan eileanach gus mothachadh a thogail mu na buannachdan àrainneachdail is eaconamach a tha an lùib ath-nuadhachadh mòinteach, a' gabhail a-steach airson tuathanachas, croitearachd agus gnìomhachasan eile stèidhichte air fearann. A' co-obrachadh le croitearan agus luchd-ùidh eile, bheir sinn taic do phròiseactan ath-nuadhachaidh air Oighreachdan Croitearachd Mhinistearan na h-Alba agus cruthaichidh sinn fuasglaidhean gus ath-nuadhachadh fearainn mònach a bhrosnachadh ann an sgìrean croitearachd eileanach eile, le fòcas sònraichte air ionaltradh coitcheann.

Coilltearachd

Chan eil mòran choilltean sa mhòr-chuid de dh'eileanan⁵⁰, ach tha ùidh a' sìor fhàs ann a bhith a' riaghladh choilltean a th' ann mar-thà agus a' cruthachadh choilltean ùra gus cuideachadh le bhith a' cur an aghaidh èiginn na gnàth-shìde agus an nàdair, le bhith a' neartachadh eaconamaidhean ionadail agus le bhith a' cur ri slàinte is sunnd dhaoine.

Tha Riaghaltas na h-Alba air ceumannan practaigeach a ghabhail gus an urrainn coimhearsnachdan, manaidsèaran fearainn agus

croitearan pròiseactan coille a chur air dòigh. Tha sinn a' toirt taic do Chomann nan Coilltean Coimhearsnachd gus comhairle neo-eisimeileach a thoirt seachad, agus tha sinn air Còd Carbon nan Coilltean ùrachadh gus croitearan a chuideachadh gus buannachd fhaighinn bho chreideas carboin. Tha sinn cuideachd air maoinachadh tabhartais a thoirt seachad airson a bhith a' cruthachadh choilltean anns na h-Eileanan a Tuath agus sna h-Eileanan Siar, far a bheil stèidheachadh choilltean gu tric nas daoire. Tro Phròiseact nan Coilltean Croite, a tha a' gabhail a-steach eileanan na h-Alba uile, tha sinn air taic a chumail ri àrdachadh mòr ann an cur choilltean le croitearan agus tuathanasan beaga.

► Brosnaichidh sinn tasgadh ann am pròiseactan coille eileanach a tha a' cumail taic ri eadar-ghluasad cothromach agus a tha a' togail beartas coimhearsnachd.

Eaconamaidh Chearcallach

Le eaconamaidh chearcallach, tha goireasan gan cleachdadh ann an dòigh nas èifeachdaiche agus tha nas lugha de dh'eimiseanan carboin ann. Tha i a' toirt aghaidh air eisimeileachd air sèineachan-solair, bheir i seachad cothroman cosnaidh ionadail agus ìslichidh i prìsean bathair.

Tha am [Mapa Slighe Eaconamaidh Chearcallach agus Sgudail gu 2030](#) (2024) agus dreachd [Ro-innleachd Eaconamaidh Chearcallach airson Alba](#) ag aithneachadh dhùbhlàn eileanach – a' gabhail a-steach bun-structair ath-chleachdaidh/ath-chuairteachaidh cuibhrichte, cosgaisean còmhhdail nas àirde, agus neo-chunbhalachdan ann an seirbheisean cruinneachaidh sgudail. Bidh co-obrachadh dlùth le coimhearsnachdan eileanach deatamach gus a' bhuidheas as motha fhaighinn bhon Mhapa Slighe agus bhon Ro-innleachd. Chan e toiseach tòiseachaidh a tha seo: tha pròiseactan ann aig ìre na coimhearsnachd mar-thà a tha a' gabhail a-steach iomairtean leithid ath-chleachdadh stuthan togail, leabharlannan innealan agus ionadan càraidh coimhearsnachd⁵¹. Tha gnìomh sa Mhapa Slighe gus an saoradh

Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

dùthchail airson ath-chuairteachadh sgudail bìdh ath-sgrùdadh agus a bhith a' co-dhealbhadh còd cleachdaidh reachdail airson ath-chuairteachadh dachaigheil. Bidh seo a' freagairt air diofar chruinn-eòlasan, stocan taigheadais agus bun-structair ath-chuairteachaidh air feadh na h-Alba. Thathar a' planadh pròiseas ath-sgrùdaidh coltach ris airson feumalachdan ath-chuairteachaidh agus sgudail coimeirsealta.

Tha sitigeadh mhì-laghail (fly tipping) a' toirt buaidh mhì-chuimseach air eileanan. Tha gealltanais san [Ro-innleachd Nàiseanta airson Sgudail is Sitigeadh Mì-laghail](#) againn (2023), a' gealltainn gum bi ceumannan smachdachaidh nas treasa air an cur an sàs agus tha i a' brosnachadh co-obrachadh le uachdarain, ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan. Còmhla ri seo, tha [Ro-innleachd Sgudal Mara na h-Alba](#) (2022) anns a bheil gnìomh a bhith a' dèanamh sgrùdadh air sgudal air tràighean nan eilean.

► Obraichidh sinn le coimhearsnachdan eileanach, ùghdarrasan ionadail agus gnìomhachasan gus fuasglaidhean eaconamaidh chearcallach ionadail a cho-dhealbhadh a tha a rèir amasan Mapa Slighe Sgudail is Eaconamaidh Chearcallach na h-Alba a bharrachd air an Ro-innleachd Eaconamaidh Chearcallaich a tha gu bhith ann.

Lùths Ath-nuadhachail agus Buannachdan Coimhearsnachd

Tha eileanan air thoiseach air càch ann an dèanamh cumhachd ath-nuadhachail - bho leasachaidhean mòra gu pròiseactan air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd. Tha an [Aithisg air Cothroman Cruth-atharrachail Roinneil air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan](#) (2025) a' toirt fa-near gu bheil pròiseactan lùths uaine ann an sgìrean eileanach le comas gus cur ri àireamhan-sluaigh aois-obrach a mheudachadh.

Tha sinn air tasgadh ann am bun-structair nam port, a' gabhail a-steach £33.7 millean airson Port Uisge Domhainn Steòrnabhaigh a tha a-nis deiseil, a fhuair £10 millean a bharrachd bho HIE. Mar phàirt den ghealltanais againn gus suas ri £500 millean a thasgadh thairis air còig bliadhna gus taic a thoirt dhan bhun-structair agus do na goireasan saothrachaidh a tha deatamach airson a bhith a' toirt fàs air roinn na gaoithe far a' chosta, tha sinn cuideachd air £5 millean a thoirt seachad airson Cidhe Uisge Domhainn Scapa agus còrr is £1.1 millean airson Cidhe Uisge Fìor-dhomhainn aig Caladh Lerwick, a bharrachd air £3.4 millean gus piseach a thoirt air ruigsinneachd Ionad Gnìomhachais Àirnis agus £1.8 millean airson pròiseact ùr Uisge Domhainn a Deas a tha Port Steòrnabhaigh a' moladh.

Tha fios againn gu bheil comas cuibhrichte a' ghriod a' cur bacadh air cuid de dh'eileanan bho bhith a' cur air dòigh lùths ath-nuadhachail ùr, agus mar thoradh air sin tha cuingealachaidhean ann an dà chuid airson leasachadh ionadail agus airson barrachd dì-charbonachadh de bhun-structair nan eilean. Ged a tha dealan na chùis glèidhte, cumaidh Riaghaltas na h-Alba orra a' dèanamh argamaid airson ùrachadh air a' ghriod gus taic a chumail ri feumalachdan agus miannan choimhearsnachdan eileanach.

Tha sinn ag obair còmhla ris an National Energy System Operator (NESO), ùghdarrasan ionadail eileanach, Ofgem, agus SSEN, gus ceanglaichean tar-chuir riatanach a libhrigeadh. Tha seo a' gabhail a-steach a' cheangail 600MW ùr bho Shealtainn gu tìr-mòr na h-Alba gus an gabh Stèisean Cumhachd Lerwick a chur air modh standby.

Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

Sgrùdadh Cùise – Boireannaich-dannsaidh Ghiogha

Chaidh Eilean Ghiogha a chur air a' mhargaidh ann an 2001. Le taic bho Mhaoin Fearainn na h-Alba agus HIE, cheannaich Urras Dualchas Eilean Ghiogha an t-eilean dhan choimhearsnachd sa Mhàrt 2002. 'S ann an Giogha a tha a' chiad leasachadh cruinn-gaoithe a tha ceangailte ris a' ghriod a tha fo shealbh na coimhearsnachd ann an Alba. Aithnichte mar na "Boireannaich Dannsaidh" agus air an ruith le Gigha Renewable Energy Limited, fo-chompanaidh de dh'Urras Dualchas Eilean Ghiogha, tha toradh nan trì cruinn-gaoith co-ionann ris a' mhòr-chuid de dh'iarrrtas dealain an eilein. Tha an cumhachd a nì na Boireannaich Dannsaidh air às-mhalairt agus air a reic ris a' ghriod dealain, a' dèanamh teachd-a-steach nach beag dhan eilean. Chaidh prothaidean ath-thasgadh gu h-ionadail gus taic a thoirt do phròiseactan togail beairteas coimhearsnachd eadar leasachaidhean taigheadais agus bun-structair turasachd agus iomairtean siubhail gnìomhach agus gleidhteachas dualchais. Bho chaidh a cheannach leis a' choimhearsnachd, tha àireamh-shluaigh Ghiogha cha mhòr air dùblachadh agus tha àireamh nan sgoilearan air a dhol am meud, agus is urrainn dhan choimhearsnachd coimhead ris an àm ri teachd le misneachd.

Tha stèiseanan cumhachd dìosail eileanach fhathast deatamach airson tèarainteachd cumhachd ma bhios fàilligidhean air a' ghriod nàiseanta no airson taic dhan ghriod. Tha sinn ag obair le companaidhean lìonra gus eisimeileachd air cùl-taic connaidh fosail a lùghdachadh agus gus ionadan dìosail/ola throm àrd eimisein a thoirt air falbh. Tha na stèiseanan seo saor bho riaghailtean càileachd adhair gu sealach, ach feumaidh Ministearan na h-Alba ath-sgrùdadh a dhèanamh air na saoraidhean mus tig iad gu crìch ann an 2033 (brìsidhean cumhachd air am planadh) agus 2039 (brìsidhean cumhachd nach eil air am planadh). Le ùine, thèid ceanglaichean nas treasa ris a' ghriod agus teicneòlasan ath-nuadhachail a chur an àite cùl-taic dìosail. Tha eileanan a' dèanamh deuchainnean air connadh beag-charboin mar-thà. Ann an Eday, mar eisimpleir, thathar a' cleachdadh cumhachd na mara agus cumhachd na gaoithe leis a' choimhearsnachd gus haidridean a chruthachadh nuair a tha cus dealain ann, agus thèid seo a stòradh an uair sin agus a thoirt gu Kirkwall gus cealla connaidh a ruith a tha comasach air cumhachd glan a thoirt seachad.

Tha coimhearsnachdan eileanach air innse dhuinn gu bheil buannachdan bho phròiseactan ath-nuadhachail dualtach a bhith slaodach nochdadh, agus gu bheil cosgaisean lùths fhathast àrd agus gu bheil bochdainn connaidh os cionn cuibheasachd na h-Alba. Tha seo a' sealltainn gu bheil feum air dòighean-obrach nas tràithe agus nas in-ghabhalaiche gus dèanamh cinnteach gum bi coimhearsnachdan a' faighinn buannachd bho luach an eadar-ghluasaid lùths.

Tha Sgeamaichean Buannachdan Coimhearsnachd nam pàirt stèidhichte agus bunaiteach de leasachaidhean lùths ath-nuadhachail air tìr ann an Alba. Ach, 's ann a tha iad nan rèiteachaidhean saor-thoileach a tha neo-eisimeileach bho na siostaman dealbhaidh is ceadachaidh againn. Tha an co-chomhairleachadh againn air Buannachdan Coimhearsnachd bho Leasachadh Lùths le Cothromachadh-carboin, còmhla ri rannsachadh neo-eisimeileach agus conaltradh le luchd-ùidh, a' fiosrachadh Phrionnsabalan Deagh Chleachdaidh ùraichte airson Buannachdan Coimhearsnachd,

Plana Nàiseanta nan Eilean



Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

a thathar an dùil fhoillseachadh ann an 2026 agus a bheir builean brìoghmhor fad-ùine do choimhearsnachdan.

Ged a tha an cumhachd gus sochairean coimhearsnachd òrdachadh aig Riaghaltas na RA, tha sinn a' cumail oirnn a' putadh airson aonta nas cothromaiche do choimhearsnachdan na h-Alba. Tha sinn air iarraidh gum bi sgeamaichean buannachd coimhearsnachd riatanach airson teicneòlasan air tìr a tha stèidhichte, frèam saor-thoileach làidir airson teicneòlasan a tha a' tighinn am bàrr agus dòigh-obrach chothromach a thaobh gaoth far a' chosta gus dèanamh cinnteach gum bi suidheachadh co-ionann air feadh Bhreatainn.

► Ùraichidh sinn Prionnsapalan Deagh Chleachdaidh Riaghaltas na h-Alba airson Buannachdan Coimhearsnachd, gus am bi buaidhean seasmhach, brìoghmhor aig na rèiteachaidhean sin agus gum bi iad a rèir feumalachdan choimhearsnachdan.

Tha cumhachd ath-nuadhachail leis a' choimhearsnachd a' sìor fhàs cumanta air feadh nan eilean, a' lùghdachadh eimiseanan agus a' cruthachadh teachd-a-steach ionadail a ghabhas ath-thasgadh. Tron Sgeama Lùths Coimhearsnachd is Ath-nuadhachail (Community and Renewable Energy Scheme - CARES), tha sinn air timcheall air £10.8 millean a thasgadh ann an 208 pròiseactan ann an eileanan na h-Alba. Ann an 2023, mar eisimpleir, fhuair Eigg Electric maoin eachadh gus trì crann-gaoithe ùra a stàladh agus gus am meanbh-ghrìod dealain aca ùrachadh. Ann an 2025-26, tro mheasgachadh de mhaoin eachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus bho GB Energy, bheir Maoin Fàs Lùths Coimhearsnachd suas ri £8 millean seachad gus togail a thoirt do lùths coimhearsnachd.



Plana Nàiseanta nan Eilean

Eileanan le Cothromachadh-carboin: Barrachd air Pròiseact Gnàth-shìde

Chaidh pròiseact Eileanan le Cothromachadh-carboin a chur air bhog ann an 2022, agus tha e a' toirt taic do shia eileanan – Barraigh, Cumaradh, Hoy, Ìle, Ratharsair agus Yell – gus cothromachadh-carboin a ruighinn ro 2040 agus gus modail coimhearsnachd a thogail airson ath-leumachd gnàth-shìde agus togail beartas ionadail. Tha Oifigear Leasachaidh Coimhearsnachd air a stèidheachadh sa choimhearsnachd ionadail anns gach eilean. Nì seo cinnteach gun tèid prìomhachasan a chumadh le guthan ionadail agus gum bi fòcas aig lìbhrigeadh air a' choimhearsnachd.

Na dh'atharraich

Tha na h-eileanan air adhartas mòr a dhèanamh mar-thà. Tha gnìomhachd èifeachdais lùths agus iar-fhiotaigeadh (retrofitting) taigheadais a' dol air adhart nas luaithe, rinneadh sgòpachd air obair ath-nuadhachaidh, tha sgilean agus comas ionadail air fàs, agus tha buidhnean coimhearsnachd a-nis ann an suidheachadh nas fheàrr gus cothrom fhaighinn air maoinachadh. Ann an Cumaradh mar eisimpleir, tha comas cumhachd-grèine air mullach thoglaichean air a dhol suas ceithir uiread; tha Ratharsair air oidhirpean ath-nuadhachadh nàdair a bhrosnachadh agus iad cuideachd a' lìonadh beàrnan cosnaidh ràitheil; agus ann an Ìle chaidh obair a dhèanamh gus piseach a thoirt air èifeachdas lùths ann an àiteachan coimhearsnachd agus taigheadas dachaigheil.

A' maoinachadh na h-ìomairt

Tha cuairtean maoinachaidh calpa farpaiseach ann gus taic a chumail ri pròiseact Eileanan le Cothromachadh-carboin agus tha riarachaidhean dìreach nas sùbailte ann gus taic a chumail ri seo cuideachd. Tha an dòigh-obrach seo air fàgail gun robh e comasach eadar-theachdan nas lugha, le buaidh mhòr (leithid pròiseactan fàs bìdh ionadail) a bhith ann còmhla ri oidhirpean dì-charbonachaidh air sgèile nas motha (leithid pròiseactan lùths ath-nuadhachail leis a' choimhearsnachd). A bharrachd air maoinachadh ghoireasan leantainneach airson buidhnean acair ionadail agus prìomh chom-pàirtichean, chaidh £3.9 millean de chalpa a riarachadh gus pròiseactan fo stiùir na coimhearsnachd a lìbhrigeadh.

Na tha sinn air ionnsachadh

- Bidh ceannardas ionadail a' lìbhrigeadh nas luaithe – bidh co-dhùnaidhean a nithear air an eilean a' giorrachadh an àm eadar beachdan agus lìbhrigeadh.
- Bidh modail measgaichte, a' gabhail a-steach maoinachadh calpa is ghoireasan, a' cur an comas gnìomh air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus amasan air sgèile nas motha.
- Tha co-bhuannachdan cudromach – bidh pròiseactan a chaidh a dhealbhadh airson cothromachadh-carbon a' toirt taic do dh'obraichean, sgilean, slàinte agus beairteas coimhearsnachd.

Sùil air adhart

Cuiridh pròiseact Eileanan le Cothromachadh-carboin ri lìbhrigeadh prìomh eileamaidean den eagan seo de Phlana Nàiseanta nan Eilean, a' cur ri geallaidhean thar nan Amasan Ro-innleachdail. Cumaidh sinn oirnn a' stiùireadh lìbhrigeadh a' phròiseict, a' co-roinn innealan agus eòlais le eileanan eile air feadh na h-Alba agus a' toirt taic do na coimhearsnachdan Eileanan le Cothromachadh-carboin againn gus maoinachadh gnàth-shìde fhaighinn airson tasgadh fad-ùine ann an dì-charbonachadh.

Gnàth-shìde, Nàdar agus Lùths

Teas agus èifeachdach a thaobh lùths

Tha dì-charbonachadh dhachaighean agus thogalaichean riatanach gus amasan gnàth-shìde agus bochdainn connaidh a choileanadh. Tha tòrr thaighean sna h-eileanan a tha far a' ghriod gas agus chan eil iad cho èifeachdach a thaobh lùths. Tha cosgaisean iar-fhiotaigeadh nas àirde agus nas lugha de roghainnean teasachaidh ag àrdachadh bhilean agus a' dèanamh bochdainn connaidh nas miosa. Ach, tha leasachaidhean a' dol air adhart mar-thà. Tha faisg air an dàrna leth de na daoine a fhreagair Suirbhidh Eileanan na h-Alba 2023 ag aithris gun do chuir iad a-steach teas-ghleidheadh a bharrachd agus tha 14% air pumpa teas a chur a-steach.

Tha sgeamaichean maoineachaidh a tha a' toirt taic do leasachaidhean sàbhalaidd lùths air feadh na h-Alba air an dealbhadh gus feart a thoirt air na cosgaisean agus na h-ìrean bochdainn connaidh nas àirde a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach. Bidh prògram Dachaidhean nas Blàithe Alba (WHS) a' cleachdadh Prìs Nàiseanta Chustamairean gus am faigh custamairean ion-roghnach an aon ìre de leasachadh ge b' e càite a bheil iad a' fuireach. Tha naoi companaidhean beaga is meadhanach a tha stèidhichte sna h-eileanan san t-sèine-solair airson luchd-stàlaidh Dachaidhean nas Blàithe Alba. Mar an ceudna, tha sgeama Tabhartasan is lasadan aig Home Energy Scotland a' gabhail a-steach àrdachadh eileanach, agus, tro na Sgeamaichean Stèidhichte air Sgìre, tha sinn air còrr is £110 millean a thoirt do dh'ùghdarrasan eileanach bho 2013.

➤ Obraichidh sinn le coimhearsnachdan eileanach agus ùghdarrasan ionadail gus luchd-seilbh thaighean agus ghnìomhachasan gus na h-eimiseanan bho thogalaichean a lùghdachadh.

Tha cnapan-starra a bharrachd mu choinneamh luchd-cleachdaidh eileanach a tha an urra ri ola teasachaidh, LPG agus connadh cruaidh – margaidhean nach eil air an riaghladh le Ofgem – a' gabhail a-steach cosgaisean còmhdaidh, meudan òrdugh as ìsle agus riathanasan gus pàigheadh ro-làimh.

➤ Nì sinn conaltradh le coimhearsnachdan eileanach, solaraichean connaidh agus Riaghaltas na RA gus beachdachadh air dòighean air na dùbhlain a tha mu choinneamh luchd-cleachdaidh eileanach a tha a' cleachdadh seòrsaichean connadh eile airson teasachadh a lasachadh, a' gabhail a-steach roghainnean airson goireasan creideis a leasachadh.



Bochdainn, Cosgais bith- beò agus Ceartas Sòisealta

Bochdainn, Cosgais bith-beò agus Ceartas Sòisealta

Tha buaidhean sòisio-eaconamach sònraichte aig bochdainn, a' lagachadh aonadh sòisealta agus a' leabachadh ana-cothroman ann an coimhearsnachdan ionadail. Bidh diofar dhùbhlain eileanach – a' gabhail a-steach iomallachd chruinn-eòlasach, cosgais bith-beò nas àirde, cothroman cosnaidh cuibhrichte agus uaireannan bacaidhean air seirbheisean poblach – a' tighinn còmhla gus pàtrain neo-ionannachd a chruthachadh.

A rèir Clàr-innse loma-bhochdainn na h-Alba (SIMD) 2020, tha nas lugha de dh'ana-cothrom sna h-eileanan san fharsaingeachd an taca ri sgìrean eile den dùthaich. Ach, ged a tha Clàr-innse loma-bhochdainn na h-Alba èifeachdach ann a bhith a' comharrachadh sgìrean le dùmhachadh de bhochdainn, tha feum air dòigh-obrach nas lìomhte gus pòcaidean de dh'ana-cothrom a lorg ann an sgìrean far a bheil sluagh nas sgapte ann. Ma nithear anailis air leth air sgìrean eileanach, gabhaidh measadh nas fheàrr a dhèanamh air bochdainn, a tha a' toirt feart air cuideaman nan cosgaisean bith-beò sònraichte aca agus a' soillseachadh pàtrain bochdainn a dh'fhaodadh a bhith falaichte ann an dàta roinneil agus nàiseanta nas fharsainge.

Tha an dealbh iom-fhillte gu dearbh. Ged nach eil ana-cothrom sna h-eileanan daonnan cho follaiseach, tha e fhathast a' toirt buaidh mhòr air daoine. Tha an àireamh sa chiad de luchd-freagairt Suirbhìdh Eileanan na h-Alba 2023 a tha ag aithris gu bheil an teaghlach aca a' dèanamh gu math a thaobh ionmhais nas ìsle na an àireamh sa chiad ann an Alba air fad, le eileanaich òga nas dualtaiche aithris gu bheil cuideaman ionmhais orra.

Chaidh Maoin Èiginn Cosgaisean nan Eilean a stèidheachadh san Dùbhlachd 2022, agus tha iad air £4.4 millean a thoirt do na sia ùghdarrasan ionadail eileanach gus taic a thoirt do theaghlaichean a tha ann an cunnartan bho chuideaman cosgais bith-beò. Tha a' Mhaoin air sùbailteachd a thabhann do dh'ùghdarrasan gus taic a dhealbhadh a rèir feumalachdan ionadail,

a' cuideachadh eileanaich gus dèiligeadh ri roghainnean duilich eadar teasachadh, ithe agus rudan riatanach eile.

Tha eaconamaidh le cosgaisean àrd air a bhith aig na h-eileanan bho chionn fhada agus tha an èiginn bith-beò air cur ris na cuideaman sin, a' sealltainn laigsean structaireach ann an eaconamaidhean is seirbheisean eileanach. Ach tha coimhearsnachdan eileanach air dearbhadh uair is uair gu bheil iad ath-leumach agus cruthachail. Leis an taic cheart, cumaidh iad orra a' cur às do chnapan-starra, le bhith a' lùghdachadh bochdainn agus a' cur ri sunnd.

Tèarainteachd shòisealta

Tha a bhith a' dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile neach ion-roghnach ann an Alba cothrom air an taic tèarainteachd shòisealta air a bheil iad airidh na dhleastanas laghail agus na phrìomhachas bunaiteach do Riaghaltas na h-Alba. Tha an [Ro-innleachd a thaobh Ìre Gabhail ri Sochairean](#) (2021) fhathast aig cridhe ar cuid oidhirpean gus cnapan-starra a lùghdachadh a thaobh ruigsinneachd air còraichean. A dh'aindeoin adhartas mòr, tha fios againn gu bheil cuid de dhaoine fhathast a' call a-mach. Tha dùbhlain le cothrom air taic air an dèanamh nas miosa ann an coimhearsnachdan eileanach, far a bheil cruinn-eòlas, ceanglaichean, agus draghan mu dhìomhaireachd a' cuingealachadh ruigsinneachd air taic barrachd.

Tha [Plana Gnìomha nam Buidhnean nach Cluinnear gu tric](#) (2025) a' cur air adhart prògram 12-mìosan a tha ag amas air conaltradh agus ruigsinneachd a leasachadh dhaibhsan a tha dualtach a bhith air an dùnadh a-mach. Fiosraichidh am plana seo cuideachd cruthachadh na h-ath Ro-innleachd a thaobh Ìre Gabhail ri Sochairean, ris a bheil dùil ron/san Dàmhair 2026.

Le bhith a' leabachadh fheumalachdan agus eòlas beatha nan coimhearsnachdan eileanach ann an dealbhadh phoileasaidhean agus libhrigeadh sheirbheisean, is urrainn dhuinn cnapan-starra a lùghdachadh, teachd-a-steach theaghlaichean a

Bochdainn, Cosgais bith-beò agus Ceartas Sòisealta

mheudachadh, agus piseach a thoirt air a' chomas againn gus na daoine air a bheil tèarainteachd shòisealta ag amas a chuideachadh gus a ruighinn. Tha an dòigh-obrach seo a rèir an dealais nas fharsainge againn a thaobh cothromachd, inghabhail agus còraichean daonna.

► Nì sinn cinnteach gun tèid beachdachadh air cnapan-starra a thaobh gabhail ri sochairean sòisealta a bheir buaidh air coimhearsnachdan eileanach mar phàirt de chruthachadh na h-ath Ro-innleachd a thaobh Ìre Gabhail ri Sochairean, a tha ri thighinn ron/san Dàmhair 2026.

Tha Tèarainteachd Shòisealta Alba an dùil barrachd mion-sgrùdaidh a dhèanamh air suidheachadh nan coimhearsnachdan eileanach an taca ri sgìrean eile de dh'Alba, a' mineachadh eadar-dhealachaidhean subsainteach ann am foillseachaidhean rannsachaidh shòisealta gus libhrigeadh san àm ri teachd fhiosrachadh.

Bochdainn Chloinne

San fharsaingeachd, chan eil bochdainn chloinne cho cumanta sna h-eileanan an taca ris a' chòrr de dh'Alba⁵². Ach, tha pròifil bochdainn shònraichte aig eileanan: tha co-dhiù aon neach-obrach ann am faisg air trì cairteal de theaghlaichean le teachd-a-steach ìosal, an taca ri 6 às gach 10 ann an sgìrean eile, a' sealltainn gu bheil bochdainn aig daoine aig a bheil obair air àrdachadh bho 2015 gu 2023⁵³.

'S e a bhith a' cur às do bhochdainn chloinne am prìomhachas as motha de na ceithir prìomhachasan eadar-cheangailte aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh gnìomh cuimsichte a ghabhail ann an suidheachaidhean eileanach, le fòcas air fuasglaidhean shònraichte a tha freumhaichte anns na coimhearsnachdan sin.

Tro [Achd Bochdainn na Cloinne \(Alba\) 2017](#), tha sinn air targaidean laghail a shuidheachadh

gus an àireamh de chloinn a tha a' tighinn beò ann am bochdainn a lùghdachadh gu mòr ro 2030. Tha sinn air raon de cheumannan leantainneach is amalaichte a chur an sàs mar-thà a tha a' cur aghaidh air na trì prìomh adhbharan airson bochdainn: teachd-a-steach bho chosnadh, cosgaisean bith-beò agus teachd-a-steach bho thèarainteachd shòisealta. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur an gnìomh Pàigheadh Chloinne na h-Alba, a tha leudachadh ruigsinneachd air cùram-chloinne agus tasgadh ann an seirbheisean cosnaidh tiomnaichte.

Ged a tha frèam nàiseanta làidir ro-chudromach, tha adhartas brìoghmhor air dèiligeadh ri bochdainn chloinne an urra ri eadar-theachdan sònraichte do shuidheachaidhean shònraichte nan coimhearsnachdan ionadail.

Fo Achd na Bochdainn Chloinne (Alba) 2017, feumaidh ùghdarrasan ionadail agus bùird slàinte buntainneach co-aithisgean bliadhnail ullachadh gus na gnìomhan a tha iad air gabhail, agus an dùil a ghabhail, gus dèiligeadh ri bochdainn chloinne anns na sgìrean aca a mhìneachadh. Bidh Riaghaltas na h-Alba ag obair còmhla ri com-pàirtichean nàiseanta eile gus taic a thoirt dhan fheadhainn a tha an urra ri dèiligeadh ri bochdainn chloinne ionadail, a' gabhail a-steach tro bhith a' co-roinneadh eòlas agus a' toirt seachad comhairle air Aithisgean Gnìomha Bochdainn Chloinne Ionadail. Tro Mhaoin Luathachaidh Cleachdadh Bochdainn Cloinne (Child Poverty Practice Accelerator Fund), tha sinn cuideachd a' toirt seachad taic ionmhais gus deuchainnean a dhèanamh air dòighean-obrach ionadail ùra gus dèiligeadh ri prìomh adhbharan bochdainn chloinne.

Bidh Fairer Future Partnerships (FFPan) a' toirt chom-pàirtichean ionadail is nàiseanta còmhla gus seirbheisean nas aonaichte agus nas freagairtiche a thogail a chuidicheas teaghlaichean gus tighinn a-mach à bochdainn. Tha FFPan ag obair ann an 16 sgìrean ùghdarras ionadail an Alba. Tha gealltanais ann am Prògram Riaghlaidh 2025-26 airson FFP ùr a stèidheachadh ann

Bochdainn, Cosgais bith-beò agus Ceartas Sòisealta

an Sealtainn – tha seo a-nis air tòiseachadh, a' togail air an Anchor Early Action Project aca. Tha sinn cuideachd air "Adopt and Adapt" a chur ris an dòigh-obrach FFP againn, a' maoineachadh ùghdarrasan ionadail leithid Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Arcaibh agus Comhairle nan Eilean Siar airson a dhol an sàs anns a' phrògram ionnsachaidh agus an t-ionnsachadh bho seo a leabachadh san obair aca air bochdainn chloinne.

Mar an ceudna, tha dòigh-obrach Taic dhan Teaghlach Iomlan (WFS) ga cur an gnìomh le ùghdarrasan ionadail air feadh na h-Alba, agus tha Siorrachd Àir a Tuath air aon de na sgìrean a ghabh ris an sgeama gu tràth. Tha ar dòigh-obrach ag amas air cnapan-starra a thoirt air falbh aig ìre nàiseanta gus barrachd sùbailteachd a thoirt do chom-pàirtichean ionadail gus feumalachdan theaghlaichean le teachd-a-steach ìosal a choileanadh.

Sgrùdadh Cùise – Pròiseact Anchor Early Action, Sealtainn

Air a chur air bhog le Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Shealtainn ann an 2018, bha Anchor Early Action Project ag amas air dèiligeadh ri bochdainn chloinne ann an co-theacsa cosgais àrd bith-beò nan eilean. Chuir am pròiseact cuideam air fuasgladh dhuilgheadasan fo stiùir an teaghlaich, ag atharrachadh an fhòcais bho fhreagairt èiginneach gu eadar-theachd tràth. Rè beatha a' phròiseict, fhuair 67 teaghlach buannachd bho thaic phearsanaichte gun stiogma. Sheall measadh cho cudromach 's a tha e conaltradh brìoghmhor a bhith ann agus gun robh deagh bhuidh aig a' phròiseict air misneachd theaghlaichean agus air a' chomas aca a bhith a' sireadh atharrachadh. Dh'fhiosraich ionnsachadh bhon phròiseact, a thàinig gu crìch ann an 2023, buaidh air stèidheachadh Sgioba Acair nan Teaghlaichean, a tha leabaichte air feadh sgoiltean Shealtainn agus air a chumail suas tro Mhaoin Sunnd an Teaghlaich air Fad aig Riaghaltas na h-Alba.



Bochdainn, Cosgais bith-beò agus Ceartas Sòisealta

Tha sinn a' leantainn air adhart le cur an gnìomh toraidhean an [rannsachaidh againn air Bochdainn Chloinne ann an sgìrean dùthchail is eileanach \(2022\)](#) agus tha sinn air [aithisg](#) fhoillseachadh (2025) gus cur ris an tuigse againn air nàdar is co-theacsa bochdainn ann an sgìrean dùthchail is eileanach. Togaidh sinn air an ionnsachadh seo gus dèanamh cinnteach gu bheil suidheachaidhean sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach ri fhaicinn anns an treas eagra, an t-eagra mu dheireadh, den Phlana Lìbhrigidh gus Dèiligeadh ri Bochdainn Chloinne, a tha gu bhith a' tighinn a-mach ro dheireadh a' Mhàirt 2026.

▶ Nì sinn cinnteach gun tèid an t-ionnsachadh agus na lèirsinnean a fhuaradh bhon Fairer Futures Partnership ann an Sealtainn agus an dòigh-obrach Taic dhan Teaghlach Iomlan a cho-roinn le sgìrean eileanach, a' cur ris an tuigse againn air na ceumannan a tha èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri bochdainn chloinne ann an coimhearsnachdan eileanach.

Nì sinn ath-sgrùdadh air an stiùireadh mu dheasachadh Aithisgean Gnìomha Bochdainn Chloinne Ionadail agus beachdaichidh sinn air mar as fheàrr a dhèiligear ris na dùbhlain shònraichte a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach.

Bochdainn Connaidh

Bho chaidh a' chiad Phlana Nàiseanta airson nan Eilean fhoillseachadh ann an 2019, tha teaghlach is gnìomhachasan eileanach air a bhith fo chuideam mòr bho àrdachadh ann am prìsean connaidh. Còmhla ri gnàth-shìde nas cruaidhe agus roghainnean connaidh cuibhrichte, tha cosgaisean lùths àrda a' cur suas ìrean bochdainn connaidh, le faisg air an dàrna leth de luchd-freagairt Suirbhidh Eileanan na h-Alba 2023 ag aithris gu bheil an dachaigh aca uaireannan a' faireachdainn ro fhuar sa gheamhradh.⁵⁴

Tha mòran dhachaighean sna h-eileanan nach eil air grid a' ghas fhathast – tha seo a' gabhail a-steach a h-uile taigh ann an Arcaibh agus Sealtainn agus 89% de na thaighean anns Na h-Eileanan Siar⁵⁵. Leis gu bheil dealan gu math nas daoire na gas bhon ghriod gach kilowatt-uair, gu tric bidh bilean lùths nas àirde aig eileanaich na th' aig daoine ann an àiteachan eile ann an Alba.

Tha bochdainn connaidh nas motha na cosgaisean teasachaidh a-mhàin. Mar thoradh air ana-cothrom, bidh aig tòrr theaghlachan gus cuibhreann neo-chothromach den teachd-a-steach aca a chosg air lùths, a' fàgail nas lugha de dh'airgead airson rudan riatanach eile leithid biadh, còmhdhail agus aodach. Tha an suidheachadh seo a' fàgail nach eil tèarainteachd ionmhasail aig teaghlachan, a' lùghdachadh an cumhachd ionmhasail agus a' lagachadh eaconamaidhean eileanach.

Tha sinn air leantainn air adhart a' gabhail cheuman às dèidh fhoillseachadh ar [Ro-innleachd Bochdainn Connaidh](#) (2021), gus na targaidean reachdail againn a choileanadh, mar a tha air a mhìneachadh anns [a chiad aithisg ùineach air bochdainn connaidh](#) (2025). Dh'fhoillsich Pannal Comhairleachaidh Bochdainn Connaidh na h-Alba, a tha neo-eisimeileach, [an fhreagairt](#) neo-eisimeileach agus thug iad seachad molaidhean air gnìomhan san àm ri teachd, agus tha sinn a' beachdachadh orra a-nis mar phàirt den obair againn gus an Ro-innleachd Bochdainn Connaidh ath-sgrùdadh ron Dùbhlachd 2026.

Ged a tha sinn moiteil às na gnìomhan agus na tasgaidhean a rinn sinn gus dèiligeadh ri bochdainn connaidh, tha e follaiseach gum feumar dèiligeadh ri prìsean àrda a' chonnaidh, agus 's ann le Riaghaltas na RA a tha na prìomh chumhachdan fiosgail is poileasaidh gus fìor dhiofar a dhèanamh. Tha [Suirbhidh air Cor Thaighean na h-Alba \(2023\)](#) a' meas gu bheil 34% de na teaghlachan uile (no timcheall air 861,000) a' fulang bho bhochdainn connaidh. Tha modaladh a rinn sinn a' sealltainn gum biodh na h-oidhirpean a tha sinn a' dèanamh ann an Alba air lùghdachadh de mu

Bochdainn, Cosgais bith-beò agus Ceartas Sòisealta

389,000 teaghlach ann am bochdainn connaidh adhbharachadh nan robh prìsean connaidh air fuireach aig ìrean 2019.

San [aithisg dheireannach](#) aca, mhol ar Buidheann-obrach air Taraifean Sòisealta gum bu chòir ion-roghnachd obrachadh a-mach stèidhichte air seata iom-fhillte de shlatan-tomhais - a' gabhail a-steach dùthchalachd - agus gum bu chòir a chur an sàs airson a h-uile seòrsa connaidh. Tha sinn a' creidsinn gur e taraif sòisealta an dòigh as fheàrr gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-cleachdaidh lùths air an dìon bho chosgaisean àrda agus gum biodh an lùths aig teaghlaichean nas saoire agus nas seasmhaiche san fhad-ùine, a' lùghdachadh a' choltais gum bi fiachan lùths ann. Tha an anailis againn a' sealltainn gum biodh bilean connaidh aig timcheall air 660,000 teaghlach air an lùghdachadh le timcheall air £700 fo mholaidhean Riaghaltas na h-Alba airson lasachaidhean cuimsichte, leis an àireamh de dhachaighean ann am bochdainn connaidh air a lùghdachadh le timcheall air 135,000. Tha sinn air iarraidh uair is uair air Riaghaltas làithreach agus Riaghaltas mu dheireadh na RA gus am poileasaidh ro-chudromach seo a thoirt a-steach.

► Nì sinn conaltradh le Riaghaltas na RA mu ath-leasachaidhean margaidh lùths, a' tagradh airson barrachd soilleireachd air na buaidhean a bhios ann do luchd-pàighidh bhilean agus a' brosnachadh a bhith a' cruthachadh pasgan taic gus dèiligeadh ri bochdainn connaidh.

Coimheadaidh sinn air a' chomas dàta aig ìre ùghdarrasan ionadail a chleachdadh gus buaidh taraif lùths shòisealta air coimhearsnachdan eileanach a sgrùdadh.

Ciorram agus Ruigsinneachd

Is e ar lèirsinn gum bi làn thaic aig a h-uile duine ann an Alba air a bheil ciorram gus pàirt a ghabhail sa chomann-shòisealta, na còraichean aca a chur an sàs agus gus soirbheachadh anns na coimhearsnachdan aca. Tha am [Plana Co-ionannachd Ciorraim](#) aig Riaghaltas na h-Alba (2025) ag amas air trì prìomh raointean: taic ionmhais a thoirt do theaghlaichean anns a bheil cuideigin le ciorram, piseach a thoirt air slàinte-intinn agus taic a thoirt do dhaoine le ciorraman a bhith a' gabhail làn phàirt sna coimhearsnachdan aca. Ann an 2025-26, chaidh £3 millean a riarachadh gus taic a thoirt dhan Phlana.

Tha am Plana Co-ionannachd Ciorraim stèidhichte air modail sòisealta a' chiorraim, a tha ag aithneachadh nach eil daoine fa leth "ciorramach" mar thoradh air na suidheachaidhean slàinte a th' orra, ach mar thoradh air cnapan-starra mun coinneamh a tha sòisealta, structarail agus stèidhichte air beachdan. Ann an coimhearsnachdan eileanach, tha cuid de na dùbhlain sin air an dèanamh nas miosa le cruinne-eòlas - a' gabhail a-steach astaran siubhail nas fhaide, ruigsinneachd nas cuingealaichte air seirbheisean sònraichte, agus nas lugha de chothroman ionadail airson cosnadh, trèanadh agus foghlam.

Tha am Plana Co-ionannachd Ciorraim a' gealltainn gun obraichear gu h-in-ghabhalach le coimhearsnachdan dùthchail is eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan is guthan ionadail a' toirt buaidh air dealbhadh is lìbhrigeadh sheirbheisean. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur air adhart chothroman a tha air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd gus ionnsachadh a cho-roinn agus gus buaidh a thoirt air leasachadh phoileasaidhean nas fharsainge airson sgìrean dùthchail is eileanach, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad ag obair airson daoine air a bheil ciorram - a' toirt dhaibh saorsa, urram agus roghainnean a thaobh am beatha.

Bochdainn, Cosgais bith-beò agus Ceartas Sòisealta

▶ Stèidhichidh sinn buidheann-obrach shònraichte a bheir còmhla Buidhnean do Dhaoine air a bheil Ciorram, ùghdarrasan ionadail eileanach, agus riochdairean coimhearsnachd gus tuigse iomlan fhaighinn air na cnapan-starra a tha mu choinneamh nan daoine air a bheil ciorram a tha a' fuireach sna h-eileanan.

▶ Cuiridh sinn taic ri luchd-cleachdaidh lùths sna h-eileanan gus taic agus comhairle fhaighinn mu chosgaisean lùths, meataireachd agus dì-charbonachadh le bhith ag obair le buidhnean comhairleachaidh gus seirbheisean a chruthachadh a tha freagarrach do na feumalachdan aca.

Coinsiumairean Eileanach

Tha coimhearsnachdan eileanach ann am barrachd chunnart bho atharrachaidhean ann an seirbheisean agus goireasan riatanach, le margaidhean nas lugha agus roghainnean luchd-cleachdaidh nas cuingealaichte an taca ri sgìrean eile den dùthaich. Bheir lùghdachadh sam bith air tricead agus ruigsinneachd nan seirbheisean sin buaidhean sòisio-eaconamach neo-chothromach seachad, a' lagachadh sunnd agus seasmhachd na coimhearsnachd.

Tha na dùbhlain a thaobh cur dheth Radio Teleswitch Service (RTS) – a tha air a stiùireadh leis a' ghnìomhachas agus gu tur glèidhte le Riaghaltas an RA – a tha na eisimpleir leantainneach de cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt fa-near do shuidheachaidhean eileanach ann an dealbhadh is libhrigeadh atharrachaidhean seirbheis. Tha meatairean RTS cumanta ann an dachaighean aig a bheil siostaman teasachaidh dealain agus lorgar iad nas trice ann an sgìrean a tha far grid a' ghas, a' gabhail a-steach mòran de na h-eileanan againn. Mura h-eil meatairean ùra an sàs, tha cunnart ann gum bi teaghlaichean is gnìomhachasan às aonais dealain no gum bi bilean nas àirde aca. Ach, tha e doirbh do mhòran eileanaich meatairean ùra fhaighinn.

Tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith ag obair còmhla ri Ofgem, Riaghaltas na RA agus gnìomhachas tron Bhuidheann-obrach RTS. Tha àireamh nach beag de dhachaighean ann an Alba a tha feumach air ùrachadh agus tha sinn a' cur ìmpidh air a' ghnìomhachas oidhirpean as ùire a dhèanamh air seo.

Mar an ceudna, tha mòran choimhearsnachdan eileanach an urra ri oifisean a' phuist mar cho-ionadan deatamach airson seirbheisean riatanach leithid libhrigeadh pharsailean, pàigheadh bhilean agus bancaireachd. Tha sinn a' cumail oirnn a' cur ìmpidh air Riaghaltas na RA gus oifisean puist eileanach a dhìon, ag aithneachadh nach eil roghainnean eile rim faighinn gu furasta. Tha cosgaisean nas àirde aig cuid de dh'eileanaich airson pacaidean a chur na tha aig coimhearsnachdan air tìr-mòr na h-Alba, agus is dòcha nach bi e comasach dhaibh na h-aon sheirbheisean puist is libhrigidh fhaighinn, a' cuingealachadh ruigsinneachd air bathar agus a' cur barrachd cuideam air buidseatan theaghlaichean agus gnìomhachasan ionadail.

Ged a tha iad air an gabhail a-steach ann an targaidean astar libhrigidh aig ìre na RA air fad, chan eil Sealtainn, Arcaibh, agus Na h-Eileanan Siar còmhdaichte leis na h-inbhean astar libhrigidh aig ìre Sgìre Còd-puist airson post Ciad Chlas a dh'fheumas am Post Rìoghail a choileanadh. Tha an suidheachadh seo a' fàgail nach eil an aon ìre de sheirbheis aig na coimhearsnachdan sin 's a tha aig a' chòrr den RA. A rèir rannsachaidh le Luchd-cleachdaidh Alba, gun deach cìsean a bharrachd a chur air 72% de choinsiumairean air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan nuair a dh'òrdaich iad pacaidean air-loidhne⁵⁶.

Bochdainn, Cosgais bith-beò agus Ceartas Sòisealta


▶ Air a stiùireadh le rannsachadh agus molaidhean Luchd-cleachdaidh Alba, obraichidh sinn còmhla ri Riaghaltas na RA, am Post Rìoghail, Oifis a' Phuist, Ofcom, agus companaidhean lìbhrigidh pharsailean gus dèanamh cinnteach gum faigh coimhearsnachdan is gnìomhachasan eileanach cothrom air seirbheisean riatanach, a' gabhail a-steach bancaichean agus seirbheisean puist is lìbhrigidh cothromach.

Ged a tha rèiteachaidhean ath-shlànachaidh làidir ann air feadh na h-Alba, tha cothrom ann fhathast an neartachadh barrachd agus gus dèanamh cinnteach gun toir iad barrachd feart air suidheachadh choimhearsnachdan eileanach – gu sònraichte a thaobh biadh, lùths agus ceangailteachd dhidseatach.

▶ Obraichidh sinn le ùghdarrasan ionadail agus le prìomh luchd-ùidh eile gus ionnsachadh bho bhuaireadhean a bheir buaidh air coimhearsnachdan eileanach agus gus an t-ionnsachadh a chur an sàs, a' cuideachadh le bhith a' neartachadh deisealachd agus planadh freagairt, a' gabhail a-steach bun-structair didseatach agus ath-leumachd a thaobh bìdh.

Ath-leumachd agus Deisealachd

Tha cultar làidir de dheisealachd agus de fhreagarrachadh aig coimhearsnachdan eileanach mar thoradh air cruinn-eòlas agus sìde gharbh nan eilean. Ach, nuair a bhios buaireadh leantainneach ann, bidh dùbhlain mhòra fhathast mu choinneamh nan eilean. Tha sèineachan-solair nan eilean so-leòinte agus gu mòr an urra ri ceanglaichean aiseig is itealain, agus bheir droch shìde, fàilligidhean meacanaigeach agus tachartasan ris nach robh dùil buaidh orra sin. Tha bun-structair ceangailteachd dhidseatach cuideachd buailteach do dhroch sìde agus do mhilleadh air adhbharachadh le daoine, agus mar sin feumar freagairtean luath – ann an suidheachaidhean dùbhlach gu tric – gus buaireadh a lùghdachadh agus gus seirbheisean ath-stèidheachadh.



Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

Airson miannan a' Phlana seo a choileanadh, feumar dlùth co-obrachadh a bhith ann eadar gach ìre de riaghaltas. Le bhith ag obair còmhla, agus le bhith a' cumail taic ri coimhearsnachdan eileanach ann an dòighean a tha a rèir an amasan agus an neartan sònraichte, tha ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nàiseanta san àite as fheàrr airson atharrachadh brìoghmhor a thoirt gu buil. Tha seo a rèir a' mholaidh a rinn Coimisean Chòraichean Daonna na h-Alba, a chuir cuideam air cho cudromach 's a tha poileasaidhean a ghabhas atharrachadh a rèir feumalachdan sònraichte nan eilean agus nan sgìrean dùthchail⁵⁷.

Tha fianais a' sealltainn gu bheil coimhearsnachdan eileanach soirbheachail nuair a tha cumhachd aig muinntir an àite gnìomh a ghabhail – eadar a bhith a' ruith stòrasan coimhearsnachd agus a bhith a' cumadh sheirbheisean ionadail. Bidh buidhnean coimhearsnachd làidir a' togail seasmhachd, a' cuideachadh le bhith a' cumail is a' tàladh eileanaich ùra le bhith a' cruthachadh misneachd a thaobh an àm ri teachd, agus a' cur gu dìreach ri amasan nàiseanta air sunnd, cothromachadh-carboin agus fàs in-ghabhalach.

Tha ar n-amas sìmplidh: gus comas a thoirt do dh'eileanan soirbheachadh anns an dòigh aca fhèin. Tha feum air frèamaichean làidir airson reachdas, co-chomhairleachadh agus dealbhadh gus an lèirsinn seo a lìbhrigeadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil guthan muinntir nan eilean air an leabachaidh ann an co-dhùnaidhean aig gach ìre.

Tha coimhearsnachdan air innse dhuinn gum feum tasgaidhean practaigeach is seasmhach a bhith an lùib cumhachdachadh, a thogas comas-lìbhrigidh am measg bhuidhnean ionadail agus a bheir taic do lìbhrigeadh phròiseactan a tha air an stiùireadh gu h-ionadail. Tha goireasan agus leasachadh sgìlean iomchaidh riatanach gus gluasad bho lèirsinn gu lìbhrigeadh.

Tha brosnachadh agus dìon dualchas nan eilean bunaiteach san rùn againn a thaobh cumhachdachadh coimhearsnachd. Thuir mòran de na daoine a ghabh pàirt sa cho-chomhairle a thug cumadh air a' Phlana seo dhuinn gu bheil am faireachdainn de bhuinteanas ceangailte gu dlùth ri traidiseanan agus cultar an eilein aca. Cha bhuin dualchas dhan àm a dh'fhalbh a-mhàin, tha e na stòras beò a neartaicheas coimhearsnachd, a thogas ceanglaichean eadar ginealaichean agus a bhrosnaicheas fàs eaconamach. 'S e ar lèirsinn a th' againn gum bi cumhachd aig eileanaich gus na prìomhachasan aca fhèin a chumadh, àm ri teachd a thogail dhaibh fhèin, agus na rudan a tha sònraichte mun choimhearsnachd aca a dhìon.

Riaghaltas Ionadail

Fhad 's a bha sinn a' cruthachadh a' Phlana seo, tha sinn air comhairle iarraidh bho chom-pàirtichean ann an riaghaltas ionadail agus air conaltradh gu dìreach le muinntir nan eilean. Chan eil foillseachadh a' phana seo a' ciallachadh gu bheil sinn air ar ceann-uidhe a ruighinn – cumaidh sinn oirnn a' conaltradh agus a' co-chomhairleachadh tron ìre buileachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean agus tasgaidhean stèidhichte air eòlas beatha.

Ged is e Riaghaltas na h-Alba a bhios a' suidheachadh an fhrèam reachdail agus a bheir seachad tasgadh cuimsichte, is iad na h-ùghdarrasan ionadail a tha as fhaisge air coimhearsnachdan agus a tha san t-suidheachadh as fheàrr airson seirbheisean agus fuasglaidhean a dhealbhadh a tha a rèir feumalachdan ionadail.

Is e aon de na prìomh ullachaidhean ann an Achd nan Eilean (Alba) 2018 an comas cumhachdan a bharrachd a ghluasad gu ùghdarrasan ionadail eileanach. Tha an dòigh-obrach seo air a dealbhadh gus fèin-riaghladh a neartachadh agus gus cothrom nas motha buileach a chruthachadh airson seirbheisean a dhealbhadh a rèir feumalachdan sònraichte nan sgìrean eileanach. Gu ruige seo, cha deach Iarrtas Chumhachdan a Bharrachd sam bith a chur a-steach.

Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

Prògram nan Eilean

- Tha Prògram nan Eileanan aig Riaghaltas na h-Alba, a chaidh stèidheachadh ann an 2021-2022, air tasgadh calpa a libhrigeadh ann am pròiseactan bun-structair riatanach a chaidh a chruthachadh gu h-ionadail agus a tha a' freagairt air Amasan Ro-innleachdail Plana Nàiseanta nan Eilean. Gu ruige seo, tha Prògram nan Eilean air 88 tabhartasan a thoirt seachad a tha a' toirt taic do 55 eileanan fa leth, le sùim iomlan de £19.7 millean. Am measg nam pròiseactan a tha a' faighinn taic bhon sgeama, tha sgoil-àraich ùr ann an Kirkwall agus leudachadh air Dachaigh-cùraim Tigh-a-Rudha ann an Tiriodh, agus ath-leasachadh seann sgoil Èirisgeigh agus ath-fhosgladh Ionad-amhairc Eòin Fair Isle.

| Ùghdarras ionadail | Àireamh dhuaisean | Maoineachadh iomlan (cruinnichte) | Eileanan |
|------------------------|-------------------|-----------------------------------|-----------|
| Earra Ghàidheal is Bòd | 19 | £3.1 m). | 13 |
| Comhairle | 21 | £4.3 m). | 11 |
| A' Ghàidhealtachd | 17 | £2.8 m). | 6 |
| Siorrachd Àir a Tuath | 11 | £3.5 m). | 2 |
| Arcaibh | 10 | £3.8 m). | 20 |
| Sealtainn | 10 | £2.2 m). | 3 |
| GU H-IOMLAN | 88 | £19.7 m). | 55 |

- Bheir sinn taic ghnìomhach do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach gus beachdachadh air cumhachdan a bharrachd, gus cumhachdan a bharrachd iarraidh agus gus an cur an gnìomh, far am faod iad sin co-dhùnidhean ionadail a neartachadh agus toraidhean nas fheàrr a libhrigeadh do choimhearsnachdan eileanach.

Bidh Modailean Ùghdarras Shingilte a' toirt seachad cothrom gus riaghladh a neartachadh agus gus a dhèanamh nas sìmplidhe ann an dòighean a tha a' rèir suidheachaidhean ionadail. Is urrainn riaghladh nas sìmplidhe ann an sgìrean ùghdarras beaga goireasan a shaoradh airson obair loidhne-aghaidh riatanach agus gus gluasad brìghmhor a bhrosnachadh a dh'ionnsaigh seirbheisean a tha nas stèidhichte sa choimhearsnachd a tha a' coileanadh feumalachdan mus ruig iad ìre èiginn. Thèid rèiteachaidhean ùra a dhèanamh gu h-ionadail tro bhith an sàs ann an com-pàirteachadh in-ghabhalach le coimhearsnachdan agus luchd-obrach buntainneach. Tha sinn air £0.9 millean a thoirt seachad thar nan trì comhairlean a tha a' gabhail pàirt mar-thà gus taic a thoirt dhan obair aca le com-pàirtichean ionadail agus gus modailean eile a chruthachadh a tha stèidhichte air àite.

Aig an aon àm, tha sinn a' coimhead air modailean riaghlaidh ùra a tha air an dealbhadh gus suidheachaidhean sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach a nochdadh agus gus co-dhùnidhean a thoirt nas fhaisge air an dachaigh. Tha sinn a' toirt taic do riaghaltas ionadail agus do chom-pàirtichean slàinte is cùram-sòisealta ann an Arcaibh, sna h-Eileanan Siar agus ann an Earra-Ghàidheal is Bòd gus roghainnean a chruthachadh airson Modailean Ùghdarras Shingilte a tha a' rèir suidheachaidhean deamografach is cruinn-eòlasach nan sgìrean eileanach.

Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

► Foillsichidh sinn planaichean agus clàran-ama mionaideach airson Modailean Ùghdarras Shingilte a chur an gnìomh ann an Arcaibh, sna h-Eileanan Siar agus ann an Earra-Ghàidheal is Bòd ro dheireadh na Pàrlamaid seo. Bidh fòcas aig gnìomhachadh tràth air amalachadh nas doimhne thairis air prìomh sheirbheisean ann an riaghaltas ionadail agus cùram slàinte is sòisealta, le comas airson rèiteachaidhean riaghlaidh ùra a stèidheachadh airson a bhith a' gabhail a-steach raon nas fharsainghe de dhleastanasan.

Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach agus Co-chomhairlean

Bha toirt a-steach Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach ann an 2021 na chlach-mhìle chudromach ann a bhith a' cruthachadh poileasaidh nas cothromaiche agus nas in-ghabhalach airson nan eilean againn. Airson a' chiad turas, tha e mar dhleastanas laghail air 71 ùghdarras poblach air feadh na h-Alba beachdachadh air mar a dh'fhaodadh na co-dhùnaidhean aca buaidh a thoirt air coimhearsnachdan eileanach. Tha Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach air mothachadh a thogail air feadh an riaghaltais agus nam buidhnean poblach mu na dùbhlain shònraichte a tha mu choinneamh eileanaich, agus tha iad air cuideachadh le bhith a' cruthachadh poileasaidhean nas freagairtiche, stèidhichte air àite, a tha a rèir beatha eileanach.

Ach, tha fios againn – agus tha coimhearsnachdan air innse dhuinn gu soilleir – gu bheil feum air barrachd obrach. Tha Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach nan inneal gu math ùr agus, mar phròiseas ùr sam bith, tha iad fhathast gan leabachadh air feadh na roinne poblaich. Tha cuid de choimhearsnachdan air dragh a nochdadh nach eil am pròiseas air a làn chomas a choileanadh fhathast, agus iad ag ràdh gum feumar cunbhalachd, càileachd agus buaidh a neartachadh.

Tha e na rùn dhuinn piseach a thoirt air èifeachdas Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach – a' toirt taic do dh'ùghdarrasan poblach gus an cur an sàs gu cunbhalach agus gu brìoghmhor. Ma thèid an cleachdadh gu siostamach le measaidhean buaidh eile (leithid measaidhean Gnothachais is Riaghlaidh, Dleastanas Choinsiumairean agus Dleastanas Alba nas Cothromaiche), is urrainn Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach còmhraidhean a neartachadh air mar a bhios buaidh shònraichte aig poileasaidhean air gnìomhachasan no coinsiumairean eileanach, no buidhnean fo ana-cothrom taobh a-staigh coimhearsnachdan eileanach. Le bhith a' togail comas-lìbhrigidh agus a' toirt piseach air cleachdadh, tha sinn ag amas air dèanamh cinnteach gum bi co-dhùnaidhean nas soilleire agus gum bi barrachd misneachd aig coimhearsnachdan eileanach mar thoradh air Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach.

► Comharraichidh sinn leasachaidhean practaigeach agus mìnichidh sinn gnìomhan soilleir, cuimsichte gus taic a chumail ri cur an gnìomh cunbhalach agus làidir nam Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach thar gach raon buntainneach, agus obraichidh sinn le ùghdarrasan poblach agus coimhearsnachdan eileanach gus an cur an sàs ann an dòigh nas siostamaiche ann an dèanamh poileasaidh agus co-dhùnaidhean. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' coimiseanadh comhairle bho bhuidhnean eileanach gus an cleachdadh as fheàrr a chomharrachadh ann an conaltradh coimhearsnachd, le fòcas sònraichte air a bhith a' gabhail a-steach daoine òga.

Dàta Ionadail agus Planadh

Dh'aithnich ciad Plana Nàiseanta nan Eilean cho cudromach 's a tha e dèiligeadh ri beàrnan dàta agus dàta làidir a chruinneachadh aig ìre eileanach agus eadar-theachdan cuimsichte fhiosrachadh agus gus buaidh a thomhas. Bhon uair sin, tha

Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

Suirbhidhean Eileanan na h-Alba a rinneadh ann an 2020 agus 2023 air lèirsinn fheumail a thoirt seachad air suidheachaidhean sòisio-eaconamach muinntir nan eilean agus air na beachdan aca air beatha eileanach.

Còmhla ri tùsan dàta eile, tha toraidhean suirbhidh air cur ri ùrachaidhean cunbhalach air [Deas-bhòrd Dàta Eileanan na h-Alba](#) – inneal poblach a bhios a' tracadh prìomh threandan air feadh eileanan na h-Alba agus a' toirt taic do cho-dhùnidhean stèidhichte air fianais, nam measg airson Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach. Tha [Tar-shealladh air dàta Eileanan na h-Alba](#) (2025) na gheàrr-chunntas air an dàta staitistigeil as ùire a tha ri fhaighinn.

Ann an 2023, thug sinn a-steach cruinn-eòlas ùr Roinnean Eileanan na h-Alba, a' cruinneachadh eileanan na h-Alba còmhla ann an naoi roinnean. Tha am frèam-obrach seo na bhunait cunbhalach airson a bhith a' structaradh seataichean dàta agus a' cruinneachadh dàta ùr. Bidh seo cuideachd a' ciallachadh gun gabh coimeasan brìoghmhor a dhèanamh eadar buidhnean de dh'eileanan agus leis a' chòrr de dh'Alba.

Ged is e adhartas cudromach a th' anns na leasachaidhean seo, tha dùbhlain fhathast ann. Tha dì-aggrachadh dàta sònraichte mu na h-eileanan bho sheataichean dàta nas motha iom-fhillte, agus tha gu tric tha tòrr ghoireasan a dhìth gus dàta mionaideach airson eileanan fa leth a chruinneachadh. Tha coimhearsnachdan cuideachd air ùidh shoilleir a nochdadh ann an dòighean-obrach air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd, leis a' prìomh àite aig na coimhearsnachdan ann a bhith a' cruinneachadh dàta mu na h-eileanan aca fhèin. Is urrainn dòighean-obrach mar seo beàrnan dàta a lìonadh, planadh ionadail fhiosrachadh, agus a' bhunait fianais a neartachadh a tha a' toirt taic do thagraidhean maoineachaidh.

➤ Nì sinn eagran ùr air de Shuirbhidh Eileanan na h-Alba ann an 2026-27.

Cuiridh sinn taic ri dòighean-obrach fo stiùir na coimhearsnachd gus dàta a chruinneachadh aig ìre eileanach gus tuigse ionadail nas fheàrr fhaighinn air gluasadan agus gus taic a thoirt do phlanadh ionadail. Bidh seo a' gabhail a-steach pròiseact taisbeanaidh, le ionnsachadh air a cho-roinn le coimhearsnachdan eileanach eile.

Ged a bha luchd-freagairt co-chomhairle ag iarraidh Plana Nàiseanta nan Eilean ùr a bhith ann, dh'iarr luchd-freagairt co-chomhairle 2023 fòcas nas treasa air – agus taic airson – planadh ionadail fo stiùir na coimhearsnachd.

'S e planaichean spàsail a tha air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd a th' ann am Planaichean Àite Ionadail a bheir cothrom do bhuidhnean coimhearsnachdan na miannan aca airson leasachadh is cleachdadh fearainn a mhìneachadh. Air an toirt a-steach fo Achd an Dealbhadh (Alba) 2019, tha iad a' toirt guth soilleir do choimhearsnachdan anns an siostam nam planaichean dealbhadh. Tha an stiùireadh ag ràdh gum faod Planaichean Àite Ionadail a bhith nan sgrìobhainnean goirid, lèirsinneach agus ruigsinneach, a' cur an cèill prìomhachasan agus molaidhean na buidhne coimhearsnachd – chan fheum iad a bhith toinnte. Aon uair 's gu bheil iad clàraichte leis an ùghdarras planaidh, feumar Planaichean Àite Ionadail a thoirt fa-near fhad 's a thathar ag ullachadh an ath Phlana Leasachaidh Ionadail. Bheir iad dòigh phractaigeach do choimhearsnachdan gus buaidh a thoirt air cor nan eilean aca san àm ri teachd agus gus na miannan agus na beachdan aca a chur an cèill do dh'ùghdarrasan poblach. An coimeas ri sin, mar as trice bidh Planaichean Gnìomha Coimhearsnachd air an cleachdadh gus co-obrachadh eadar buidhnean ionadail a cho-òrdanachadh no gus stiùireadh no tagraidhean tasgaidh is maoineachaidh a stiùireadh. Ged nach bi iad mar as trice a' gabhail a-steach planadh

Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

spàsail no mapadh, is urrainn Planaichean Gnìomh Coimhearsnachd coimhearsnachdan a chuideachadh gus na h-amasan aca a dhèanamh foirmeil airson raon de chuspairean.

Tha sinn airson coimhearsnachdan ionadail a chumhachdachadh le tuigse làidir air an t-siostam dealbhaidh, mar eisimpleir a thaobh leasachaidhean cumhachd ath-nuadhachail.

▶ Stèidhichidh sinn prògram trèanaidh airson coimhearsnachdan eileanach, gus am bi iad comasach air pàirt a ghabhail ann am pròiseasan dealbhaidh, a' gabhail a-steach tro bhith a' cruthachadh Phlanaichean Àite Ionadail agus Phlanaichean Gnìomha Coimhearsnachd.

Comas-coimhearsnachd agus Seilbh Coimhearsnachd

Tha ròl luachmhor aig an treas roinn anns na h-eileanan againn, agus bidh luchd-obrach gu tric a' gabhail iomadh dleastanas orra fhèin gus atharrachadh adhartach a thoirt do na coimhearsnachdan aca. Ach, tha dùbhlain deamografach nan cunnartan a thaobh seasmhachd leis gu bheil an àireamh de shaor-thoilich agus daoine a dh'fhaodadh a bhith nan ceannardan san àm ri teachd a' crìonadh, ag àrdachadh an eallaich air nas lugha de dhaoine gus seirbheisean a chumail a' dol agus pròiseactan a libhrigeadh a chruthaicheas beartas agus sunnd. Tha maoineachadh na dhùbhlain cuideachd, le mòran bhuidhnean an urra ri rèiteachaidhean gearr-ùine a tha ga dhèanamh duilich planadh san fhad-ùine, gu h-àraidh leis gu bheil cosgaisean ag èirigh gu luath agus a' crìonadh ion-dhèantachd phròiseactan.

Tron chom-pàirteachadh againn, bha coimhearsnachdan soilleir gu bheil an comas aca gus beartas a chruthachadh agus a chumail suas airson nan eilean – a bhith a' cur planaichean an gnìomh – an urra ri comas-libhrigidh a tha a dhìth a bhith ann.

Bidh am Prògram Neartachadh Choimhearsnachd againn a' cuideachadh bhuidhnean coimhearsnachd (acair) gus an comas sin a thogail. Tha taic air a dhealbhadh a rèir feumalachdan bhuidhnean agus faodaidh e a bhith a' gabhail a-steach leasachadh air riaghladh agus comas ionmhais gus pròiseactan nas àrd-amasaiche a libhrigeadh, a bhios – an uair sin – a' cur ris a' chomas teachd a-steach a dhèanamh leotha fhèin. Ann an com-pàirteachas le HIE, tha Prògram Neartachadh Choimhearsnachd air a bhith ag obair le buidhnean air feadh nan eilean, a' toirt comas dhaibh gus cothroman eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail a thoirt air adhart a chruthaicheas beartas agus sunnd anns na coimhearsnachdan aca.

A bharrachd air sin, tha Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air adhart a' tasgadh ann am prògram Leasachadh Ionadail air a stiùireadh leis a' Choimhearsnachd (Community-led Local Development), a tha ag obrachadh air feadh eilean na h-Alba. Air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Buidhnean Gnìomh Ionadail agus Buidhnean Gnìomh Ionadail Òigridh, tha am prògram a' cumail taic ri fuasglaidhean air an dealbhadh leis a' choimhearsnachd airson dùbhlain eileanach. Bidh na buidhnean saor-thoileach seo a' co-dhùnadh mar a thèid maoineachadh a riarachadh stèidhichte air prìomhachasan ionadail, a' dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean gan dèanamh leis an fheadhainn as fheàrr a tha eòlach air na sgìrean aca. Bho 2022, tha CLLD air còrr is £5 millean a thasgadh ann an 416 pròiseact air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd air feadh ar n-eileanan.

Tha follaiseachd a bharrachd air seilbh fearainn agus a' toirt guth a bharrachd do choimhearsnachdan air mar a thathar a' cleachdadh fearainn na phàirt ro-chudromach den turas againn gus cumhachd a thoirt do dh'eileanan gus soirbheachadh. Tha cothrom air fearann riatanach gus àiteachan-fuirich a thoirt do dhaoine, leasachadh ath-nuadhachail a bhrosnachadh agus dearbh-aithne coimhearsnachd a neartachadh.

Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

Tha eachdraidh adhartach aig Alba a thaobh ath-leasachadh an fhearainn bho chaidh Pàrlamaid na h-Alba a stèidheachadh, ach tha fear de na pàtrain seilbh fearainn as dùmhaile san t-saoghal fhathast againn, a' gabhail a-steach sna h-eileanan againn. Tha Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2025 a' gabhail ceumannan gus dèanamh cinnteach gu bheil fearann air a thar-ghluasad agus air a chleachdadh ann an dòighean a tha a rèir feumalachdan ionadail. Tha i a' gabhail a-steach ceumannan gus tuathanachas màil ath-leasachadh. Tha e cuideachd a' leudachadh chothroman airson seilbh fearainn coimhearsnachd le bhith a' toirt air luchd-seilbh fearainn mòra a bhith a' co-chomhairleachadh air Planaichean Riaghlaidh Fearainn èigheachail agus gam foillseachadh, agus a bhith a' toirt seachad fios ro-làimh ma tha iad an dùil an talamh a reic. Tha e na riatanas gun dèan Coimisean Fearainn na h-Alba ath-sgrùdadh air an Achd agus gum feum iad measadh a dhèanamh air buaidh nan ceumannan ath-leasachaidh fearainn air eileanan agus coimhearsnachdan eileanach. Feumaidh Ministearan na h-Alba freagairt a thoirt air an ath-sgrùdadh sin, ag innse dè na gnìomhan a tha iad an dùil a ghabhail mar thoradh air na co-dhùnidhean.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' dèanamh ath-sgrùdadh air Còraichean Ceannach Coimhearsnachd, leis an amas a dhèanamh nas fhasa do choimhearsnachdan an cur an gnìomh. Am measg ullachaidhean eile, bheir Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2003 cothrom do choimhearsnachdan ùidh coimhearsnachd a chlàradh ann an talamh no togalaichean, agus ma nì iad sin, gheibh iad a' chiad chothrom an talamh a cheannaich ma cho-dhùineas sealbhadair an fhearainn am fearann a reic. Gu ruige seo, tha 14 iarrtasan mar sin air a bhith ann bho choimhearsnachdan eileanach. Chaidh stòrasan a' gabhail a-steach 6,800 acair de thalamh a cheannach uile gu lèir mar thoradh air sia de na h-iarrtasan sin. Tha conaltradh a' dol air adhart le coimhearsnachdan eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil na beachdan aca a' fiosrachadh a' phròiseis ath-sgrùdaidh.

Tha Maoin Fearainn na h-Alba air taic ionmhasail a thoirt do choimhearsnachdan a tha ag iarraidh seilbh coimhearsnachd air stòrasan, an dàrna cuid tro cho-rèiteachadh no le bhith a' cleachdadh reachdas Ath-leasachaidh an Fhearainn. Bho 2021, tha a' Mhaoin air còrr is £14 millean a thoirt do phròiseactan a tha suidhichte taobh a-staigh nan sia ùghdarrasan ionadail eileanach. Ann an 2025-26, tha sinn air £7.1 millean eile a chur air chothrom tron Mhaoin.

Cultar, Ealainean agus Dualchas

Fad linntean, tha eileanan na h-Alba air a bhith nan sàr eisimpleirean de dh'ealainean a' gabhail a-steach ealainean lèirsinneach, ceòl agus barrachd. Tha gnìomhachd chultarach fhathast aig cridhe beatha eileanach – eadar institiudan stèidhichte agus iomairtean aig ìre na coimhearsnachd. Fhuair Suirbhuidh Eileanan na h-Alba 2023 a-mach gun deach 65% de dh'eileanaich gu fèis a bha ceangailte gu sònraichte ri cultar anns na 12 mìosan a dh'fhalbh⁵⁸.

Tha ròl cudromach aig na h-eileanan againn ann a bhith a' toirt lèirsinn na [Ro-innleachd Cultaraich airson Alba](#) againn (2022) gu buil – Alba far a bheil luach ga chur ann an cultar agus far a bheil e ga dhìon agus far a bheil e an dà chuid ga chumadh leis a' chomann-shòisealta agus a' cumadh a' chomainn-shòisealta, leis a' chomas chruth-atharrachail aige a' ruigsinn a h-uile duine.

Ann an 2025-26, leudaich sinn an taic againn dhan roinn chultarail le còrr is £50 millean a bharrachd an taca ri 2023-24. Tha seo air comas a thoirt do dh'Alba Chruthachail am prògram Maoineachaidh loma-bhliadhna aca a lìbhrigeadh, a' neartachadh bunaitean na roinne agus a' leigeil leotha fòcas a chur air an obair as fheàrr a nì iad: a bhith a' cruthachadh obair ùr-ghnàthach is inntinneach. Tron phrògram seo, tha Alba Chruthachail a' toirt taic do 15 buidhnean stèidhichte ann an eileanan le tasgadh de £12.4 eadar 2025-26 agus 2027-28. Gheibh seachd de na buidhnean seo maoineachadh ioma-bhliadhna bho Alba Chruthachail airson a' chiad uair.

Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

Tha fèisean eileanach nan eisimpleirean air leth de thachartasan cultarail a bheir àrd-ùrlaran cudromach do luchd-ealain gus an obair aca a thaisbeanadh agus a tha cuideachd a' toirt taic do dh'eaconamaidhean agus ghnìomhachasan ionadail. Tha maoineachadh ioma-bliadhna a' cuideachadh fèisean leithid HebCelt, Fèis Eadar-nàiseanta St Magnus an Arcaibh, SEALL san Eilean Sgitheanach a bharrachd air tachartasan le taic bho Fhèisean nan Gàidheal.

Tha luchd-ealain à eileanan na h-Alba cuideachd aig cridhe cho-obrachaidhean agus choimiseanan le fèisean air feadh na dùthcha, nam measg Celtic Connections agus Fèis Sgeulachdan Eadar-nàiseanta na h-Alba. Tha iomairt [Made in Scotland](#) – le taic bho Mhaoin Fèisean EXPO aig Riaghaltas na h-Alba – air cothrom a thoirt do dh'iomadh neach-ealain stèidhichte sna h-eileanan gus an obair aca a thaisbeanadh aig Fèis Iomall Dhùn Èideann, a' toirt seachadh cothrom taisbeanaidh a tha ro-chudromach agus a' cruthachadh chothroman airson cuairtean eadar-nàiseanta.

Tha pròiseact Even Here, Even Now a chaidh a chruthachadh tro Mhaoin Co-chomann Cultair Riaghaltas na h-Alba, a' taisbeanadh càileachd agus caractar air leth obair chruthachail a nithear sna h-eileanan, stèidhichte air a bhith a' gleidheadh sgilean traidiseanta agus dualchas cultarach do-bheantainn. A' toirt còmhla luchd-ealain a tha a' fuireach ann an Sealtainn, Arcaibh agus na h-Eileanan Siar, tha am pròiseact a' toirt seachadh lìonra taic a bhrosnaicheas cheanglaichean agus a chruthaicheas cothroman gus obair luchd-ealain eileanach a thaisbeanadh gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

▶ Cuiridh sinn taic ri leantainn air adhart le, agus leudachadh pròiseact Even Here, Even Now, pròiseact a bhios a' gabhail a-steach gach sgìre eileanach, a' brosnachadh cultar, dualchas agus cànanan nan eilean.

Rinneadh oidhirpean aig gach ìre gus eachdraidh is dualchas nan eilean againn a chlàradh agus a ghleidheadh – eadar ainmeachadh Hiort agus Cridhe Arcaibh Linn Ùr na Cloiche mar làraichean Dualchas na Cruinne aig UNESCO, agus rannsachadh aig ìre na coimhearsnachd air eòlas-beatha muinntir nan eilein thar ghinealaichean. Tha tòrr thaighean-tasgaidh agus ionadan dualchais anns na h-eileanan againn cuideachd, agus tha ròl chudromach aig gach fear dhiubh ann an gleidheadh agus comharrachadh cultar ionadail. Gu tric, air an gleidheadh le coimhearsnachd, tha na h-ionadan seo a' coimhead às dèidh eachdraidh eileanach agus a' tàladh turasachd chultarach.

Thairis air eileanan na h-Alba, tha daoine òga a' lorg dhòighean ùra is cruthachail gus ceangal a dhèanamh ri dualchas an coimhearsnachd. Tha iad ag ath-mhìneachadh traidiseanan ann an dòighean a tha a' freagairt air am beatha, a' dèanamh cinnteach gum bi dualchas ionadail ag atharrachadh agus gum bi e fhathast buntainneach do na ginealaichean ri teachd.

▶ Bheir sinn taic do dh'eileanaich òga gus dualchas an eilein aca a chomharrachadh agus gus fàs a thoirt air, gu h-ionadail, air feadh na h-Alba agus air an àrd-ùrlar eadar-nàiseanta.

Cànanan

Tha measgachadh beartach de chànanan is dhualchainntean aig eileanan na h-Alba, agus tha iad sin gu math ceangailte ri am fèin-aithne. Tha na cànanan seo a' giùlan linntean de dhualchas, sgeulachdan agus eòlas stèidhichte air àite, a' brosnachadh faireachdainn làidir de bhuinteanas. A bharrachd air an luach chultarail, tha iad cuideachd nan dràibhear cumhachdach airson fàs eaconamach – a' cumail taic do dh'obraichean agus a' tàladh luchd-tadhail.

Tha dàta bho Chunntas-sluaigh na h-Alba 2022 a' sealltainn gun robh sgilean Gàidhlig aig 21% de luchd-còmhnaidh nan eilean. Chaidh an àireamh

Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

sa chiad as àirde ann an Alba a chlàradh sna h-Eileanan Siar, far an robh sgilean Gàidhlig aig 57% de luchd-freagairt. Chlàraich eileanan ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd (35%) agus an Earra-Ghàidheal (21%) ìrean de chomas sa Ghàidhlig a tha gu math nas àirde na a' chuibheasachd nàiseanta cuideachd.

Ann an 2022, stèidhich Ministearan na h-Alba Buidheann-obrach Gheàrr-ùine gus gnìomhan a chomharrachadh a dh'fhaodadh na ceanglaichean eadar cleachdadh na Gàidhlig agus fàs eaconamach a neartachadh. Tha 45 molaidhean ann an [aithisg](#) na buidhne agus tha Riaghaltas na h-Alba air gabhail riutha cha mhòr uile. A rèir comhairle na Buidhne, tha am Plana seo ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh feum den chomas eaconamach a th' aig a' Ghàidhlig ann an cuid de choimhearsnachdan eileanach.

Tha co-ionadan Gàidhlig nan ceanglaichean cudromach eadar ath-bheothachadh cànan agus ath-nuadhachadh eaconamach. Eadar gnìomhachasan Gàidhlig leithid an Taigh Cèilidh ann an Steòrnabhagh agus àiteachan coimhearsnachd air an toirt seachad le buidhnean mar Urras Coimhearsnachd Stafainn san Eilean Sgitheanach, tha na co-ionadan seo air a bhith nam fòcasan cudromach airson tasgadh leis an riaghaltas. Tha dà dhreuchd aca: a' lìbhrigeadh sheirbheisean poblach agus a' neartachadh sunnd sòisio-eaconamach nas fharsainge.

Tha soirbheachas Sabhal Mòr Ostaig na eisimpleir cumhachdach den cheangal eadar ath-nuadhachadh coimhearsnachd agus ath-bheothachadh cànan. Mar phàirt de dh'Achd nan Cànan Albannach 2025, tha sinn air gealltainn ath-sgrùdadh a dhèanamh air inbhe Sabhal Mòr Ostaig agus dòighean a chomharrachadh gus a fhàs is a leasachadh leantainneach a dhèanamh tèarainte.

Tha taobh eileanach domhainn aig an taic dhan Scots cuideachd. B' ann an Arcaibh agus Sealtainn a bha an àireamh sa chiad a b' àirde de luchd-labhairt na Scots san dùthaich, agus tha Arcaibh

agus Sealtainn fhathast nam pàirtean de dhualchas is cultar ionadail anns a bheilear a' cur meas mòr. Tha Achd nan Cànan Albannach 2025 a' toirt inbhe oifigeil dhan Scots ann an Alba còmhla ri Gàidhlig. Tha e cuideachd a' cur dleastanas air Ministearan na h-Alba Ro-innleachd airson na Scots ullachadh agus a bhith a' brosnachadh na Scots taobh a-staigh curraicealam na sgoile. Feumaidh brosnachadh na Scots a bhith ag aithneachadh a dual-chainntean – nuair a thathar a' cur na h-Achd an gnìomh, thèid aithneachadh sònraichte a thoirt do dhual-chainntean Arcaibh is Shealtainn, agus bithear a' sireadh beachdan na coimhearsnachd air na dòighean as èifeachdaiche gus taic a thoirt dhaibh.



Coimhearsnachdan le Cumhachd agus Cultar

Cuiridh sinn taic ri bhith a' stèidheachadh lìonra de dh'òifigearan leasachaidh Gàidhlig. Cuiridh seo ri bhith a' cruthachadh ionadan Gàidhlig ùra, a' brosnachadh co-obrachadh eadar-eileanan air leasachadh cànan agus a' soilleireachadh chothroman sòisio-eaconamach co-cheangailte ri cleachdadh na Gàidhlig.

Leudaichidh sinn solar foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) sna h-eileanan bho ìre nan tràth-bhliadhnaichean gu ìrean àrd-sgoile, a' gabhail a-steach tro bhith a' cur ri taic do thidsearan FtG agus a' stèidheachadh àrd-sgoil FtG ùr.

Nì sinn cinnteach gun cùm buileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean taic ri cruthachadh stiùiridh a thaobh Sgìrean Cànan Sònraichte. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' leasachadh cruinneachadh dàta cànan tro thionndaidhean de Shuirbhìdh Eileanan na h-Alba san àm ri teachd.

Obraichidh sinn le ùghdarrasan ionadail anns a bheil sgìrean Gàidhlig traidiseanta gus measadh a dhèanamh air na tha Gàidhlig agus craoladh Gàidhlig a' cur gu h-eaconamach do na coimhearsnachdan eileanach aca. Comharraichidh sinn leasan a chuidicheas le bhith brosnachadh cànan agus le ath-nuadhachadh coimhearsnachdan gu h-ionadail ann an sgìrean eileanach eile, mar eisimpleir ann an Arcaibh is Sealtainn.

Tha Cunntas-sluaigh na h-Alba 2022 a' sealltainn gu bheil 2,700 neach-còmhnaidh eileanach a' cleachdadh Cànan Soidhnidh Bhreatainn (BSL), leis a' bhuidhinn as motha ann an Sealtainn (3.5% den t-sluagh a tha nas sìne na 3 bliadhna a dh'aois).

Tha [Plana Nàiseanta BSL 2023-2029](#) againn a' brosnachadh ruigsinneachd, cothroman agus in-ghabhail co-ionann airson na coimhearsnachd BSL. Thathar gu tric a' togail dragh mu chothroman air clasaichean BSL do dhaoine a tha bodhar no maol sa chlaisneachd, a bharrachd air trèanadh iomchaidh do thidsearan, luchd-obrach sòisealta agus proifeiseantaich cùram-slàinte. Gus dèiligeadh ri seo, bidh Riaghaltas na h-Alba a' maoinachadh [Contact Scotland BSL](#), a leigeas le luchd-cleachdaidh BSL conaltradh a dhèanamh air astar le seirbheisean agus daoine tro eadar-mhìnichear BSL. Tha fios againn gu bheil na cnapan-starra mu choinneamh luchd-cleachdaidh BSL gu tric nas fhollaisiche ann an coimhearsnachdan eileanach, far nach eil cothroman trèanaidh is ionnsachaidh cho faotainneach.

Nì sinn cinnteach gum bi lìbhrigeadh Plana Nàiseanta Cànan Soidhnidh Bhreatainn a' cur aghaidh air na cnapan-starra a tha mu choinneamh luchd-cleachdaidh BSL ann an coimhearsnachdan eileanach.



A' sgrùdadh Lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean

Bidh pròiseas sgrùdaidh làidir agus follaiseach ro-chudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Nàiseanta seo airson nan Eilean a lìbhrigeadh gu h-èifeachdach.

Tha am Mapa Slighe Buileachaidh a' toirt seachad fiosrachadh mu na clàran-ama lìbhrigidh agus mu na com-pàirtichean a tha an sàs ann a bhith a' cur gach gealltanais an gnìomh. Tron Phlana air fad, tha sinn cuideachd air a bhith ag amas air an adhbhar airson gach gnìomh, agus a' bhuidh ris a bheil dùil, a mhìneachadh – an dà chuid ann a bhith a' toirt air adhart Amasan Ro-innleachdail buntainneach agus ann a bhith a' toirt taic do dh'amasan sluaigh iomlan a' Phlana.

Bidh [Deas-bhòrd dàta Eileanan na h-Alba](#) fhathast na phrìomh thùs fianais airson cur an gnìomh a' Phlana, le ceanglaichean ri rannsachadh agus foillseachaidhean buntainneach. Ùraichidh sinn a structar gus am bi e a rèir susbaint agus Amasan Ro-innleachdail a' Phlana ùir seo. Cuiridh an t-ùrachadh seo fòcas air taisbeanadh soilleir agus bidh e cuideachd a' cumail suas dàta bunaiteach coileanta, ga dhèanamh nas fhasa adhartas agus dùbhlain a chomharrachadh.

Cuiridh sinn tionndadh ùr de Shuirbhuidh Eileanan na h-Alba air dòigh cuideachd gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air feumalachdan agus beathannan choimhearsnachdan eileanach agus mar a tha seo ag atharrachadh.

Mar a tha riatanach fo Achd nan Eilean (Alba) 2018, cumaidh sinn oirnn a' cur Aithisgean Bliadhnail fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba, a' mìneachadh nan gnìomhan practaigeach a chaidh a ghabhail gus na gealltanais sa Phlana seo a lìbhrigeadh agus gus an t-adhartas againn leis na h-Amasan Ro-innleachdail aige a chomharrachadh. San àm ri teachd, bidh fiosrachadh nas mionaidiche ann an Aithisgean Bliadhnail mu Mheasaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach a rinn Riaghaltas na h-Alba, agus mu na gnìomhan a rinneadh gus beachdan choimhearsnachdan eileanach a chruinneachadh fhad 's a bha poileasaidhean, ro-innleachdan agus seirbheisean gan ullachadh.

Cumar air a' foillseachadh aithisgean air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba.

Às dèidh foillseachadh a' Phlana agus taobh a-staigh a' chiad trì bliadhna de ghnìomhachadh, obraichidh sinn le luchd-ùidh gus frèam-obrach bhuilean a chruthachadh gus gnìomhachdan a shoillearachadh agus gus cuideachadh le bhith a' toirt prìomhachas do gnìomhachdan agus tasgaidhean nan amasan ris a bheil dùil. Fiosraichidh seo atharrachadh sam bith air a' Phlana airson a' chòrr de a bheatha agus anns na tràth ìrean de dh'ullachadh airson an ath eagraid den phlana.

Bha e soilleir bhon fhios-air-ais bhon phròiseas co-chomhairleachaidh cho cudromach 's a tha e cothroman nas cunbhalach agus nas ruigsinniche a chruthachadh do choimhearsnachdan gus buaidh a thoirt air cur an gnìomh Plana Nàiseanta nan Eilean. Cho luath 's a bhios Aithisgean Bliadhnail air an cur fa chomhair na Pàrlamaid, cuiridh sinn prògram conaltraidh poblach an gnìomh gus mothachadh a thogail mun t-susbaint aca agus gus beachdan iarraidh air prìomhachasan san àm ri teachd. Bidh an com-pàirteachadh seo a' gabhail a-steach an dà chuid tachartasan aghaidh-ri-aghaidh agus coinneamhan-lìn Còmhraidhean Eileanach bliadhnail, a' toirt seachad àrd-ùrlar gus adhartas a cho-roinn, gus coileanaidhean a chomharrachadh agus gus beachdan fhaighinn. Nì an dòigh-obrach seo cinnteach gum bi coimhearsnachdan eileanach an sàs tron ghnìomhachadh, a' brosnachadh cuairt ath-bhreithneachaidh fosgailte agus co-obrachail.

Nì sinn ath-sgrùdadh cuideachd air Cumhachan Iomraidh Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean, a tha a' toirt còmhla Ministearan na h-Alba agus Ceannardan nan sia ùghdarrasan ionadail eileanach, gus a dreuchd mar fhòram airson sgrùdadh a neartachadh agus, far a bheil sin riatanach, gus atharrachadh a dhèanamh air mar a chuirear am Plana an gnìomh.

A rèir ullachaidhean Achd nan Eilean (Alba) 2018, thèid làn ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' Phlana seo taobh a-staigh còig bliadhna bho chaidh fhoillseachadh.

Nòtaichean

- 1 Faic: [ESC rights in the Highlands and Islands | SHRC Spotlight Projects](#). Chuir Riaghaltas na h-Alba a fhreagairt mhionaideach dhan aithisg seo agus na molaidhean aige an cèill ann an [litir](#) chun a' Choimisein air 20 Cèitean 2025, anns a bheil an dàrna Plana Nàiseanta nan Eilean seo air a chomharrachadh mar phrìomh dhòigh airson còraichean a thoirt gu buil air feadh eileanan na h-Alba.
- 2 Tùs: [Briefing-population-growth-and-decline-in-orkney-updated-6-january-2025.pdf](#)
- 3 Tùs: [Staitistearachd a bharrachd bho Chunntas-sluaigh nan Sgoilearan 2024](#)
- 4 Tùs: [Ro-innse air Sluagh aig ìre fo-nàiseanta: stèidhichte air 2022 – Clàran Nàiseanta na h-Alba](#)
- 5 Tùs: [Vital Events Reference Tables 2021-2024 – Clàran Nàiseanta na h-Alba](#)
- 6 Faic: [A' togail beartas coimhearsnachd – Cathair-bhailtean agus Roinnean](#)
- 7 Tùs: Iomairt Shòisealta ann an Alba – Cunntas-sluaigh 2024. Ri fhaighinn aig: <https://socialenterprise.scot/wp-content/uploads/2025/08/2024-report.pdf>
- 8 Tùs: [Seilbh Coimhearsnachd ann an Alba 2024](#)
- 9 Tùs: [Suirbhidh Eileanan na h-Alba 2023 Aithisg air na Prìomh Thoraidhean](#)
- 10 Tùs: Luachadh air Cìsean Co-ionann ri Rathad air Aithisgean Chluaidh is Innse Gall. Ri fhaighinn aig: [Evaluation-of-road-equivalent-tariff-on-the-clyde-and-hebridean-network.pdf](#)
- 11 Tùs: [Seirbheis Aiseagan a tha Nuadh is Seasmhach do dh'Alba](#)
- 12 Tùs: Lìonra nan Eileanach Òga – aithisg air Dùbhlàn Còmhdaidh. Ri fhaighinn aig: [Young-Islanders-Network-Transport-Report-2.pdf](#)
- 13 Tùs: [Suirbhidh Eileanan na h-Alba 2023 Aithisg air na Prìomh Thoraidhean](#)
- 14 Tùs: [Staitistearachd Deuchainnean Luas is Còmhdach bann-leathann airson Alba](#) (dàta bhon Dàmhair 2025)
- 15 Tùs: Ofcom Infrastructure Report 2014. Tha dàta ri fhaighinn aig: [Infrastructure report 2014 downloads - Ofcom](#)
- 16 Colbhasa, Ì, Lios Mòr, Eige, Eday, Flotta, Hoy, Rousay, Sanday, Shapinsay, Stronsay, Fair Isle, Unst, Whalsey agus Yell.
- 17 Faic: [Lìonra nan Eileanach Òga – Dùbhlàn Taigheadais 2024](#)
- 18 Faic: [ESC rights in the Highlands and Islands | SHRC Spotlight Projects](#).
- 19 Tùs: [Household and Dwelling Estimates 2024 – Scottish Islands Regions](#)
- 20 Tùs: [Aithisg Margaidh Thogalaichean 2024-25 – Clàran na h-Alba](#)
- 21 Tùs: [Reic Àiteachan Còmhnaidh ann an Sgìrean Eileanach na h-Alba - Clàran na h-Alba](#)
- 22 Tùs: [Household and Dwelling Estimates 2024 – Scottish Islands Regions](#)
- 23 Tùs: [SRUC – Aithisg Dhùthchail is Eileanan 2023](#)
- 24 Tùs: [Household and Dwelling Estimates 2024 – Scottish Islands Regions](#)
- 25 Tùs: [Personal well-being in the UK – Office for National Statistics](#)
- 26 Tùs: [Dùil-beatha Fhallain 2021-2023 – Clàran Nàiseanta na h-Alba](#)
- 27 Tùs: [Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#)
- 28 Tùs: [Tar-shealladh air Dàta nan Eilean \(2025\)](#)
- 29 Tùs: [Aithisg air Prìomh Thoraidhean Suirbhidh Eileanan na h-Alba \(2023\)](#)
- 30 Faic: [Island Agriculture | Rural Exchange | SRUC](#)
- 31 Tùs: [SRUC – Aithisg Dhùthchail is Eileanan 2023](#)
- 32 Tùs: [Stòr-dàta Staitistearachd Eaconamach aig ìre fo-nàiseanta ann an Alba - gov.scot](#)
- 33 Tùs: [Businesses in Scotland: 2024](#). Tha gnìomhachas le fàs luath air a mhìneachadh mar gnìomhachas le 10+ luchd-obrach sa bhliadhna bhunaiteach (x-3) a' sealltainn fàs cuibheasach de 20% thairis air trì bliadhna, stèidhichte air tionndadh.
- 34 Tùs: [Suirbhidh Eileanan na h-Alba \(2023\) – A' dèanamh coimeas eadar beachdan air beatha eileanach ann an 2020 gu 2023](#)
- 35 Tùsan: *[Stòr-dàta Staitistearachd Eaconamach aig ìre fo-nàiseanta ann an Alba](#) **[Cunntas-sluaigh 2022 | Cunntas-sluaigh na h-Alba](#)
- 36 Tùs: [Suidheachadh eaconamach na croitearachd: 2019 gu 2022](#)
- 37 Tùs: [Staitistearachd Eaconamach Mara na h-Alba 2023](#)
- 38 Tùs: [Ro-innleachd riaghlaidh iasgach na h-Alba 2020 gu 2030: ùrachadh air plana lìbhrigidh 2025 - gov.scot](#)
- 39 Tùs: [Staitistearachd Iasgach Mara na h-Alba 2023](#)
- 40 Tùs: [Staitistearachd Eaconamach Mara na h-Alba 2023](#)
- 41 Tùs: [Suirbhidh Tuathanasan Èisg na h-Alba 2024](#)
- 42 Tùs: [Suirbhidh Tuathanasan Maorach na h-Alba 2024](#)
- 43 Tùs: [Suirbhidh Luchd-turais na h-Alba | VisitScotland.org](#)
- 44 Tùs: [Orkney Islands Council – Cruise Ship Levy Consultation](#)
- 45 Tùs: [Ùghdarras Port Lerwick](#)
- 46 Tùs: [Riarachaidhean teachd a-steach Oighreachd a' Chrùin Alba: 2024 gu 2025](#)
- 47 Tùs: [Climate Change, Mental Health and Wellbeing – A Review of Emerging Evidence – ClimateXChange](#)
- 48 Tùs: [30 x 30 Protected Areas | NatureScot Spatial Data Hub](#)
- 49 Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhònaidh Ruaidh, Coilltearachd is Fearann Alba, Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn agus nan Tròisichean, NàdarAlba agus Uisge na h-Alba.

- 50 Airson dàta nas mionaidiche, faic: [Clàr-seilbhe Coille Nàiseanta na h-Alba 2022 | Làrach-lìn Dàta Fosgailte Coimisean na Coilltearachd](#)
- 51 Tùs: [Mapa Slighe Eaconamaidh Chearcallach agus Sgudail gu 2030: Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach](#)
- 52 Tùs: [Poverty and Income Inequality in Scotland 2021-24](#)
- 53 Tùs: [A' tuigsinn atharrachaidhean ann an nàdar agus co-theacs bochdainn ann an coimhearsnachdan eileanach agus dùthchail na h-Alba bho 2010.](#)
- 54 Tùs: [Suirbhidh Eileanan na h-Alba 2023 – Aithisg air Cosgaisean Bith-beò agus Sunnd](#)
- 55 Tùs: [Sub-National Estimates of Properties not Connected to the Gas Network – GOV.UK](#)
- 56 Tùs: [Margaidh nam Parsalan ann an Alba – Luchd-cleachdaidh Alba](#)
- 57 Faic: [ESC rights in the Highlands and Islands | SHRC Spotlight Projects.](#)
- 58 Tùs: [Suirbhidh Dachannan na h-Alba 2022: Prìomh thoraidhean](#)



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2026

OGIL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri faighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Gearran 202626

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1695746 (02/26)

W W W . g o v . s c o t